



Kardell, Viktor Korpi (2025) Odhrm Ruadh: Maraiche an-Iar is an-Ear Le Meòrachadh air an Eadar-theangachadh na Chois. MPhil(R) thesis.

<https://theses.gla.ac.uk/85248/>

Copyright and moral rights for this work are retained by the author

A copy can be downloaded for personal non-commercial research or study, without prior permission or charge

This work cannot be reproduced or quoted extensively from without first obtaining permission from the author

The content must not be changed in any way or sold commercially in any format or medium without the formal permission of the author

When referring to this work, full bibliographic details including the author, title, awarding institution and date of the thesis must be given

Enlighten: Theses

<https://theses.gla.ac.uk/>
research-enlighten@glasgow.ac.uk

Odhrm Ruadh: Maraiche an-Iar is an-Ear

Le Meòrachadh air an Eadar-theangachadh na Chois

Tràchdas a chuireadh a-steach airson pàirt de riatanais ceum
Maighistir Feallsanachd (Rannsachaidh) na Gàidhlig ann an Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig, Sgoil nan Daonnachdan,
Oilthigh Ghlaschu a choileanadh

Viktor Korpi Kardell

Buidheachas an Ùghdair

Tha mo thaing ga toirt gu Urras Dhonnchaidh is Mhòraig MhicIllEathain agus Urras Pheadair MhicDhaibhidh, a thug taic-airgid fhialaidh dhomh is mi ri obair air a' phròiseact-rannsachaidh seo. Cuideachd, tha mi gu fada an comain taic agus foighdinn mhòr mo stiùirichean, Gillebrìde MacIlleMhaoil agus Sim MacAonghais, a làimhsich gach nì na b' fheàrr na bha mi airidh air. Mura b' e ur coibhneas agus ur foighdinn leam thairis air sia bliadhna, cha bhithinn' air nì soirbheachail sam bith a dhèanamh aig an Oilthigh.

Dhan cho-thional agam aig Eaglais nam Manach Liath, a dh'fhosgail dhomh geatachan a' chrèidimh, agus a nochd dhomh cainnt agus bàrdachd a' Bhìobaill - chithear pàirt den toradh an seo.

Do Chomunn Oiseanach nam mìle buadh – buille bàis na Beurla!

Do na Gàidheil uile a bha cho fialaidh is gun do leig sibh a-steach mi dhur cultar beartach agus luachmhor thairis air an ochd bliadhna seo. Tha fios agaibh uile cò sibhse – guma fada beò sibh!

Tack till mamma, som väckte en förkärlek för läsning och gamla sagor som varat från barnaben, och till pappa, som tidigt demonstrerade Röde Orms förträfflighet. Inget jag åstadkommer vore möjligt utan er båda och allt ni gjort och gör.

Clàr-innse:

1. An t-Eadar-theangachadh

i) An t-Seachdamh Caibideil.....	3
ii) An Ochdamh Caibideil.....	19
iii) An Naoidheamh Caibideil.....	34
iv) An Deicheamh Caibideil.....	57

2. Am Meòrachadh

i) Faclan-toisich.....	63
ii) Mu Dheidhinn an Leabhair is an Ùghdair.....	65
iii) Stoidhle agus Rèim-chainnt an Leabhair.....	69
iv) Ag Eadar-theangachadh na Bàrdachd.....	75
v) Rosg Lochlannach Eile ann an Gàidhlig na h-Alba.....	77
vi) Ag Eadar-theangachadh nan Ainmean Pearsanta.....	81
vii) Na h-Ainmean-Àite.....	86
viii) Giorrad.....	89
ix) Co-dhùnadh.....	91

3. Liosta iomraidhean.....92

AN SEACHDAMH CAIBIDEIL

Mu sheirbheis Odhrm le Almansur, agus mar a sheòl e le clag an Naoimh Seumas

Thàinig Odhrm gu seirbheis le Freacadan Almansuir anns a' bhliadhna a chunntadh mar an ochdamh bliadhna de riaghladh Chalaph Hischam; b' e sin trì bliadhna ron chreach a thog Bue Mòr is Vagn mac Àke ann an Nirribhidh. Agus dh'fhan e san t-seirbheis sin fad ceithir bliadhna. B' àrd an cliù a bh' aig fir an fhreacadain, agus bha aodach na bu ghleansaiche orra na air daoine eile. B' aotrom agus caol an t-èideadh-airm aca, ach air an dèanamh agus air an cruadhachadh na b' fhèarr na a' mhàille-ghobhadarachd gu lèir a chunnaic Odhrm agus fhir-san riamh roimhe. Bha dèarsadh an airgid air na clogaidean aca, agus uaireannan bhiodh iad a' caitheamh chleòca sgàrlaid os cionn na màille aca; agus bha oir nan sgiath aca snaighte le lùb de shamhlaidhean-sgrìobhaidh brèagha. Bha na h-aona shamhlaidhean air am fuaigheal a-steach am brataich mhòir Almansuir, a bhiodh an-còmhnaidh air a giùlan roimhe na chuid chreach, agus bu chiall dhaibh sin: Chan eil buannaiche ann ach Allah.

Nuair a thàinig Odhrm agus fhir ro Almansur sa chiad uair, airson a bhith air an sealltainn dha le ceannard an fhreacadain, ghabh iad iongnadh ro choltas-san, oir shaoil iad roimhe gur e cruth a' ghaigich a bhiodh air. B' e fear suarach a bh' ann, caol agus leth-mhaol, odhar na aodann agus le shùilean cha mhòr dùinte, na shuidhe am measg chluasag air leabaidh leathainn, agus e ga chrògadh fhèin san fheusaig gu slaodach fhad 's a bhruidhinn e gu math luath ri dithis oifigeach a bha nan suidhe air an làr roimhe agus iad a' sgrìobhadh sìos na h-òrdughan aige. Sheas cisteag chopair air bòrd ri taobh na leaba agus ri taobh bha bobhla le measan agus cèidse mhòr sheileach; chluich innte corra mhuncaidh beag agus iad a' ruith mun cuairt ann an cuibhle. Fhad 's a sgrìobh na h-oifigich sìos an rud deireannach a thuirt e, thog e measan agus chuir e a-steach eadar maidean na cèidse iad agus choimhead e fhad 's a thòisich na muncaidhean a' sabaid airson na gihht agus mar a thug iad a-mach an làmhan beaga airson tuilleadh fhaotainn. Ach cha do rinn e gàire air an cleasan-san, ach choimhead e orra le sruadh a' bhròin air, fhad 's a chuir e a-steach tuilleadh mheas agus a thòisich e a' bruidhinn ris na sgrìobhadairean a-rithist.

Às dèidh treis, leig e leis na sgrìobhaichean agus dh'òrdaich e dha cheannard-cogaidh-san a thighinn na b' fhaighe le fhir; thog e a shùilean bhon chèids agus sheall e ri Odhrm agus an fheadhainn eile. Bu mhuladach agus dubh a shùilean; ach b' ann a bha e mar gun robh rudeigin a' lasadh agus a' sradadh gu fada nan doimhneachd, gus an robh e doirbh dhaibh uile coimhead annta son ùine nach bu bheag. Sgrùd e na fir gu cùramach, fear an dèidh fir agus ghnog e a cheann.

-Tha coltas nan àrmann orra seo, thuirt e r'a cheannard. An tuig iad ar cànan?

Sheall an ceannard-cogaidh ri Odhrm agus ars' esan gun tuigeadh am fear seo Arabais, ach nach tuigeadh an còrr ach beagan, no nach tuigeadh iad idir i, agus gun do choimhead iad ri Odhrm mar cheannard orra.

Thuirt Almansur ri Odhrm:

-Dè d' ainm-sa?

Dh'inns Odhrm ainm-san, agus gum b' e Nathair a bu chiall dha. Thuirt Almansur:

-Cò e do rìgh?

-Is Arailt mac Ghuidhrm mo rìgh, thuirt Odhrm, agus e na rìgh os cionn Rìoghachd nan Danmhairgeach gu lèir.

-Cha chuala mi ainm-san a-riamh, arsa Almansur

-Agus mun a sin, bu chòir dhuibh a bhith toilichte, a thighearna, fhreagair Odhrm; oir cho fada is a sheòlas a luing, callaidh rìghrean dath an aodainn ron ainm sin.

Sheall Almansur air Odhrim; an dèidh sin, thuirt e:

-Is coltach gu bheil thu luath-theangach, agus gur dòcha nach cèarr d' ainm. An caraid nam Frangach do rìgh?

Thàinig fiamh-ghàire air aodann Odhrm agus thuirt e:

-B' e caraid dhaibh a bh' ann nuair a bu doirbh dha cùisean na dhùthaich fhèin. Ach nuair is math fhortan-san, cuiridh e am bailtean nan teine, an dà chuid ann an tìr nam Frangach is nan Sagsannach. Agus is e rìgh a th' ann aig a bheil pailteas fortain.

-S' fheudar gur deagh rìgh e, thuirt Almansur. Cò e do Dhia?

-Is duilich a' cheist sin, a thighearna, fhreagair Odhrm. Is iad mo dhiathan diathan mo shluaigh fhìn, agus thathas ag ràdh gur làidir iad, mar a tha sinn fhèin. Tha an liuthad dia ann; ach tha cuid dhiubh aost', agus is coma leis a' chuid as motha ach na filidhean an fheadhainn sin. Is e Tòrr as ainm dhan fhear as làidire dhiubh; tha e ruadh mar mi fhìn agus thathar a' creidsinn gur caraid nan daoine e. Ach is e Òdain as ainm dhan fhear as glìce; is dia nan gaisgeach e, agus canar gur ann air a sgàth-san as sinne, na Lochlannaich, na laoich as buadhmhoire a th' anns an t-saoghal mhòr. Ach mas e 's gun do rinn gin de na diathan sin rud sam bith dhomhsa, chan aithne dhomhsa e, agus is cinnteach gur beag a rinn mise dhaibh-san. Agus is coltach dhomh gu bheil iad fada bhon tìr seo.

-Èist gu cùramach, a phàganaich, ris na their mi, thuirt Almansur. Chan eil dia ann ach Allah. Na can gu bheil an liuthad dhiubh ann, agus na can gu bheil trì dhiubh ann; nì e math dhut air Là Luain mura can thu sin. Is aon e Allah, am Bith-bhuanta, an t-Àrd, agus is Muhammad fhàidh-san. Is e seo an fhìrinn, agus creididh tu i. Nuair a thèid mi an armachd an aghaidh nan Crìosdaidh, is ann an ainm Dhè is an Fhàidh a nì mi e; agus bu dona e nam biodh fir nam fheadhd-sa nach toireadh urram dhaibh. Mar sin, chan fhaod thusa agus do chuideachd bhon àm seo adhradh a dhèanamh do dhia sam bith ach dhan fhìor Dhia.

Fhreagair Odhrm:

-Is cleachdadh dhuinne, na Lochlannaich, gun a bhith a' gairm air ar diathan ach ann an èiginn, oir cha bu mhath leinn an sgitheachadh le ar cuid ghlaodhan. Cha do ghuidh sinn air dia sam bith san tìr seo bhon a rinn sinn ìobairt do dhia na mara son turas dhachaigh sàbhailte, agus bu bheag am feum a rinn sin dhuinn, oir b' ann gu gearr an dèidh làimh a thàinig ur luing, agus a chaidh sinne a tha an seo a ghlacadh. Is fheudar gur fìor e gur beag a' chumhachd a th' aig ar diathan fhèin san tìr seo; agus mar sin, a thighearna, bu mhath leamsa ur miann a choileanadh le bhith a' cumail ri ur Dia-se an seo nur tìr fhèin. Agus 's ann dhan fheadhainn eile a dh'fhaighnicheas mi, mas miann leibh, am barail-san air a' chùis seo.

Ghnog Almansur a cheann, agus thuirt Odhrm ri chuideachd:

-Their e gum feum sinn cumail ri Dhia-san. Chan eil aige ach aon, agus is Allah as ainm dha, agus cha toil leis diathan eile. Is e mo bheachd-sa gu bheil a Dhia-san làidir san tìr seo, agus gu bheil ar diathan fhèin lag an seo, fada air falbh bho thìr ar dùthchais. Gheibh sinn cliù nas àirde le bhith dèanamh sa chùis mar as cleachd an seo, agus bu ghòrach e dol an aghaidh miann Almansuir air a' cheist.

Shaoil na fìr nach robh mòran de roghainn aca, leis gum biodh e amaideach dha-rìribh fearg a chur air leithid a thighearna ri Almansur; agus is e thàinig às a' chùis gun do thionndaidh Odhrm ri Almansur as ùr agus gun tuirt e gun robh iad uile deònach cumail ri Allah is gun a bhith a' toirt adhradh dha dia sam bith eile.

Dh'òrdaich Almansur a-nis dithis shagart agus aon bhrìtheamh a bhith air an gairm; agus romhpasan dh'fheumadh Odhrm agus a chuideachd-san briathran naomha searbhantan Mhohammad aithris, na h-aona bhriathran a dh'aithris Almansur ri Odhrm nach robh Dia ann ach Allah agus gur Mohammad fhàidh-san. Bu doirbh dhaibh uile, a thuilleadh air Odhrm, na faclan fhuaimneachadh, ged a chaidh an innse dhaibh le cùram.

Nuair a bha sin seachad, thàinig coltas sàsaichte air Almansur agus thuirt e ri shagairtean gun robh e den bheachd gum bu mhath an nì a rinn e do dh'Allah le seo, agus dh'aontaich iad ris air sin. Chuir e a làmh anns a' chisteig chopair, a bha na seasamh air a' bhòrd aige, agus thog e às tastain òir, agus thug e seachad dha gach aon de na fìr còig tastain deug, agus dha Odhrm am meud dùbailte. Thug iad an taing dha, agus às dèidh sin thugadh iad air ais dha na seòmraichean aca leis a' cheannard-chogaidh.

Thuirt Torchair:

-Niste tha sinn air na diathan a bhuin dhuinne a thrèigsinn, agus dh'fhaodte gur e sin an nì ceart ann an dùthaich chèin, far an stiùir diathan eile; ach ma thig mi dhachaigh aon uair, bidh barrachd cùraim agam dhaibhsan na dhan Allah a tha seo. Ach creididh mi gur esan as fheàrr an seo, agus sinne mar-thà air òr fhaotainn air a sgàth. Agus bidh beachd fiù 's nas àirde agam air nuair a bheir e dhomh mnathan cuideachd.

B' ann gu geàrr an dèidh sin a thug Almansur creach an aghaidh nan Crìosdaidh agus a chaidh e gu tuath leis an fhreacadan aige agus le feachd mhòr agus chaidh e a chreachadh fad trì mìosan ann an Nabharra agus anns na h-iarlachdan Aragònach; choisinn Odhrm agus fhir-san an siud an dà chuid spùinn agus mnathan agus dh'fhàs iad gu tur sàsaichte leis an t-seirbheis aca. Bho seo a-mach, bha e mar siud aca gum biodh iad ann an armachd le Almansur as t-earrach agus anns an fhoghar, agus gun robh iad ri tàmh ann an Cordoba nuair a bu mhiosa teas an t-samhraidh agus tron ràith sin ris an canadh na deas-thìrich "an geamhradh". Dh'fheuch iad ri fàs cleachdte ri dòigh na dùthcha agus bu ghann na h-adhbharan-gearain aca is iad maille ri Almansur; oir b' ann gu minig a thug e dhaibh giblean saidhbhir, gus smachd a chumail air am meas-san, agus bha cead aca na bhuannaich iad ann an ionnsaighean agus aig creachan eile a chumail dhaibh fhèin, às dèidh dhan chòigeamh cuid a bhith air a thoirt seachad dha-san.

Ach bu doirbh dhaibh air uairean a bhith nan searbhantan do dh'Allah agus a bhith còrdte ris an Fhàidh. Nuair a lorgadh iad, is iad a' creachadh, fìon agus feòil-mhuice am measg nan Crìosdaidh, bu toirmisgte dhaibh tlachd a ghabhail annta, ged a bu làidir am miann aca dhan dà chuid; agus chan ann tric a bha iad dàna gu leòr gus dol an aghaidh an toirmisg seo, a mheas iad

mar fhear de na rudan a bu ghòraiche a chuala iad a-riamh, oir bu mhòr cruas Almansuir anns na nithean seo. Shaoil iad gun tigeadh ùrnaighean do dh'Allah agus lùbaidhean dhan Fhàidh gu ro thrì; oir b' ann air a' mhinn agus air an fheasgar, is Almansur an armachd, a thuiteadh fheachd-san air fad air an glùinean, len aodainnean dh'ionnsaigh an taobh sin far an canar gun laigh cathair an Fhàidh agus dh'fheumadh gach aon dhiubh cromadh iomadh uair, le clàr an aodainn sìos dhan talamh. Shaoil iad nach robh seo freagarrach airson fìr, agus gun a bhith airidh ach air magadh, agus cha deach riamh aca air fàs gu tùr cleachdte ris; ach bha iad uile gu làidir den bheachd gum b' fheàrr gabhail ri cleas na dùthcha agus an dearbh rud a dhèanadh a h-uile duine eile a dhèanamh.

Bha iad math air an t-sabaid agus choisinn iad cliù àrd am measg fìr an Fhreacadain uile. Shaoil iad fhèin gur iad na fìr as fheàrr dhiubh, agus nuair a rachadh spùinn a sgaoileadh nam measg, cha rachadh duine sam bith ro fhaig air a' chuibhreann aca san ochdnar còmhla iad: Odhrm agus Torchair, Halle agus Ögmund: Tume, a dh'iomair maille ri Torchair; Gunne, a dh'iomair maille ri Krok; agus Fulbh, am fear as sine dhaibh agus a fhuair sgoltadh ann an oisein a bheòil aon uair agus e aig fèill Nollaig. Chanadh Fulbh Gàireach ris air a sgàth sin, leis gun robh a bheul cam agus gun robh e na bu leathainne na beòil eile. Bha am fortan-san cho math aig an àm ud nach do chaill ach aon duine a-mhàin san dream aca a bheatha tro na ceithir bliadhna agus a bha iad maille ri Almansur.

Dh'fheumadh iad siubhal air feadh na rìoghachd san àm seo; oir mar a liathaich feusag Almansuir, b' ann a dh'fhàs e na b' an-fhoiseile buileach a thaobh nan Crìosdaidh agus b' ann na bu ghainne agus na bu ghainne a shuidh e aig sìth air ais ann an Cordòba. Bha iad maille ris nuair a ràinig e a b' fhaide tuath, ann am Pamplona an rìoghachd Nabharra, agus dà uair thug iad ionnsaigh gun fheum air a' chathair siud agus an treasamh uair cheannsaich iad i agus thug iad seachad airson creachadh i; b' ann an seo a chaidh Tume, am fear a shuidh ri ràmh Thorchair, a mharbhadh le clach o inneal-cogaidh. Sheòl iad air long Almansuir fhèin gu Mallorca is ceannard nan eilean air fàs rag, agus sheas iad mar gheàrrd is e a' dì-cheannadh an duine sin agus deich air fhichead de chinneadh. Rinn iad sabaid ann an duslach agus ann an teas garbh ann am blàr mòr aig Henares, far an do dh'iomain feachdan an Diùca Chastailianaich gu cruaidh ach far an deach a chuairteachadh agus a spadadh mu dheireadh, agus far an deach air an oidhche cuirp nan Crìosdaidh a thoirt còmhla agus a chur ann an càrn mòr, agus b' ann à mullach a' chùirn seo a ghairm fear de shagartan Almansuir luchd-searbhanta an Fhàidh ri ùrnaigh. Às dèidh sin, bha iad còmhla ris ann an iomairtean mòra ann an Leon, far an robh Rìgh Sancho Reamhar air iomain gu cruaidh, dhan ìre sin gun do shaoil fhir-san fhèin gun robh e gun fheum, leis nach b' urrainn dha marcachd tuilleadh air sgàth a reamharachd, agus chuir iad far a chathrach e is thàinig iad le cìsean do dh'Almansur.

B' iongnadh mòr dha Odhrm agus dha fhir-san mòrachd gliocas is cumhachd is fortan Almansuir, ach na bu mhotha na na nithean sin b' iongnadh dhaibh an t-iomagan a bh' air ro Allah agus na dòighean a bha aige agus a Dhia a shàsachadh. Chruinnicheadh an duslach, a laigheadh air a chuid aodaich agus air na brògan aige is e san armachd, gach oidhche leis an luchd-shearbhanta aige. Chuireadh iad ann am poca sìoda e, agus às gach iomairt thogte an duslach seo air ais dhachaigh a Chòrdobha. Bha e air achdachadh gun robh e airson a bhith air a thiodhlaicheadh còmhla ris an duslach uile bho na cogaidhean aige an aghaidh nan Crìosdaidh; oir thuirt am Fàidh: Is beannaichte iad a choisich slighean làn duslaich ri blàr an aghaidh nan ana-chreidmheach.

Ach cha sguireadh iomagan Almansuir ro Allah a dh'aindeoin an duslaich uile seo, agus mu dheireadh chuir e roimhe nì na bu mhotha na na nithean eile uile a dhèanamh agus cathair naomh

nan Crìosdaidh ann an Aistiùirias a sgriosadh, far an robh an t-Abstol Seumas, Seumas nam Mòr-Bhuadh, air a thìodhlaiceadh.

B' ann anns an dàrna bliadhna deug aig Calaph Hischam, agus b' i sin a' cheithreamh bliadhna san robh Odhrm agus a chuideachd ann an seirbheis Almansuir, a chruinnich e feachd na bu mhotha na riamh roimhe agus a chaidh e an-àird a dh'ionnsaigh na h-iar-thuath agus air adhart tron Fhàsach, a' chrìoch o shean eadar na h-Andalusaianaich agus na Crìosdaidhean Aistiùirianach.

Ràinig e sgìrean nan Crìosdaidh air taobh eile an Fhàsaich, far nach tàinig feachd Andalusianach an cuimhne dhaoine beò; agus b' ann gach là a bha strì ann, oir bu mhath a dhìon na Crìosdaidhean iad fhèin am measg nam beann is nam bealach. Aon oidhche, is am feachd air camp' a thogail agus Almansur na thàmh anns a' phàilleann mhòr aige an dèidh ùrnaigh na h-oidhche, thug na Crìosdaidhean ionnsaigh agus bu shoirbheach leotha an tùs; bhris feadhainn a-steach dhan camp', agus nochd othail ollmhòr, le sluagh-ghairmean is sgìreuchail son taic. Thàinig Almansur a-mach às a' phàilleann aige gu luath, le clogaid agus claidheamh ach às aonais màille, gus faicinn dè bha dol; b' e Odhrm agus dithis de fhir, Halle agus Rapp Aon-shùileach, a bha air faire aig doras a' phàillein air an oidhche seo. Aig a' cheart àm, thàinig corra mharcaiche nàimhdeil a dh'ionnsaigh a' phàillein nan deann-ruith, agus nuair a chunnaic iad Almansur, dh'aithnich iad e air a' bhrèid-chlogaide uaine a bh' air (oir b' esan an aon duine anns an fheachd a bha a' caitheamh an datha sin) agus dh'èigh iad le dìorras agus thilg iad an gathan ga ionnsaigh. Bu doilleir e, agus bha Almansur sean agus cha b' urrainn dha na gathan a sheachnadh; ach ruith Odhrm, b' e a b' fhaighe, air adhart agus phut e gu làr e bho chùl agus fhuair e dà ghath air an sgiath aige agus aon na ghualann. Ghèarr an ceathramh gath Almansur na thaobh, far an robh e na laighe air an talamh, gus an do nochd fuil. Ruith Halle agus Rapp a dh'ionnsaigh nan nàmhaid agus thilg iad na gathan aca agus chuir iad fear gu làr; agus thàinig a-nis daoine às gach ceàrn, agus chaidh na Crìosdaidhean a mharbhadh agus a ruaigeadh.

Tharraing Odhrm an gath a bhuail e a-mach agus chuidich e Almansur gu chasan ach cha robh e cinnteach ciamar a ghabhadh esan ri bhith air a phutadh gu làr. Ach bha Almansur toilichte le leòn-san, b' e sin a' chiad fhear a fhuair e riamh; oir shaoil e gum bu mhòr an toileachas d'fhuil fhèin a dhòrtadh air sgàth Allah, nuair nach bu mhiosa an leòn. Dheònaich e do thriùir de na ceannardan-mharcaiche agus thug e achmhasan dhaibh, air beulaibh nan ceannardan uile-chruinnichte aige gun robh iad air droch fhaire a chumail air a' camp'. Leum iad sìos air am beòil fodha agus ghul iad agus dh'aidich iad an lochd; agus thug Almansur dhaibh an uair sin, mar bu chleachd dha is e a' faireachdainn maoth-shunndach, ùine gus na h-ùrnaighean aca aithris agus na feusagan aca a cheangal mus do ghearradh an cinn far am bodhaigean.

Thug e dòrlach òir an dà chuid do Halle agus do Rapp; agus an dèidh sin, fhad 's a bha ceannardan an fheachd uile fhathast nan seasamh ann, dh'òrdaich e do dh'Odhrm tighinn air adhart. Sheall e ris agus thuirt e

-Tha thu air làmh a chur air do thighearna, a Ruadh-fheusagaich, agus chan fhaod àrmann sam bith an nì sin a dhèanamh. Agus tha thu air cron a dhèanamh air mo chuid cliù le bhith gam thoirt gu làr. Ciod a th' agadsa ri ràdh a thaobh seo?

-Bu lionmhor gath a bha san adhar, fhreagair Odhrm, agus cha ghabhadh càil eile a dhèanamh. Agus is e mo chreideas-sa, a thighearna, gur ann mar a tha ur cuid cliù, nach gabh e cron às a' chùis seo. Agus a thuilleadh air sin, thuirt sibh a dh'ionnsaigh an nàmhaid, is mar sin chan

urrainn do dhuine idir a ràdh gur gealtair sibh. Shuidh Almansur gu sàmhach is e ga chrògadh fhèin san fheusaig; an dèidh treis, ghnog e a cheann agus thuirt e:

-Is e mo bheachd-sa gur math do dhìon. Agus tha thu air mo bheatha a shàbhaladh, agus dh'fhaodadh gu bheil luach air choreigin dha sin fhathast.

Dh'òrdaich e a-nis torc-muineil mòr trom òir a chuireadh e ma amhaich a bhith ga thoirt a-mach às a' chiste-dhuais aige agus thuirt e:

-Chì mi gun d' fhuair thu gath nad ghualainn, agus feumaidh 's gum mothaichear sin. Ach seo leigheas dhan phian.

Chroch e fhèin an torc mu thimcheall air amhaich Odhrm, agus bu ghann an onair sin; agus na dhèidh sin bha Odhrm agus fhir na b' àirde buileach ann am meas Almansuir na bha iad roimhe. Sgrùdaich Torchair an torc agus b' àghmhor e air sgàth Odhrm gun robh e air duais dha leithid fhaotainn.

-Agus is cinnteach, thuirt e, gur e Almansur as àirde tighearna dha shearbhantan. Ach a dh'aindeoin sin, saoilidh mi gur mòr am fortan, an dà chuid dhutsa agus dhuinn uile, nach tug thu gu làr air a dhruim e.

Niste, chaidh am feachd air adhart; agus ràinig iad mu dheireadh cathair naomh nan Crìosdaidh, far an robh an t-Abstol Seumas air a thiodhlacadh agus far an robh cill mhòr air a togail air uaigh-san. B' ann an siud a bha an strì ann, oir shaoil na Crìosdaidhean gun tigeadh an t-Abstol aca gan cuideachadh agus rinn iad cath cho fada agus a b' urrainn dhaibh; ach mu dheireadh, chaidh an ceannsachadh le Almansur agus chaidh a' chathair a ghlacadh agus a chur na smàl.

Bu mhòr na duaisean a bha an seo air an cruinneachadh le Crìosdaidhean na dùthcha gu lèir, oir cha robh a' chathair seo riamh ga bagairt le nàmhaid roimhe; agus thogadh spùinn mhòr agus iomadh prìosanach ann. B' i an eaglais mhòr air uaigh an Abstoil a bu mhotha a bha Almansur airson sgriosadh; ach b' ann de chloich a bha i agus cha b' urrainnear a cur na teine. Chuir e mar sin prìosanaich agus cuid de na fìr aige fhèin gus a briseadh gu làr. Na tùir, chroch dusan clag mòr a bha ainmichte air na h-Abstolan; bu bhrèagha an seirm agus mheasadh nan nithean mìorbhaileach iad leis na Crìosdaidhean, agus na bu mhotha na 'n fheadhainn eile an tè as motha dhuibh sin, ris an cante Seumas.

Dh'òrdaich Almansur gun toirte na clagan seo dhachaigh gu Cordòba leis na prìosanaich Chrìosdail, gus an rachadh an cur anns a' mhosg mhòr lem beòil an-àird is gun rachadh an lionadh le ola chùbhraidh agus an lasadh mar lampaichean mòra mar urram do dh'Allah is dhan Fhàidh. Bu trom rin giùlan iad, agus rinneadh dèile dhaibh; b' iad trì-fichead prìosanach a chaidh a chur ann gus gach clag a ghiùlan. Ach bha clag Sheumais fada ro throm, 's nach gabhadh dèile sam bith a dhèanamh dha; agus cha ghabhadh a ghluasad air carbad-tairbh tro na sligheachan-beinne. A dh'aindeoin sin, cha robh Almansur idir ag iarraidh an clag seo fhàgail na dhèidh, oir shaoil e gum b' e sin an spùinn a b' àille a bhuannaich e.

Dh'òrdaich e clàr a bhith air a dhèanamh air an cuirte an clag; bhiodh e an uair sin air a tharraing air cabair sìos dhan abhainn a bha faisg air làimh gus an toirte air bàta e gu Cordòba. Nuair a bha an clàr deiseil agus cabair foidhe, chuireadh slat tro lùb a' chluig, agus b' iomadh fear a dh'fheuch ris a' chlag a thogail agus a chur air a' chlàr; ach cha robh aig na deas-thìrich de lùths no de dh'fhaid, agus nuair a dh'fheuch iad air slatan na b' fhaide, gus am faodadh barrachd dhaoine

togail, bhris na slatan, agus bha an clag na sheasamh air an làr. Thàinig Odhrm agus fhir dhan àite agus sheall iad orra agus rinn iad gàire. Labhair Torchair:

-Cha bu doirbh an togail sin airson sianar fhear, nan robh iad nan inbhich.

-Shaoilnnsa, thuirt Odhrm, gun dèanadh ceathrar a' chùis.

An dèidh sin, chaidh e fhèin is Torchair is Ögmund is Rapp Aon-shùileach dhan chlag agus stob iad a-steach slat goirid dhan lùb agus thog iad an clag gus an robh e air a' chlàr.

Bha Almansur air tighinn a mharcachd agus air stad gus an nì seo fhaicinn; ghairm e air Odhrm agus thuirt e:

-Dhutsa agus dhad chuid fhear, tha Allah air lùths nach beag a thoirt, gum molar ainm-san! Agus is coltach dhomhsa gur tu agus do chuideachd an fheadhainn cheart gus an clag seo fhaighinn air bòrd luing agus a thoirt gu Cordoba; oir chan urrainn do dhuine sam bith eile a làimhseachadh.

Chrom Odhrm roimhe agus thuirt e nach bu doirbh coltas an nì seo dha.

An dèidh sin, dh'òrdaich Almansur gun rachadh deagh dhream de thràillean a thaghadh; shlaodadh iadsan an clag sìos dhan abhainn, far an am faighte a chur air bhog, agus bhiodh iad nan ràmhachan air long a bha na laighe an sin agus a chaidh a ghlacadh bho na h-Aistiùirianaich. Chaidh dithis oifigeach ann an seansalarachd Almansuir cuideachd a dh'iomain ann còmhla riutha gus sùil a chumail air an turas.

Cheangladh ròpannan a-nis leis a' chlàr, agus chaidh Odhrm agus fhir còmhla ri clag agus luchd-slaodaidh a-null; shlaod cuid de na tràillean, is làimhsich a' chuid eile na luinn. Bu duilich an turas, los gun deach an t-slighe mar bu trice sìos, agus aig àmannan dhèanadh an clag às, gus an deach an toiseach cuid den luchd-slaodaidh a phronnadh. Ach dh'òrdaich Odhrm gun cuirte ròpannan-slaodaidh aig cùl a' chlàir, gus an gabhadh grèim a chumail air aig àiteachan casa, agus chaidh e na b' fhèarr dhaibh an uair sin, agus ruig iad an abhainn far an robh an long na laighe.

B' e long-marsantachd a bh' innte; cha bu mhòr i, ach air a togail agus cur ri chèile gu snasail; bha deich paidhir ràmh oirre cho math ri crann agus seòl. Thog Odhrm agus a chuid fhear an clag air bòrd agus rinn iad seasmhach le ròpannan agus clampaichean e. An dèidh sin chuir iad na tràillean anns na h-àiteachan aca leis na ràmh agus chaidh iad sìos an abhainn. B' ann a dh'ionnsaigh an Iar a bha sruth na h-aibhne seo, mu thuath bhon abhainn siud far an do dh'iorraim air uair long Krok an-àird a dh'ionnsaigh dùn an Iarla-chreachaidh; agus bu mhath an fhaireachdainn dha na Lochlannaich a bhith os cionn long a-rithist.

Chaidh fear an dèidh fir a choimhead às dèidh nan tràillean, agus shaoil iad gun robh iad rag agus tuathal; bu tùrsach a dh'fhàs iad ri faicinn nach robh slabhraidhean-coise ann, gus am feumadh iad faire a chumail air na ràmhachan; agus a dh'aindeoin sin shoirbhich le cuid dhiubh seo, a chaidh a chuipeadh le slatan, a theicheadh. B' ann den aona bheachd a bha iad uile, nach fhacas riamh leithid de ràmhachan truagha roimhe agus nach b' urrainn cùisean cumail orra mar seo gu ruige Cordoba.

Nuair a ruig iad an inbhir, laigh an siud iomadh long-cogaidh mhòr Almansuir, nach d' fhuair suas an abhainn; bha iad air a' chuid a bu mhotha de na fir-chogaidh aca a thoirt a-steach dhan dùthaich gus cuideachadh le creach nan Aistiùirianach. Thoilicheadh fir Odhrm leis an t-sealladh, agus dh'iomain Odhrm sa bhad an dithis sgriobhadair a dh'fhaighinn glasan-coise air iasad

aig na caipteanan-luing, gus an d' fhuair e na bha a dhìth air. Chaidh na tràilleann an sin a cheangladh leis an iarann; fhuair Odhrm an seo cuideachd solar dha thuras, los gum b' fhada an t-slighe gu Cordòba. An uair sin, thàinig e gu bhith na laighe ri taobh nan long-cogaidh ann an òb dhionach, a' feitheamh ri sìde-shiùil na b' fheàrr.

Air an oidhche, chaidh Odhrm gu tìr, maille ri Torchair agus Gunne, agus dh'fhàg iad na fir eile gus faire a chumail air an long. Chaidh iad sìos taobh na tràghad, gu corra bhothan-èisg, far an robh marsantaich air an cur air stèidh a cheannaicheadh creach agus a reiceadh solar do mhuinntir nan long. Nuair a thàinig iad faisg air fear de na bothain, chaidh sianar fhear bho long a-steach ann, agus stad Gunne gu grad.

-An sin, thèid fir dham bheil gnothach againn, ars' esan. Am faca sibh an dithis air thoiseach?

Cha robh Odhrm no Torchair idir air aire a thoirt dhaibh sin.

-B' iad an dithis a shàth Krok, arsa Gunne.

Chaill Odhrm a dhath, agus chaidh e air chrith.

-Mar sin, fhuair iad an leòr de bheatha, thuirt e.

Rùisg iad a-nis an claidheamhan. Bha tiodhlacan na bana-rialaghadair Subaida aig Odhrm agus aig Torchair. Cha robh Torchair fhathast air ainm sam bith a lorg dha chlaidheamh a bha cho math ri Gorm-theangach.

-Thig Krok air thoiseach air Almansur, thuirt Odhrm; agus tha dìoghaltas ceart againn uile an seo, ach is ann agamsa, a tha nam cheannard 'na dhèidh, a tha a' chuid as motha dheth. Ruithibh gu cùl a' bhothain, an dithis agaibh, gus nach faigh duine sam bith air teicheadh san dòigh sin.

Bha dorsan aig a' bhothan anns an dà bhalla ghoirid; thàinig Odhrm a-steach tron fhear a b' fhaisge agus lorg e an sianar an sin maille ris a' mharsantach. Chuir esan am falach e fhèin am measg corra phoca, is e a' faicinn Odhrm le claidheamh rùisgte, ach fhuair an sianar fhear-luing an claidheamhan a-mach agus dh'èigh iad a-mach ceistean. Bu trang am bothan, agus doilleir, ach chunnaic Odhrm sa bhad fear den fheadhainn a shàth Krok.

-An do dh'aithris thu ùrnaigh na h-oidhche? thuirt Odhrm fhad 's a ghèarr e air amhaich e gus an do thogadh an ceann dheth.

Thug dithis fhear a-nis ionnsaigh air Odhrm, gus an d' fhuair esan gu leòr ri dhèanamh; ruith an triùir eile a dh'ionnsaigh an dorais, ach thàinig an sin Torchair agus Gunne. Chuir Torchair sa bhad fear gu làr agus dh'èigh e ainm Krok agus gheàrr e gu luath an dèidh an ath-fhir, agus bu mhòr an dùmhlachd a-nis am measg bathar a' bhothain. Leum fear an-àird air being agus shàth e do dh'Odhrm; ach chaidh an sàth a ghlacadh ann an crann-mhuillich, agus thilg Odhrm a sgiath air aodann an duine sin; fhuair e pic na sgeithe na shùil, agus thuit e gu làr is cha do ghluais e. Bu ghèarr an còmhstri an dèidh sin. Mharbhadh an dàrna fear a shàth Krok le Gunne; bha Odhrm air dithis a mharbhadh agus Torchair triùir; ach bu chead dhan mharsantach, dheth nach fhacas mòran anns an oisean dhan do theich e, a bhith na laighe gun lòn, los nach do bhuin esan ris a' chùis seo.

Nuair a dh'fhàg iad am bothan le armachd fhuilteil, thàinig feadhainn dhan ionnsaigh, feuch cò mu dheidhinn a bha an othail, ach thionndaidh iad rin coltas agus ruith iad air falbh. Chùm

Torchair a chladheamh a-mach roimhe: ruith fuil theann air an fhaobhar agus shil i às an adhairc ann an deòir throma.

-Bheir mi dhut ainm a-nis, a phiuthair do Ghorm-theangach, ars' e. Is Dearg-ghobach as ainm dhut bho seo a-mach.

Sheall Odhrm ris na fir a theich air falbh.

-’S fhèarr cabhag a bhith oirne cuideachd, thuirt e, oir tha sinn a-nis fon choill’ san tìr seo. Ach b’ fhiach an dioghaltas e.

Rinn iad cabhag dhan long agus dh’inns iad dhan fheadhainn eile gu dè thachair; thog an long bho thìr sa bhad, ged a bu dorch’ e a-nis. B’ aighearach leotha uile gun robh Krok air a dhioladh, agus thug iad gun robh a-nis èiginn orra faighinn air falbh bhon tìr seo; chuidich iad gus deagh luaths fhaighinn às na ràmhachan.

Sheas Odhrm fhèin air an iùil, ag amharc a-mach dhan dorchadas; chuir dithis sgrìobhadair Almansuir, aig nach robh fios dè thachair, dragh air le ceistean, ach bu ghann na freagairtean a fhuair iad; agus mu dheireadh fhuair an long air falbh bhon òb agus thàinig gaoth bhon deas, gus am b’ urrainn dhaibh an seòl a thogail. Chum iad mu thuath agus a-mach bho thìr gus an do bhris an là, agus nach fhacas long eile nan dèidh.

Chunnaic iad corra eilean air an làimh dheis, agus cheangail iad am bàta ri fear dhiubh sin. Chuir e an dithis sgrìobhadair air tìr agus chuir e teachdaireachd còmhla riutha gu Almansur.

-Cha mhiann leinn teicheadh bho thighearna d’a leithid gun fhacal, thuirt e. Innsibh dha, mar sin, bhuainn uile, gur e na bha an dàn dhuinn sianar dha fhir a mharbhadh, oir gun robh dioghaltas againn do Krok, ar ceannard; agus cha do phàigh sia beathannan mòran de dh’fhiach a bheatha-san. Bheir sinn leinn an long agus a cuid thràillean agus is cinnteach nach mothaich Almansur mòran den chall sin; agus bheir sinn leinn cuideachd an clag, oir bheir a thruim seasmhachd dhan long, agus tha cuantan cunnartach romhainn. Tha sinn uile den bheachd gun robh e dhuinn na dheagh thighearna; agus mura robh an rud seo air tighinn eadarainn, bhitheamaid air a bhith toilichte mar shearbhantan dha airson ùine a bharrachd, ach mar a tha cùisean, chan eil dòigh eile againn faighinn air falbh bhuaithe ler beò.

Gheall na sgrìobhadairean dha gun canadh iad seo, facal air an fhacal mar a dh’aithris Odhrm e; agus thuirt e an uair sin:

-Bhiodh e math cuideachd nan toireadh an dithis agaibh, nuair a thilleas sibh a Chordòba, ar beannachdan gu Iùdhach beartach ris an canar Solamh a tha na fhilidh agus na ghobha-airgid, agus nan toireadh sibh ar taing dha air sgàth cho math is a bha e dhuinn mar charaid, oir cha chreid mi gum faic sinn a-nis a-chaidh e.

-Agus innsibh cuideachd dhan bhana-riaghladair Subaida, thuirt Torchair, gun toir dithis Lochlannach air a bheil i eòlach am beannachdan agus an taing dhi. Agus innsibh seo dhi cuideachd, gu bheil na claidheamhan a thug i dhuinn air a bhith gu mòr-fheum, agus nach do nochd eag sam bith san fhaobhar fhathast, ged bu tric a chleachdadh iad. Ach bu chòir seo aithris nuair nach cluinn Almansur e.

Bha na sgrìobhadairean a' cumail am pinn nan dòrn, agus an dèidh sin chaidh am fàgail air an eilean agus fhuair iad na bha a dhìth orra de bhiadh an siud, gus an lorgadh long air choreigin iad no gus am faigheadh iad fhèin gu tìr.

Chlaphartaich agus dh'èigh gu ro-àrd na tràillean uile nuair a thog an long a-nis air àrd a' chuain, agus bha e soilleir gum bu mhiann leothasan cuideachd a bhith air am fàgail far an deach na sgrìobhadairean a chur gu tìr. Dh'fheumadh fir Odhrm a-nis a dhol timcheall le slatan agus pìosan-ròpa gus an ciùineachadh agus an toirt gu iomram; oir bha fèath a-nis ann, agus bu mhòr a' chabhag gus faighinn air falbh bho na h-uisgeachan seo.

-Is math an rud gu bheil iad againn ann an iarainn-coise, arsa Gunne, oir mura robh bhiodh iad air leum far a' bhùird, a dh'aindeoin ar cuid chlàidheamhan; is bochd an rud nach d' fhuair sinn cuip air iasad nuair a fhuair sinn an t-iarann, oir cha lèir dhomh gun dèanadh slatan agus pìosan-ròpa a' chùis air dream cho riutha seo.

-Is neònach an rud gur e an fhìrinn ghlan a th' agad, thuirt Torchair, oir nuair a shuidh sinn fhèin air being an ràmhach, cha shaoileamaid gum molamaid feumalachd cuip nan tràill a-chaidh.

-Is do dhruim fhèin as pianta, is fìor sin, arsa Gunne; ach feumaidh druim nam fear seo a phianadh nas motha na an-dràsta, ma tha sinne gus faighinn air falbh.

Dh'aontaich Torchair ri sin, agus chaidh iad timcheall a-rithist a chuipeadh nan ràmhachan gus luaths nas fheàrr fhaighinn air an long. Ach cha deach gu math leis an iomram co-dhiù, oir cha deach aig na ràmhachan air ruitheam a chumail anns na buillean. Chunnaic Odhrm seo agus labhair e:

-Is gann gun ionnsaich sinn dhaibh iomram le cuipeadh a-mhàin, gun iad bhith cleachdte ris; ach dh'fhaodte gum bi an clag dhuinn feumail le seo.

Ghabh e tuagh agus sheas e ris a' chlag is bhuail e air le cùl ceann na tuaighe mar iorram; thàinig an sin seirm làidir, agus dh'èist na ràmhachan, gus an tàinig piseach air na h-iorram. Rinn Odhrm cinnteach gun do dh'atharraicheadh na fir a bha a' cumail an ruitheim; fhuair iad gum faigheadh iad, nam buaileadh iad le batan air am hasgadh le leathair, an seirm a b' àille, agus bu mhòr an tlachd a bh' aca anns an nì seo.

Ach cha b' fhada gus an d' fhuair iad gaoth a-rithist, is cha robh feum air iomram tuilleadh; dh'fhàs a' ghaoth na bu làidire is na bu làidire, gus an robh i coltach ri stoirm, is gum bu chunnartach a snuadh. Thuirt Fulbh Gàireach gur e seo an rud ris am bitheadh dùil, los gun do chuir iad tùs air an turas gun ìobairt do mhuinntir na mara. Ach chaidh cuid na aghaidh, is chuir iad na chuimhne an ìobairt a rinn iad air an uair siud, dìreach mus d' fhuair iad droch fhortan le luing Almansuir. Shaoil Gunne gum b' e a bu chiallaiche ìobairt a dhèanamh do dh'Allah, agus bha feadhainn air a thaobh dheth; ach thuirt Torchair nach do shaoil e gum bu mhòr cumhachd Allah air na faireagachan. Labhair Odhrm an uair sin:

-Is e mo bheachd-sa gur beag am fios a th' aig duine sam bith mu chumhachd gach dè agus mun fheum a nì e dhuinn, agus air sgàth sin b' fheudar gur e as fheàrr gun a bhith a' seachnadh fear seach fear. Agus is cinnteach an nì, gu bheil aonar ann a bha gu mòr-fheum dhuinn air an turas seo, agus is e sin an Naomh Seumas; oir bheir an clag aige seasmhachd dhan long, agus tha e cuideachd air ar cuideachadh leis an iomram. Air a sgàth sin, cha bu chòir a dhìochuimhneachadh. Shaoil na

fir uile gum bu cheart a chainnt, agus dh'ìobair iad a-nis an dà chuid feòil agus deoch do dh'Eigir¹, Allah, agus an Naomh Seumas agus mheas iad gun robh iad na b' fheàrr dheth às dèidh sin.

Cha bu chinnteach am fios-san mun cheàrn anns an robh iad, ach gun robh iad astar math air falbh bho Aistiùrias. Ach bha fios aca, nan cumadh iad mu thuath, mar a dh'iomain an stoirm iad, agus mura rachadh iad ro fhada mun iar, gum faigheadh iad tìr mu dheireadh thall, ann an Èirinn no Sasainn, air neo anns a' Bhreatainn Bhig. Chum iad gu sunndach, mar sin, is sheas iad ris an stoirm, a shealltainn ris na reultan corra uair agus shaoil iad gun tigeadh iad dhan àite cheart.

B' ann leis na tràillean a bha an trioblaid a bu mhotha aca; oir ged nach robh sìon aca sin ri dhèanamh leis na ràimh tuilleadh, dh'fhàs iad truagh le eagal is cur na mara is fliuchd is fuachd, gus an robh iad gorm uile, is gus an do shiubhail cuid. Bu ghann air an long aodach blàth, agus bha e a' sìor-fhàs na b' fhuair la air là, los gun do theannaich deireadh an fhoghair dlùth. Bu draghail do dh'Odhrm agus dha chuideachd an dìblidheachd is ghabh iad cùram orra cho math is a b' urrainn dhaibh; agus nuair a chaidh aca air ithe, thug iad dhaibh am biadh a b' fheàrr; oir nam faighte na tràillean seo gu sàbhailte gu tìr, bu mhòr am fiach.

Mu dheireadh, chiùinich an stoirm, agus fad là fhuair iad a-nis deagh shìde agus gaoth mhath is chùim iad mun ear-thuath; is dh'fhàs na tràillean na b' fheàrr ann an solas na grèine. Ach air an oidhche siud, thrèig a' ghaoth iad gu tìr, agus thàinig ceò orra a bha a' sìor-fhàs na bu teinne. B' fhuar agus fliuch e, gus an do dh'fhulaing iad uile, agus na tràillean a bu mhiosa, leis an fhuachd; cha tàinig oiteag ghaoithe idir, is dh'fhan an long na àite is i air a togail le tonnan slaodach. Thuirt Odhrm:

-Is bochd a-nis ar staid; oir ma dh'fhanas sinn an seo is sinne a' feitheamh ri gaoith, spadar na tràillean leis an fhuachd; ach ma bheir sinn orra iomram, spadar iad co-dhiù, le cho dìblidh is a tha iad. Is chan fhaigh sinn mòran de chomharran stiùiridh, cho fhad 's nach fhaicear grian no rionnag.

-Is coltach dhomh gum b' fheàrr leinn toirt orra gabhail ris na ràimh, arsa Rapp; 's ann às a sin a gheibh iad blàths. Agus stiùireamaid mar a thèid an lunn, oir tha an stoirm oirnn mu dheas; chan eil càil eile ann ris an urrainn dhuinn cumail cho fhad 's a mhaireas an ceò.

Mheasadh math comhairle Rapp, agus dh'fheumadh na tràillean gabhail ris na ràimh, ged bu mhòr an gearain is bu ghann an neart. Dh'atharraich iad a-nis cò a ghabh ris a' chlag, fear an dèidh fir, agus shaoil iad a-nis gun robh a sheirm na b' àille na bha i a-riamh, le torman fada an dèidh gach buail, gus an robh e dhaibh na dheagh chompanach anns a' cheò. Aig amannan, leig iad leis na tràillean beagan fois agus cadail fhaighinn, ach a bharrachd air sin, dh'iomair iad fad na h-oidhche le stiùir air an lunn, is an ceò fhathast cho trom 's a bha e riamh.

Air an làrna-mhàireach, b' e Ögmund a bh' air an iùil, agus Rapp a bhuail an clag: bha an còrr de na fir nan cadal. Gu h-obann, dh'èist an dithis aca gu dlùth agus sheall iad air a chèile is chùim iad an uair sin cluas ri claisneachd às ùr: fada cian, thàinig seirm lag a-nall. B' iongnadh dhaibh sin, agus dhùisg iad an còrr, agus dh'èist na h-uile. Chluinneadh an t-seirm fhathast, agus bu choltach dhaibh gur ann a thàinig e bho air thoiseach orra.

¹ Dia na mara, seòlta is cunnartach

-Is coltach dhomh, mas ceart mo chlaisneachd, nach sinne na h-aona daoine a sheòlas le clag, arsa Torchair

-’S fheudar dhuinn siubhal gu faiceallach a-nis, thuirt Fulbh Gàireach, oir dh’fhaodte gur e seo Ran² agus a nigheanan, a bhios a' tairm sheòladairean le òrain agus innealan-ciùil.

-Dhomhsa dheth, is nas coltaiche gur e seo troich rin gobhadaireachd, arsa Halle, agus dh’fhaodadh nithean leithid sin a bhith cunnartach ma thathas a’ teannadh ro dhlùth. Air neo dh’fhaodte gu bheil sinn dlùth ri sgeir air choreigin anns an còmhnaidh na trobhaichean.

Mhair an t-seirm lag fada cian, agus b’ iomagaineach a-nis iad uile is iad a’ feitheamh ris na chanadh Odhrm. Dh’èist na tràillean cuideachd gu dlùth is thòisich iad a-nis ri ràcail; ach cha b’ eòlach do dh’Odhrm is dha fhir an cànan.

-Is beag am fios a th’ aig duine sam bith dè a th’ anns an nì seo, arsa Odhrm; agus bu dona dhuinne nan tigeadh an t-eagal oirnn ro mhonar dha leithid. Mar sin, iomaireamaid oirne mar a rinn sinn gu ruige seo, agus cumamaid faire cho math is as urrainn dhuinn. Agus às mo leth fhìn, cha chuala mi a-riamh mu bhuidseachd a nochdas anns a' mhadainn.

Dh'aontaich iad uile ri seo, agus chùm an iomram air; dh'fhàs an t-seirm choigreach na bu làidire. Thàinig oiteagan gaoithe beaga gan ionnsaigh, agus bha an ceò a' falbh mean air mhean; agus mar aon dh'èigh iad uile gun robh iad a’ sealltainn air tìr. B' e costa creagach a bh' ann, is bu choltach gur eilean no rubha e; gu follaiseach, thàinig an t-seirm bhuaithe, ach sguir i a-nis. Chunnaic iad fear gorm agus corra ghobhar ag ionaltradh; an dèidh sin, chunnaic iad bothan no dhà, agus leotha sin, sheas deannan fhear is iad a’ sealltainn ris an long.

-Cha shaoil mi gur coltach ri trobhaichean no nigheanan Rain iad seo, thuirt Odhrm. An seo, thèid sinn gu tìr, a dh’fhaicinn gu dè an taobh dhan tàinig sinn.

Rinn iad sin; agus cha do nochd na fir anns an eilean eagal sam bith is iad a’ faicinn fhear ann an làn-armachd a’ tighinn gu tìr, ach thàinig iad thuca gu coibhneil a chur fàilte orra. Bu sianar iad, sean uile, le feusagan geala agus casagan fada donn; agus na thuirt iad, cha do thuig duine.

-Cò i an tìr dhan tàinig sinn, ars' Odhrm, agus cò dham buin sibhse?

Thuig fear de na bodaich fhaclan, agus dh'èigh e dha na bodaich eile: Lochlannaich, Lochlannaich! Agus fhreagair e nan cànan fhèin iad.

-Is i Èirinn an tìr a ruig sibh, agus is sinne searbhantan an Naoimh Fionnan.

Bu mhòr an t-àgh ro Odhrm agus fhir nuair a chuala iad seo agus shaoil iad nach b’ fhada an dachaigh. Chaidh aca air faicinn a-nis gun robh iad air tighinn gu tìr air eilean beag, agus air an taobh eile dheth, b' urrainn dhaibh costa na h-Èireann fhaicinn. Cha robh anns an eilean bheag ach na bodaich agus an cuid ghobhar.

Labhair na seann daoine gu dealasach am measg a chèile is an sruadh a’ nochdadh iongantais; thuirt an uair sin am fear a thuigeadh an teanga Lochlannach ri Odhrm:

-Labhraidh tu ann an cànan nan Lochlannach, agus is mi a thuigear an cànan sin, los gum bu tric a bha mi maille ri Lochlannaich ann an làithean m’ òige, mus tàinig mi dhan eilean seo. Ach is

² Ran – ban-dia na mara is nan stoirm, olc agus marbhtach.

cinnteach an rud nach fhaca mi a-riamh fir à Lochlann air an còmhachadh mar a tha thu fhèin agus do chuideachd. Cò às a thàinig sibh? An Lochlannaich gheala no Lochlannaich dhubha sibh? Agus ciamar a thachair e gun tig sibh a sheòladh le seirm a' chluig? Is e an-diugh Là Fhèill Briannain, agus sheirm sinn ar clag dha urram agus cliù a chuimhneachadh, agus nuair a chuala sinn freagairt ur cluig-se, shaoil sinn gur dòcha gur e seo an Naomh Briannan e fhèin a fhreagair sinn, oir bu mharaiche mòr e. Ach nach eil sibh, ann an ainm Ìosa Crìosd, air ur baisteadh uile, sibhse a thig a sheòladh le seirm naoimh?

-Tha bruidhinn aig a' bhodach gun teagamh, arsa Torchair, agus an seo, Odhrm, gheibh thu gu leòr ri fhreagairt.

Fhreagair Odhrm an seann-duine

-Is Lochlannaich dhubha sinn, fir à Rìoghachd Rìgh Arailt, ach mas beò fhathast Rìgh Arailt chan ann agamsa a tha fios, oir is fhada on a bha sinn a-bhos. Ach is Spàinnteach ar cleòcannan agus ar cuid aodaich, oir b' ann à Aistiùirias a thàinig sinn, far an robh sinn ann an seirbheis tighearna mhòir ris an canar Almansur. Agus is e Seumas a chanar ris a' chlag againn, agus thàinig e às an eaglais siud ann an Aistiùirias far a bheil an t-abstol Seumas air a thiodhlacadh, agus is esan as motha de na clagan uile a tha thall an siud; ach is ann a bheireadh e ro fhada innse mar a thàinig e gu bhith maille rinn air an turas seo. Is aithne dhuinn Crìosd, ach chan àrd a chliù anns an tìr às an tàinig sinn, agus chan eil sinn air ar baisteadh. Ach leis gur Crìosdaidhean sibh fhèin, dh'fhaodte gum bi sibh toilichte a chluinntinn gur e fir Chrìosdail a th' againn air na ràimh. Is ar tràilleann iad is thig iad às an aon àite ris a' chlag, agus tha iad a-nis cianail diblidh às an turas agus cha dèan iad mòran feum. Agus na biodh fo eagal romhainn; oir is coltach dhuinn gur daoine matha sibh, agus cha luchd-fòirneirt sinn do dhaoine nach seas nar n-aghaidh. Is cinnteach gun caill sibh feadhainn dur cuid ghobhar, ach sin an rud as miosa a dh'fhulaingeas sibh; cha mhiann leinn fuireach gu fada.

Nuair a bha na seann-daoine air seo uile a thuigsinn, ghnog iad an cinn agus rinn iad gàirean beaga gu coibhneil; agus thuirt am fear-labhairt aca nach bu ghann na cothroman a gheibheadh iad gus maraichean a chumail air an eilean agus nach bu chleachd do dhuine sam bith cron a dhèanamh orra.

-Oir cha dèan sinn fhèin mì-cheart air duine air bith, ars esan, agus chan eil nì air bith eile air thalamh againn ach na gobhraichean agus an t-achadh-snèipe agus na bothain againn, agus a thuilleadh air sin is eilean an Naoimh Fionnan an t-eilean air fad, agus is cumhachdach esan le Dia agus treòraichidh a làmh-san sinn. Agus tha e air ar cuid ghobhar a bheannachadh gu fialaidh am-bliadhna, is mar sin cha bhi biadh a dhith. Bidh mar sin fàilte romhaibhse dha na beagan rudan as urrainn dhuinn a thoirt dhuibh; agus dhuinne a tha sean, agus nach dèan mòran a bharrachd air suidhe an seo nar n-aonar, is e tlachd a bhios ann èisteachd ri fir fhad-shiubhlach.

Chaidh a-nis na tràilleann a thoirt gu tìr, agus chaidh an long a tharraing suas; agus fhuair Odhrm agus fhir a-nis fois air Innis MoFhionnain agus chòrd iad agus na manaich gu glan. Dh'iasgaich iad maille riutha agus fhuair iad deagh dheannan èisg agus bhiadhaich iad na tràilleann gus nach robh an coltas buileach cho diblidh tuilleadh; agus dh'fheumadh Odhrm agus an fheadhainn eile mòran de na dàna-thursan aca innse do na manaich, oir ged a bu duilich an t-eadar-theangachadh, bu ro-fhaighneach na seann-daoine a thaobh naidheachdan à tìrean cèin. Ach nas motha na sin uile, bu ghràdhach dhaibh an clag, a bha na bu mhotha na rud sam bith mun cuala iad ann an Èirinn. Thuirt iad gum bu mhòr am mìorbhail gun do ghairm an Naomh Seumas agus an Naomh Fionnan dha chèile tro na clagan aca fada cian; agus air uaireannan bhuaileadh iad clag

Sheumais aig na h-adhraidhean aca, seach an clag aca fhèin, agus mheal iad mar a chaidh a sheirm mhòr a-mach air na h-uisgeachan.

AN OCHDAMH CAIBIDEIL

Mu thàmh Odhrm le manaich an Naoimh Fionnan agus
agus mar a thachair mìorbhail ann an Ìellinge

Fhad 's a bha iad maille ri manaich an Naoimh Fionnan, b' iomadh comhairle a chùim iad le chèile air ciamar a b' fheàrr a dhèanadh iad gnothaichean, an dèidh dha na tràillean fàs math gu leòr airson tuilleadh siubhail. Bu mhiann leotha uile tilleadh dhachaigh, an dà chuid Odhrm agus an fheadhainn eile; agus cha bu mhòr an cunnart de spuinneadarachd aig an ràith seo, leis gum bu bheag de luing a bha air muir. Ach dh'fhaodadh gum biodh an turas duilich ri sìde a' Gheamhraidh, gus am bu dòcha a chaochladh na tràillean orra, agus mar sin b' e a bu ghlice feuchainn riutha seo a reic cho luath 's a ghabhadh. Ris a' ghnothach sin, b' fheudar gum b' urrainn dhaibh siubhal a-null dhan Bhaile Luimneach, far am b' àrd cliù athair Odhrm, air neo a dhol a Chorcaigh, far am bu chleachd le Amhladh nan Seud a' mhalairt a bu mhotha ann an tràillean a gheibhear a chumail. Dh'iarr iad comhairle air na manaich cò an roghainn a b' fheàrr.

An dèidh dha na manaich na bha iad ag iarraidh a thuigsinn, labhair iad le chèile is rinn iad gàirdeachas beag; an uair sin, thuirt am fear-labhairt aca:

-Is soilleir gur fada cian an tìr às an tàinig sibh is gur beag am fios a th' agaibh cò ris a tha e a-nis coltach an seo ann an Èirinn. Chan fhurasta dhuibh a bhith ri malairt ann am Baile Luimneach no ann an Corcaigh. Is ann le Brian Bòrmha a tha a-nis smachd air Èirinn, agus ged is coigrich bho chian sibh, dh'fhaodte gun cuala sibh mu dheidhinn.

Thuirt Odhrm gum bu mhinig a chuala e athair a' bruidhinn mu fhear Rìgh Brian, a chùim strì ris na Lochlannaich Luimneach.

-Cha chùim e strì riutha tuilleadh, ars' am manach. Aig an toiseach, b' e ceann-cinnidh Dhál gCais a bh' ann; agus chùim na Lochlannaich strì ris. An uair sin, fhuair e crùn Thuath-mhumain; agus chùim esan strì ris na Lochlannaich Luimneach. Ach an dèidh sin, fhuair e crùn Mhumain air fad; agus thug e ionnsaigh air a' Bhaile Luimneach agus spad e a' chuid a bu mhotha de na Lochlannaich an siud, agus theich an còrr. Agus is esan a-nis an laoch a bu mhotha a th' ann ann an Èirinn, Rìgh Mhumain, Tighearna Laigin, tighearna-cìse air gach Gall a tha air fhàgail anns na bailtean aca aig a' chòsta; agus is ann ri Maol Seachnaill, Àrd-Rìgh na h-Èireann, a chumas e a-nis strì gus a bhean-phòsta agus a rìoghachd a chosnadh. Bheir Amhladh nan Seud dha cìs agus feumaidh e seòid a thoirt dha is e ri cogadh an aghaidh Mhaol Seachnaill; agus tha Sitric na Stroil-fheusaig ann am Baile Àtha Cliath – esan as cumhachdaile de na Goill ann an Èirinn - a-nis air cìsean a thoirt dha dà uair.

-Is mòr dhuinn an naidheachd seo, thuirt Odhrm, agus is coltach gur tighearna mòr e, an Rìgh Brian a tha seo, ged a dh'fhaodadh e bhith fìor gum faca sinn na bu chumhachdaile. Ach mas fìor na h-uile a chanas tu, carson nach b' urrainn dhuinn ar cuid thràillean a reic dha-san?

-Cha cheannaich Rìgh Brian tràillean, ars' am manach, ach gabhaidh e fhèin an uiread a tha a dhìth air, an dà chuid bho nàbaidhean agus bho na fìr à Lochlann. Agus a bharrachd air sin, tha fios aig gach duine gur trì iad na nithean dham bheil gaol aige air bàrr gach nì eile, agus gur trì na nithean dham bheil gràin aige, agus is dona na trì nithean sin dhuibh. Is iad seo na nithean dham bheil gaol aige: a' chumhachd as motha, agus tha sin aige mar-thà; a' chuid as fhearr den òr, agus is ann leis-san sin cuideachd; agus a' bhean as àille, agus tha fios aig gach mac màthar gur ise Gormfhlaith, piuthar Mhaol Mòrda, rìgh na Laighean, agus ise cha do choisinn e fhathast. Bha i pòsta bho thùs aig Rìgh Amhladh Cuaràn Bhaile Àtha Cliath, agus thrèig esan i air sgàth cruas a teangaidh; tha i a-nis pòsta aig Maol Seachnaill, an t-àrd-rìgh, agus bidh esan ri chorrghail anns an t-seòmar aice agus theab gu bheil neart aige air fhàgail gus dol an armachd tuilleadh; agus nuair a bheir Brian buaidh air Maol Seachnaill, gheibh e Gormfhlaith, oir na chuireas e roimhe, nì e. Ach is iad seo na nithean dham bheil gràin aige: eu-Chrìosdaidhean; agus fìr à Lochlann; agus filidhean a bheir moladh do rìghrean eile. Tha a chuid gràin a' cheart cho làidir ri chuid gaoil, agus cha chiùinich rud air bith e anns na nithean seo; agus los gu bheil sibh an dà chuid eu-chrìosdail agus à Lochlann, bu mhath leinn comhairle a thoirt dhuibh gun a bhith a' teannadh ro dhlùth ris, oir cha mhiann leinn ur sgrios.

Dh'èist na fìr ri seo uile gu cùramach agus shaoil iad nach b' fhiach malairt le Rìgh Brian. Labhair Odhrm:

-Is coltach dhomh gun do threòirich an clag Seumas gu ceart sinn, nuair a dh'iomain e dhan eilean seo seach gu rìoghachd Rìgh Bhriain sinn.

-Thug clag an Naoimh Fionnan a chuid taic' ri sin cuideachd, thuirt am manach, agus nach biodh e, is sibhse a-nis air faicinn na dh'fhaodadh na naomhan a dhèanamh fiù 's do dh'fhir eu-chrìosdail, ciallach nan creideadh sibh ann an Dia agus nan rachadh sibh nur Crìosdaidhean?

Thuirt Odhrm nach do bheachdaich e mòran air a' chùis agus nach bu chabhagach a coltas dha.

-Dh'fhaodte gu bheil i nas cabhagaiche na shaoileadh sibh, ars am manach, oir chan eil a-nis air fhàgail ach aon bhliadhna deug mun tig crìoch air an t-saoghal agus a thig Crìosd air nèamh gus mac an duine air fad a bhreithneachadh. Roimhe sin, bidh na pàganaich uile air am baisteadh, agus cha bu ghleusta e tighinn ann faisg air an deireadh. Thèid na h-eu-Chrìosdaidhean a-nis gu taobh Dhè nas luaithe na b' àbhaist dhaibh, agus chan fhada gus nach bi ach a' bheag dhiubh sin air fhàgail anns an dorchadas aca; agus gu deimhinne is dlùth dhuinn teachd Chrìosda, on a ghabh am pàganach a bu mhiosa, Rìgh Arailt na Danmhairge, ris a' bhaisteadh. Mar sin, bu chòir dhuibh a-nis ur cuid fhaoin-diathan a thrèigsinn gus gabhail ris an fhìor-chreideamh.

Sheall na h-uile air le iongnadh, agus thòisich feadhainn a' gàireachdainn is iad a' bualadh an glùinean.

-Bhiodh e cho math dhut innse dhuinn gun deach e na mhanach mar thu fhèin, ars' Torchair, is gun do gheàrr e dheth a chuid fuil.

-B' fhada air falbh anns an t-saoghal mhòr seo a chaidh sinne, thuirt Odhrm, is tu fhèin nad shuidhe an seo maille ri do bhràithrean air eilean aonaranach; agus a dh'aindeoin sin is leatsa na

naidheachdan as motha rin innse. Ach cha bheag an nì anns am bu mhath leat gun creid sinn, is tu ag ràdh gun deach Rìgh Arailt na Crìosdaidh; agus is nas coltaiche dhomhsa gu bheil maraiche air choreigin air do mhealladh le sin, gus spòrs a ghabhail às do chuid baoghaltachd.

Ach chùm am manach air is e a' cumail a-mach gur fìor-sgeul a dh'inns e is nach bu bhreug nam maraiche e. Oir b' ann aig an easbaig aca fhèin a chuala iad an naidheachd mhòr seo bho chionn dà bhliadhna, agus thug iad seachad an taingealachd airson buaidh cho mòr rithe airson gach Crìosdaidh a tha air a shàrachadh le Lochlannaich fad seachd làithean na Sàbaid.

An dèidh an dearbhaidh seo chreid na fìr anns na thuirt am manach, ach shaoil iad fhathast gum bu duilich naidheachd leithid seo a thuigsinn.

-Is de shliochd Òdain³ e fhèin, ars' iad is iad a' toirt sùil air a chèile; ciamar as urrainn dha an uair sin a chuid earbsa a chur ann am fear eile?

-Agus bu mhòr fhortan-san fad a bheatha, thuirt iad, agus chaidh sin a thoirt dha leis na h-Àsaich;⁴ agus an aghaidh nan Crìosdaidh chaidh a chuid luingeis is iad air tighinn dhachaigh le beartas. Dè an gnothach a th' aige an uair sin le dia nan Crìosdaidh?

Chroch iad an cinn agus shuidh iad còmhla ann an iongantas-

-Is sean e a-nis, ars' Fulbh Gàireach; agus b' fheudar gun deach e na phàiste às ùr, mar a thachair le Rìgh Ane a bha na rìgh ann an Spaoilidh⁵ bho shean. Oir is làidire an leann a dh'òlas rìghrean an coimeas ri daoine eile agus is liuthad bhoireannach a th' aca; agus is urrainn dhan leithid an sgìtheachadh rè ùine, gus an tig sgàil air an tuigse is iad gun fhios dè nì iad fhèin. Agus los gur rìghrean iad, nì iad fhathast mar is miann leotha fhèin, fiù 's an dèidh don chiall an trèigsinn; agus b' fheudar gur ann mar sin a chaidh Rìgh Arailt a ghlacadh ann an teagasg nan Crìosdaidh.

Ghnog na fìr an cinn, is thòisich iad air sgeulachdan innse air seann-daoine a-bhos anns an sgìre aca fhèin, a dh'fhàs neònach an dèidh dhaibh tighinn gu aois àrd agus a shàraich an càirdean len cuid gòrachais; agus shaoil iad uile nach bu mhòr am buannachd ann a bhith tighinn dhan aois sin far an tuit na fìaclan a-mach agus far an searg an ciall. Thuirt am manach an uair sin gur miosa na nithean a bha gam feitheamh, oir aig Là Luain aig ceann aon bhliadhna deug gun rachadh an toirt far aghaidh na talmhainn. Ach fhreagair na fìr gum freagradh an t-àm sin orra uile is nach rachadh iad gu Crìosd air a sgàth sin.

Is iomadh nì a bha a-nis aig Odhrm ri cnuasachadh air; oir dh'fheumte dearbhadh na dhèanadh iad a-nis, nuair nach robh iad dàna gu leòr gus feuchainn air a' mhargaidh ann an Èirinn. Mu dheireadh, thuirt e ri chuideachd:

-Is math a bhith nad cheann-feadhna nuair a sgaoilear spuinne agus nuair a chuirear leann mun cuairt, ach nas miosa buileach nuair a nithear planaichean; agus is beag a-nis na nithean air an smaoinich mi. Ach is ann a-nis a dh'fheumas sinn seòl a chur; oir tha na tràillean a-nis cho math is a b' urrainn dhaibh a bhith à biadh agus fois, agus is ann nas fhaide a dh'fhanas sinn, is ann nas duilghe a bhios ar turas. Is e as fheàrr coltas dhomh gun seòl sinn gu Rìgh Arailt, oir is ann maille

³ Òdan, dia nan rìghrean is a' chogaidh, ceannard nan diathan Lochlannach

⁴ Fear den dà chinneadh diathail am measg nan Lochlannach, dham buin Tòrr agus Òdain am measg iomadh dia eile.

⁵ Uppsala, ann am meadhan na Suaine.

ris-san a gheibhear uaislean mòra, a dh'fhaodadh pris mhath a phàigheadh air na tràillean; agus mas fìor e gu bheil e fhèin air a dhol na Chrìosdaidh, is coltach dhomh gur math a' ghibht a th' againn dha, gus am bi taobh aige rinn sa bhad. Is miann leam a-nis a bhith leis-san, seach a bhith a' suidhe nam fhear as òige air tuathanas m' athar, mas beò fhathast am bodach agus Od mo bhràthair; agus dhuibh uile, ma tha gnothach agaibh a-bhos, cha dhoirbh e faighinn a Bhlèiginge, is ar malairt seachad agus ar prothaid sgaoilte. Ach is e as duilghe dhuinn na tràillean a chumail, gus nach bàsaich iad oirnn is sinne air tighinn dhan fhuachd.

An dèidh sin, ars' e ris na manaich gun robh e a-nis airson malairt a dhèanamh leotha. Dh'fhàgadh iad aige na bh' aca de bhèin nan gobhar agus an cuid aodaich air fad a b' urrainn dhaibh a chur dhan dàrna taobh; agus airson seo bu mhiann leis an dà thràill as truaighe slàinte a thoirt dhaibh, los gum faigheadh an dithis seo am bàs air an turas ach gum b' urrainn dhaibh fhathast a bhith gu feum son nam manach nan tigeadh piseach orra, agus a bharrachd air sin corra thastan-airgid à Aistiùirias. Rinn na manaich gàirean beaga a-rithist is thuirt iad gur fheàrr a' mlalairt seo na bhios aig Gàidheil le Lochlannaich mar as trice, ach gur e clag an Naoimh Seumas an nì as motha a bhiodh iad ag iarraidh. Thuirt Odhrm nach b' urrainn dha an clag a chur dhan dàrna taobh; agus chaidh leis a' mhalairt mar a dh'inns esan, gus an d' fhuair na tràillean rudeigin de dh'aodach a' gheamhraidh.

Smoc iad èisg agus feòil-ghobhrach mar sholar agus fhuair iad còmhla riutha snèipean nam manach. Chuidich na manaich iad anns gach nì agus bu choibhneil iad an-còmhnaidh gun a bhith a' dèanamh gearain gum bu bheag a bha a-nis air fhàgail den cuid ghobhar an dèidh cèilidh nan Lochlannach; cha robh adhbhar bròin aca ach gum fanadh an clag naomh ann an làmhan Phàganach agus nach tuigeadh Odhrm agus fhir-san dè a b' fheàrr dhaibh fhèin agus gun rachadh iad nan Crìosdaidh. Aig an dealachadh, bhruidhinn iad aon uair eile air Crìosd is an Naomh Fionnan is Là Luain, agus mu na nithean uile a thachradh dha na maraichean mura rachadh iad dhan fhìor-chreideamh. Fhreagair Odhrm gur beag an ùine a bha a-nis aige gus èisteachd ri leithid a chainnt; ach an dèidh sin chuir e ris gur bochd an ceann-feadhna a bhiodh annsan nan robh e ceacharra anns an dealachadh ri fìr an taighe leithid na bh' annta dhaibh agus dha fhir. Le sin, chuir e a làmh na chrìos agus thog e trì buinn òir a thug e seachad dhaibh.

Nuair a chunnaic Torchair sin, rinn e gàire air an fhialachd ro-mhòir, ach thuirt e an uair sin gun robh esan a' cheart cho comasach air agus a bha Odhrm; oir nuair a thigeadh an t-àm, bha e am beachd pòsadh son fear de na tuathanasan as motha a bh' ann ann an Lìostair agus a bhith na mhorair anns an sgìre. Mar sin, thug esan cuideachd trì tastain òir seachad dha na manaich, is iad nan seasamh ann am mòr-iongnadh ron fhialachd ro-mhòir seo. Cha robh e coltach gum bu mhòr a chòrd seo ris na fìr eile; ach air sgàth an cuid cliù thug iadsan cuideachd seachad rudeigin; iad uile ach Fulbh Gàireach. Chaidh magadh a dhèanamh airt air sgàth a mhaoiteachd, ach rinn e gàire le bheul cham agus chròg e e fhèin ann am feusaig a ghruaidh is e uile-gu-lèir sàsaichte leis fhèin.

-Cha cheann-feadhna mi, ars' e, agus a thuilleadh air sin, chan fhada gus am bi mi sean; agus mise cha phòs caileag le tuathanas ri làimh, is cha mhotha na sin a phòsas cailleadh. Agus mar sin, is ann agamsa a tha an làn-chòir a bhith maoiteach.

Às dèidh dha na tràillean a-nis a bhith air an toirt air bòrd a-rithist agus air an glacadh gu teann, sheòl Odhrm air falbh bho Innis MoFhionnain agus chum e sìos mun cuairt air Èirinn agus fhuair e gaoth mhath is deagh thuras. Bu ghort orra uile fuachd an fhoghair, ged a bha na bèin-gobhrach ùmpa; oir bha Odhrm agus fhir-san air a bhith ri tàmh anns an deas-thìr cho fada a-nis,

gum bu mhiosa faireachdainn fuachd nan craiceann na bha e roimhe. Ach b' aighearach iad uile a dh'aindeoin sin, is tìr an dùthchais cho faisg rin làimh, is cha do ghabh iad dragh ach mu luchd-dùthcha air muir, is chùm iad daonnan faire air eagal 's gun nochdadh iad. Oir dh'aithris na manaich dhaibh gun robh Lochlannaich Dhanmhairgeach a-nis na bu lìonmhoire timcheall air costa Shasainn, is Èirinn air a dùnadh dhaibh le cumhachd Rìgh Bhriain agus Sasainn air cliù a thogail mar an tìr as fhèarr ri creachadh na h-àite. Air sgàth an dragha ro bhith air an leantainn le luchd-dùthcha, chùm Odhrm an long fada bho thìr is iad a' seòladh tro Chaolas Shasainn. Bu mhath am fortan is cha do choinnich iad ri long sam bith eile; ràinig iad àird a' chuain agus mhothaich iad mar a shìor-fhàs a' mharcach-sìne na b' fhuair is sheòl iad gus am faca iad costa Ìutlainn. Rinn iad uile gàire le toileachas an uair sin, oir bu mhath an nì a bhith a' faicinn tìr a bhuin do Rìoghachd nan Danmhairgeach, agus thomh iad ri comharran-stiùiridh a chunnaic iad is iad a' seòladh a-null maille ri Krok bho chionn fhada cian an t-saoghail.

Chaidh iad timcheall air rubha Sgàgain agus chùm iad mu dheas agus ruig iad ; agus dh'fheumadh a-nis na tràillean a bhith ri iomram a-rithist, cho math is a b' urrainn dhaibh, fhad 's a ghairm an clag Seumas an t-iorram. Labhair iad an seo le fir ann an sgothan-iasgaich, ris an do choinnich iad, agus fhuair iad a-mach dè cho fada is a bha air fhàgail aca gus an ruigeadh iad Ìellinge, far an do shuidh Rìgh Arait; agus shnasaich iad na buill-airm aca is choimhead iad rin cuid aodaich, gus an rachadh aca air a bhith tighinn ron rìgh nam fir urramach.

Bu mhoch a' mhadainn nuair a dh'iomair iad suas ri Ìellinge agus a ràinig iad cala; chaidh aca air dùn an Rìgh fhaicinn, is e na laighe air tom rudeigin na b' fhaide air falbh bhon chladach le cuithe agus balla fiodha mu choinneamh. Laigh corra bhothan shìos aig a' chladach, agus thàinig daoine a-mach àsda a speugachd Odhrm agus fhir-san, is coltas nan coigreach orra. Fhuair iad a-nis an clag gu tìr, leis a' chlàr agus na cabair a bha iad air cleachdadh is iad ann an Aistiùirias; chruinnich a-nis cuid de dhaoine feòrachail às na bothain a b' fhaisge gus coimhead air a leithid de dh'annas agus gus iarraidh orra cò às an tàinig na coigrich a bha seo; agus bu neònach e do dh'Odhrm agus dha fhir an cànan fhèin a chluinntinn air a labhairt le gach aon, is iad a-nis air a bhith cho fada am measg choigreach. Dhì-cheanglaich iad na tràillean agus chuir iad ron chlag iad, gus a tharraing suas dhan rìgh.

Chluinnt e a-nis sgreamhail agus othail a-nuas à talla an rìgh, agus chunnaic iad fear reamhar ann an culaidh fhada a' tighinn gan ionnsaigh na dheann-ruith sìos an tuim. Bha e maol agus bha crois airgid aige air a bhroilleach is uabhas air aodann; thàinig e le anail na uchd dha na bothain agus bhreab e a-mach a làmhan.

-Dealan! Dealan! dh'èigh e. Nach eil duine maoth ann aig a bheil dealan-fala? Feumaidh mi dealan-fala fhaighinn gu geàrr; slàn agus làidir!

Chualas gur coigreach e, ach ruith a theanga gu gleusta air a' chànan Dhanmhairgeach, ged a bha e a' plosgairtich.

-Thàinig tinneas air ar cuid dhealan shuas an sin, ars' e, gus nach miann leotha tuilleadh bìdidh. Agus cha chuidich ach dealan-fala nuair is goirt fhiacalan-san. An ainm an Athar, a' Mhic agus an Spioraid Naoimh, nach eil duine idir ann aig a bheil dealan-fala?

Cha robh dealan aig gin de mhuinntir nam bothan, agus rinn an sagart reamhar osna is coltas diombach air. Bha e a-nis air an cala far an do laigh long Odhrm a ruigsinn, agus chunnaic e a-nis an clag agus na fir a bha mu thimcheall. Rinn e spleuchd, agus chaidh e gan ionnsaigh.

-Dè tha seo? dh'èigh e. Clag, clag naomh! An e seo mo bhruadar? An e seo foill Shàtain air

neo fìor-chlag? Cìamar a ràinig e an t-àite seo, tìr an dorchadais is nan diabhal? Chan fhaca mi riamh nam bheatha clag a tha cho mòr ris, fiù 's ann an eaglais an easbaig fhèin ann am Bhòrmairis

-Is Seumas as ainm dha, air abstol, ars' Odhrm; agus tha sinn air a thoirt an seo à eaglais an abstoil ann an Astiùirias. Chuala sinn gun deach Rìgh Arailt na Chrìosdaidh, agus shaoil sinn gum b' urrainn do thiodhlac dha leithid a thoileachadh.

-Mìorbhail nam mìorbhail! dh'èigh an sagart is e ag ochanaich agus leig e a-mach a làmhan a dh'ionnsaigh nèimh. Tha aingealan Dè air ar treòrachadh ann an uair ar feuma agus ar dealan-fala tinn. Bheir seo leigheas nas fheàrr na dealan. Ach greasaibh oirbh, gu grad, gu grad! Is cunnartach an dàil, oir is olc am pian aige.

Tharraing na tràillean a-nis an clag a dh'ionnsaigh talla an rìgh, agus bhrosnaich an sagart dha na fìr gan cumail a' dol len uile-chomas. Labhair e an-còmhnaidh, mar gun robh e às a chiall, agus thiormaich e a shùilean is thog e aghaidh ri nèamh agus ghairm e ann an teanga nan sagart. Thuig Odhrm is na fìr eile gun robh an dèidheadh ann am fìaclan an Rìgh, ach cha rachadh idir aca air tuigsinn gu dè am feum a dhèanadh an clag aca anns a' chùis sin. Ach rinn an sagart tuilleadh othail àghmhor agus thug e orra fìr-theachdaire nan seachd nèamh agus gun rachadh gach nì a-nis mar bu chòir dhaibh.

-Cha mhòr na fìaclan a tha air fhàgail na bheul, moladh do Dhia, ars' e; ach nì iad sin a tha air fhàgail aige an aon uiread de thrioblaid agus a nì diabhlaidheachd gu lèir na dùthcha seo uile! Oir a dh'aindeoin aois-san, is minig a bhios pian annta, ach san dà dhaibh a tha gorm; agus nuair a thig an dèidheadh, is cunnartach ri tighinn dlùth e agus nì e griosad gun sgur. Uair, as t-samhradh, is droch phian aige ann an cùlaig, theab nach do rinn e martair de Bhràthair Willibald, oir is ann a bhuaill e Bràthair Willibald thar a chinn leis a' chrann-cheusaidh mhòr againn, a bha ann gus cuideachadh le lùghdachadh a' phian. Tha Bràthair Willibald clis a-rithist, moladh agus glòir dhan Tighearna, ach dh'fheumadh e laighe ann am pian agus breisleach gu fada. Thug sinn ar beathanan do Dhia, Bràthair Willibald is mi fhìn, nuair a lean sinn an t-Easbaig Poppo dhan tìr seo, tìr an dorchadais, leis an t-Soisgeul agus ar cuid leigheis; ach is coltach dhomh fhathast gur bochd an rud a bhith air do bhagart le bàs nam martair air shàilleabh corra sheann fhiacal. Agus fìacal a-mhàin chan fhaod sinn tarraing a-mach, tha e air sin a thoirmeasg dhuinn air pian a' bhàis; oir their e nach miann leis a bhith coltach ri seann rìgh nan Suaineach, a bhiodh, nuair a laigh an t-seann-aois air, a' deoghal bainne à còrn. Is ann ann an leithid de dhuilgheadas agus de dh'èiginn a thig sinn beò aig an rìgh seo gus rìoghachd Dhè a thoirt air adhart: Bràthair Willibald, agus is esan an lighiche as fheàrr a tha ann an sgìre-àrd-easbaig Bhremen gu lèir, agus mise, a tha an dà chuid nam chantor agus nam lighiche agus ris an canar Bràthair Mata.

Tharraing e anail, agus thiormaich e am fallas a bha na aodann agus dh'èigh e air na tràillean gun dèanadh iad greis. An dèidh sin, chùim e air:

-Is e as miosa dhuinne a tha nar lighichean san tìr seo nach eil taisean againn gus ar cuideachadh; chan eil fiù 's monar leithid aon de dh'fhiacal an Naoimh Làsaras againn, nach fàilig a-chaidh an aghaidh an dèididh agus a tha pailt gu leòr ann an iomadach àite sa Chrìosdaidheachd. Oir chan fhaigh sinne a thèid gu pàganaich taise sam bith maille rinn, los gum faodadh iad tighinn ann an làmhan pàganach agus a bhith air an salachadh. B' fheudar dhuinn a bhith an eiseimeil air ar cuid ùrnaighean, is air a' chrann-cheusaidh agus air leigheasan saoghalta, agus cha leòr sin air uairean. Mar sin, cha tèid aig duine sam bith air leigheadh le leigheasan mìorbhaileach an seo am measg nan Danmhairgeach gus am bi taisean rim faotainn fiù 's san tìr seo, agus mar sin tha maill air fhathast. Oir dh'fhaodadh gu bheil triùir easbaig agus iomadach soisgeulaiche air a bhith gan

spadadh le muinntir na tìre seo, agus tha cnàmhan cuid de na martairean seo air an sàbhaladh gu tiodhlacadh Crìosdail, gus an ann againn a tha fios càit a bheil iad seo; ach dh'òrdaich an Eaglais Naomh nach faodar cnàmh sam bith à easbaig no martair a bhith air a thogail às an ùir air sgàth leigheis gus an tèid sia bliadhnaichean deug thar an fhichead seachad on a shiubhail iad; agus thuige sin, is bochd an suidheachadh do lighichean an seo.

Ghnog e a cheann agus rinn e gruaman tùrsach dha fhèin; ach an dèidh sinn, shoillsich e a-rithist.

-Ach on a dh'òrdaich Dia a-nis gun tachradh a' mhòr-mhìorbhail seo, thig piseach do Bhràthair Willibald is dhomh fhìn. Is fìor nach faca mi a-riamh ann an sgrìobhainnean nan eòlach clag an naoimh Seumas air ainmeachadh gu sònraichte air sgàth buaidh air an dèidheadh; ach feumar gur ann na chlag fhèin, air fhaotainn gu gearr bho uaigh naomh an Abstoil fhèin, a gheibhear cumhachd nach beag an aghaidh gach gort, fiù 's pian nam fiacal. Agus air sgàth sin, gu deimhinne is tu, a chinn-fheadhna, teachdaire Dhè dhomh fhìn is do Bhràthair Willibald agus gu saothair Chrìosdail gu lèir san tìr seo.

-A mhaighistir ro-ghlic, ars Odhrm, ciamar a bheir thu buaidh air an dèidheadh le clag? B' iomadh tìr chèn, fada cian, san robh mi fhìn is m' fhir-sa agus b' iomadh nì coimheach a chunnaic sinn, ach is coltach dhomh gur seo an nì as coimhiche dhiubh uile.

-Tha dà dhòigh as aithne dhuinne a tha eòlach, fhreagair Bràthair Mata, agus is math an dà. Ach is e mo bheachd-sa – agus is cinnteach gun aontaich Bràthair Willibald leam sa chùis seo – gur e an seann-mholadh aig an Naomh Griogair as fheàrr. Agus chan fhada gus am faigh thu air fhaicinn.

Bha iad a-nis air am balla agus an cuithe a ruigsinn, agus dh'fhosgladh an geata-aghaidh mòr dhaibh le seann dorsair, agus fear eile a' sèideadh adhairc mar shamhla gus innse gur coigrich iad a thàinig a-steach. Sheas Bràthair Mata a-nis air thoiseach na buidhne agus thòisich e le guth àrd air òran naomh: *Vexilia regis prodeunt*; agus choisich na dhèidh Odhrm agus Torchair, agus an dèidh sin thàinig na tràillea leis a' chlag, air an stiùireadh leis na fir eile.

Bha am broinn a' chuithe iomadach taigh, a bhuineadh uile do chuideachd an rìgh. Oir thàinig Rìgh Arailt beò ann an cumhachd agus saibhreas a bha na bu mhotha buileach na thàinig athraichean; bha e air barrachd a chur ri talla-chuirm mòr Rìgh Ghuidhrm agus a dhèanamh na bu spaideile, agus dha àrmainn is shearbantan, bha e air togalaichean mòra a thogail. Bha na taighean-stàile agus taighean-còcaireachd aige air am moladh ann an dàin nam filidh is iad air an ùr-thogail, agus shaoil fir thuigseach gun robh iad na bu mhotha na an fheadhainn aig an Rìgh ann an Spaoilidh. Threòraich Bràthair Mata an ceumannan a dh'ionnsaigh an taighe sin a bha na thaigh-cadail dhan rìgh fhèin, far an do thàmh Rìgh Arailt mar a bu trice a-nis is e air aois a ruigsinn maille ri chuid mhnathan agus cistichean saidhbhir.

Bu taigh air a thogail gu h-àrd e, le àite gu leòr; ach mar bu trice cha robh daoine cho pailt ann agus a b' àbhaist. Los gum bu mhinig a chùim an t-Easbaig Poppo a-mach dha Rìgh Arailt gum b' èiginn dha iompachadh a-chum na beatha Crìosdail, bha an rìgh a-nis air cuidhteas fhaighinn den mhòr-chuid de chuid mhnathan, agus e a-mhàin air cuid den fheadhainn a b' òige a chumail; bha an fheadhainn a bu shine a bha air clann a thoirt dha a-nis a' fuireach ann an taighean eile. Ach bu bheòthail a' mhadainn seo air feadh an taighe, agus iomadh aon nan ruith mu thimcheall ann an iomagain is eagal, an dà chuid fir agus mnathan. Sguir mòran a ruith is iad ag amharc air an

fheadhainn a bha a' teachd is a' cur na ceist' orra fhèin gu dè a dh'fhaodadh a bhith an seo; ach chuir Bràthair Mata crìoch air an òran agus rinn e deann-ruith gu dealasach seachad orra uile agus a-steach gu seòmar an rìgh, agus lean Odhrm is Torchair air.

-A Bhràthair Willibald, a Bhràthair Willibald, dh'èigh e, tha fhathast ìocshlàint ann an Gilead! A thighearna rìgh, bithibh toilichte is molaibh Dia, oir tha mìorbhail air tachairt air ur sgàth-se, agus chan fhad' gus am fuadaichear an dèideadh. Is mi a tha coltach ri Saul, mac Chis; do bhrìgh is gun deach mi a shireadh dheal-fala is lorg mi nì bha naomh.

Agus fhad 's a fhuair fir Odhrm le mòr-thrioblaid an clag a-steach dhan t-seòmar, thòisich Bràthair Mata a bhith ag innse na thachair uile.

Chuir Odhrm agus a chuideachd fàilte air Rìgh Arailt le mòr-umhlachd, agus sheall iad ris le iongantais; oir b' iomadh sgeul a chuala iad aairsan cho fhad agus bu bheò iad, agus bu neònach dhaibh e, is iad a-nis ga fhaicinn fo phian is ann an staid thruagh.

Bha an leabaidh aige na seasamh ri taobh a' bhalla ghoirid, air an taobh eile bhon doras. Bha i air a togail gu seasmhach agus àrd agus làn bian; bha a farsaingeachd mar sin gum faodadh trìuir no ceathrar laighe taobh a chèile na broinn gun a bhith ro dhlùth. Bha Rìgh Arailt na shuidhe air a taobh, le iomadach cluasag is cuisean mun cuairt air; bha air a cheann bonaid bhuidhe, air a fighe, agus b' ann uime a bha bian fada na bèiste duibhe. Bha air an làr mu chasan dithis ainnir nan crùban, le goileadair eadarra is cas seach cas nan uchd, is iad gan suathachadh gus an cumail blàth.

Chitheadh duine sam bith gur rìgh mòr e far an robh e na shuidhe, ged nach robh greadhnas rìoghail aige agus ged a bha iomagain na shùil. Rinn e dùr-choimhead gu tùrsach le sùilean mòra cruinn air na daoine a bha anns an t-seòmar agus air a' chlag agus e air a ghiùlan a-steach, is coltas air gur coma leis-san gach nì a chunnaic e, agus ghlac e anail gu grad, beag, mar gun robh anail na uchd; oir bha am pian a-nis air ciùineadh bho chionn greis, agus shuidh e is e feitheamh gus an tilleadh e a-rithist. Bha e mòr agus treun, leathann na chom agus reamhar na bhrù; bu mhòr agus dearg an t-aodann, le craiceann rèidh gun phreasan. Bu liath fhalt-san, ach bu bhàn-liath an fheusag, is i na laighe air a chaom gu leathann, trom: agus air a beulaibh anns a' mheadhan, ann an stiall thana sìos bhon bhile ìochdair, bha i fhathast bàn, às aonais liathaidh. Bu fhliuch i mu thimcheall a bheòil, leis a h-uile nì a bha e air a ghabhail an aghaidh an dèididh, gus an robh an dà chùlag ghorm, a bu chliùiteach cha b' ann a-mhàin airson an datha ach cuideachd airson am faide, a' deàlradh na bu shoilleire na b' àbhaist, mar thosgan seann-tuirc. Bu bholgach is làn fala a shùilean; agus bu choltach gun robh cumhachd agus cunnart a' fantainn annta, mar a bha cuideachd na bhathais leathann is na mhalaichean mòra liath.

B' e sin mar bu choltach Rìgh Arailt Gorm-fhiaclach, nuair a chunnaic Odhrm agus fhir son a' chiad uair e; agus thuirt Torchair an dèidh làimh gur e a bheachd-san, gum bu ghann a bhiodh seann-rìgh eile a bha a' fulang leis an dèideadh a' cheart cho rìoghail ris-san na dhòigh.

Cha robh an t-Easbaig Poppo ri lorg anns an t-seòmar, oir bha e air faire a chumail fad na h-oidhche aig an rìgh agus b' iomadh ùrnaigh a dh'àrdaich e chun nan nèamhan air a sgàth, is bu tric a chuala e griosad is faclan bagartach nuair a bu dona am pian, gus am feumadh e mu dheireadh dol a lorg fois is sìth. Ach bha Bràthair Willibald, a bha air a chasan fad na h-oidhche a' feuchainn leigheasan eadar-dhealaichte maille ri Bràthair Mata, fhathast gluaiseach agus b' àrd a shunnd. B' fhear beag seargte e, uile-gu-lèir maol agus le bilean tana dùinte; thar mullach a chinn bha làrach

dhearg. Ghnog e a cheann gu h-èasgaidh is e ag èisteachd ri sgeulachd Bhràthair Mhata agus dh'àrdaich e a làmhnan chun nan speur is an clag air a thoirt a-steach.

-Gu dearbha is mìorbhail e seo, thuirt e le guth geur agus deònach. Mar a thàinig fithich Fhlathanais le biadh dhan fhàidh aonaranach Eliah is e anns an fhàsach, thàinig an siubhlaiche seo gar cuideachadh le cumhachd naomh. Cha b' urrainn dhuinn ach an dèideadh a chiùineadh son ùine nach mòr tro leigheasan saoghalta; oir cho luath agus a dh'fhosglas ar tighearna an rìgh a bheul ann am mì-fhoighdinn, tillidh a' phian: b' ann mar sin a bha e tron oidhche gu lèir. Ach a-nis, is cinnteach an slànachadh. Bu chòir dhutsa a-nis, a Bhràthair Mhata, an clag a ghlanadh leis an uisge choisrigte; agus le sin is coltach dhomh gur e as fheàrr dhut fhaighinn na laighe air a thaobh agus gun nìgh thu air an taobh a-staigh, los nach fhaic mi sgath den duslach a tha a dhith oirnn air an taobh a-muigh. Fhad 's a nì thusa sin, measgaichidh mise an còrr.

Chaidh an clag a-nis a leigeadh dha thaobh, agus nìgh Bràthair Mata le clùd a bhog e ann an uisge coisrigte agus dh'fhàisg e an dèidh an nìghidh ann am bobhla e. Bu phailt an seann-duslach anns a' chlag, gus an do dhubhaich an t-uisge, agus bu mhòr a thoilich an nì seo Bràthair Mata. Aig a' cheart àm, thòisich Bràthair Willibald ri rannsachadh am measg an stuth-leigheis aige, a chùim e ann an ciste mhòr leathair, fhad 's a labhair e le dòigh an fhir-theagaisg ri gach mac-màthar anns an t-seòmar leis am bu mhiann èisteachd.

-Is fheàrr ann an cùisean mar seo an seann-mholadh aig an Naomh Griogair, agus is sìmplidh e agus às eugmhais rùin dhìomhair sam bith a thaobh an dèididh. Sùgh an dris, domlas na muice, fuil an tairbh agus mear-shalann, pìos de chàl nan each agus corra dheur de dh'ola dearc an aitinn; uile gu lèir air a mheasgachadh leis an aon uiread de dh'uisge choisrigte, anns an deach an taise naomh a ghlanadh. Ri chumail anns a' bheul tro trì sèist-sailm; air a dhèanamh às ùr trì tursan. Chan aithne do dh'ealain an lighiche nì air bith nas cinntiche an aghaidh an dèididh; cha thrèig e a-chaidh ma tha an taise làidir gu leòr. Ghabhadh na dotairean Apuilianach a bh' aig an t-seann-ìmpire Otto fuil an losgainn seach fuil an tairbh gu toilichte, ach thathar a-nis air an cuid bheachdan air a' chùis seo fhàgail; agus is math gun do thachair sin, oir is duilich e fuil an losgainn fhaighinn anns a' gheamhradh.

Thog e às a' chiste aige corra bhotal beaga meatailt agus tharraing e a-mach na fàsagan is dh'fheuch e am fàileadh; an dèidh sin chrath e a cheann agus dh'iomain e searbhanta dhan chidsin a lorg fuil tharbhach is domlas ùr.

-Oir cha dèan ach an cuid as fheàrr a' chùis ann an leithid a shuidheachadh, ars' e; agus ge brith cho làidir is a tha an taise, bu chòir fhathast a bhith mòr-chùramach leis na chuirear ris.

Bha treis mhath a-nis air dol seachad, agus bu choltach nach robh an aon uiread de dhragh air Rìgh Arailt mun dèideadh. Ghlac e Odhrm agus Torchair na shealladh agus shaoil iad gum bu neònach dha a bhith a' faicinn choigreach ann an èideadh-airm à tìr chèin; oir bha fhathast na còtannan dearga agus sgiathan snaidhte Almansuir orra, agus bha stèapan-sròine fada air na clogaidean aca, is chaidh iad fada sìos air gruaidh is amhaich. Shamhlaich e dhaibh tighinn na b' fhaighe air.

-Cò leis sibh?, thuirt e.

-Is leibhse sinn, a thighearna rìgh, fhreagair Odhrm. Ach thàinig sinn an seo à Andalusia. An siud, bu shearbhantan do dh'Almansur Chordòba, an tighearna cumhachdail siud, sinn, gus an tàinig fuil eadar sinn fhèin agus esan. B' e Krok à Lìasadar ar ceann-feadhna bho thùs, agus leis-san

shiubhail sinn le trì luing. Ach is marbh e, agus iomadh aon còmhla ris, agus is mise Odhrm, mac Tharstain, às a' Chnoc ann an Sgània, is mi nam cheann-feadhna dhan fheadhainn a mhair beò, agus thàinig sinn thugaibhse leis a' chlag seo. Shaoil sinn gum biodh e na thiodhlac math dhuibh, a thighearna rìgh, bhon a chuala sinn gun do dh'iompaicheadh/ gun deach ur n-iompachadh sibh nur Criosdaidh. Chan eòlach leam a chuid buaidh air an dèideadh, ach bu mhòr am feum a rinn e dhuinn air muir. Agus b' e a bu mhotha de na cluig aig uaigh an Naoimh Seumas, far an lorgadh iomadh iongantais; thàinig sinn an siud còmhla ri ar tighearna Almansur, agus shaoil esan gum b' àrd a luach.

Ghnog Rìgh Arailt a cheann gun fhacal aige ri ràdh; ach thionndaidh tè den dithis bhan òga a bha nan suidhe aig a chasan a ceann a choimhead an-àird air Odhrm is Torchair is thuirt i gu grad ann an Arabais:

-An ainm Allah, am Maoth, an Doicheall! Am fìr Almansuir sibh?

Sheall iad oirre an dithis, le mòr-iongantais air dhaibh an teanga seo a chluinntinn aig cùirt Rìgh Arailt. Bu chaomh ri faicinn i, le sùilean mòra donna a sheas gu leathann ann an aodann bàn; bu dubh a falt is e air a chrochadh ann an dà dhual bho lethcheann. Cha do dh'fhàs Torchair a-riamh ro-shiùbhlaich na bheul is e a' bruidhinn Arabais; ach b' fhada a-nis bhon a labhair e le boireannach, agus cha b' fhada gus an do chuir e crìoch air a fhreagairt.

-Feumaidh gur ann à Astùiria thu. Chunnaic mi an siud boireannaich a bha coltach riut, ged is gann a bha iad a cheart cho bòidheach.

Rinn i gàire luath air le fiaclan geala, ach thàinig an uair sin coltas a' bhròin oirre a-rithist.

-Chì thusa, a choigrich a labhras mo chànan, na cheannaich mo bhòidhchead dhomh, thuirt i le guth socair. Seo mise, bana-Andalusianach à sliochd fhìor-ghlan Cheilbiteach, nam shuidhe mar bhana-thràill am measg Phàganach an uile-dorchadais, gu nàireach gun bhrèid, is mi a' suathadh sheann-òrdagan groda a' Ghorm-fhiaclaich a tha seo. Chan eil anns an tìr seo ach dorchadas is fuachd, agus bèin is mialan, is biadh a chuireadh coin Shèbhilla a-mach. Seadh, gu fìrinneach, gheibh mi fasgadh aig Allah bho na cheannaich mo bhòidhchead dhomh.

-Is coltach dhomh gu bheil thu fada ro mhath airson na h-obrach a th' agad an-dràsta, arsa Torchair gu coibhneil; bu chòir gum b' urrainn dhutsa fear a lorg aig a bheil barrachd na òrdagan ri thabhann.

Rinn i a-rithist gàire bheag air, anns an robh coltas na grèine, ged a fhuair i an dèidh grèis bheag deòir na sùilean; ach rinn Rìgh Arailt a-nis gluasad agus thuirt e is fearg air

-Cò thusa, a sheasas ri cabadaich rim chuid mhnathan ann an cainnt an fhithich?

-Is Torchair mi, mac Ghiolla Liath, à Lìasadar, fhreagair e, is chan eil agamsa ach claidheamh agus beul. Agus cha bu chiall dham chainnt le ur boireannach dì-meas air bith dhuibhse, a thighearna rìgh. Dh'fhaighnich i dhiom mun chlag, agus fhreagair mi i; agus thuirt i gun saoilleadh i gum biodh e na thiodhlac dhuibh a cheart cho math rithe fhèin, agus a cheart cho feumail.

Dh'fhosgail Rìgh Arailt a bheul a-rithist gus Torchair a fhreagairt; ach thàinig anns a' bhad sgàil na aodann, is dh'èigh e agus thilg e air ais e fhèin am measg nan cluasag, gus an do thuit an dithis boireannach òg a bha aig a chasan ri taobh a chèile, oir ghlac a' phian fhiacal math a-rithist.

Thill mì-shuaimhneas dhan t-seòmar, agus thionndaich an fheadhainn a b' fhaighe le eagall ro chuid fòirneirt. Ach bha Bràthair Willibald a-nis deiseil le chungaidh agus chaidh e ga ionnsaigh gu tapaidh, le coltas deònach agus faclan brosnachail.

-Nise, a thighearna rìgh! Nise, a thighearna rìgh! thuirt e gu treun is e a' cur comharra na Croise, an toiseach air an rìgh agus na dhèidh air a' bhobhla anns an robh an chungaidh a bh' aige ann an aon làimh. Ghabh e an uair sin ri spàin-adhairc bhig is chùim e air ann an guth sònraichte

Lasadh nan gaoirean
Am fiacail bha fallain
Air a bhàthadh le cùram
Is tobar nam feart ann
Chithear gu h-àithghearr
Am pian air falbhan

Rinn an rìgh dùr-choimhead air agus air a bhobhla agus rinn e srann le feirg, agus agus dh'èigh e ann an guth cumhachdach:

-A-mach leat, a shagairt! A-mach led chuid filidheachd is do chungaidh! Hallbjörn nan steud, Arnkel, Grim! Togaibh suas tuagh agus spadaibh am mial de shagart a tha seo!

Ach bu choma le chuideachd a ghlaodh, bhon a bu tric a chuala iad a leithid aige; agus cha do ghabh Bràthair Willibald uabhas, ach chùim e air le guth àrd:

-Bithibh foighidneach, a thighearna rìgh, agus suidhibh suas is gabhaibh seo nur beul. Gheibhear ann fìor-chumhachd nan Naomh agus gach feart a bhuineas dhi. Chan eil ann ach trì spàinnean, agus chan fheum sibh a shlugadh. Seinn, a Bhràthair Mhata!

Thòisich Bràthair Mata, a bha ga chumail fhèin air cùlaibh Bràthair Willibald leis a' chrann-cheusaidh na làimh, a-nis air òran naomh:

*Solve vincla reis
Profer lumen caecis
mala nostra pelle
Bona cuncta posce*

Bu choltach dhaibh gun robh an rìgh air a bhacadh leis an òran seo, oir dheònaich e a-nis e fhèin a bhith air a thogail gu foighidneach. Stop Bràthair Willibald spàinn a-steach na bheul gu clis agus thòisich e fhèin anns a' bhad a bhith a' seinn maille ri Bràthair Mata, fhad 's a bha gach aon a bha anns an t-seòmar ga sgrùdadh le mòr-dhùil. Ghormaich an rìgh na aodann air cumhachd a' chungaidh, ach chùim e a bheul dùinte gu dìlseach; agus chuir e a-mach gu macanta na fhuair e a-steach às dèidh do thrì rannan a bhith air an seinn, agus chuir Bràthair Willibald, is e fhathast a' seinn, a-steach balgam eile.

Dh'aontaich gach aon a bha ga amharc an dèidh làimh nach b' ann ach greiseag bheag an dèidh dhan rìgh an dàrna spàin fhaighinn na bheul, fiù 's mus deach rann slàn a ghabhail na dhèidh, a dhùin e a shùilean gu h-obann agus a dh'fhàs e rag. An dèidh sinn dh'fhosgail e a shùilean a-rithist, agus thilg e a-mach na bha aige na bheul; rinn e osna trom agus dh'èigh e a-mach, ag iarraidh leanna. Sguir Bràthair Willibald le òran agus chaidh e a dh'ionnsaigh an rìgh, a dh'fhaighneachd:

-A bheil e nas fheàrr, a thighearna? An do leig am pian?

-Leig gu dearbh, ars an rìgh agus rinn e smugaid. Bu shearbh do chungaidh, ach chuidich e.

Dh'àrdaich Bràthair Willibald a làmhnan le àgh mhòr.

-Hosanah! dh'èigh e. Tha i crìochnaichte! Bha Naomh Seumas Hispania maille rinn! Molaibh Dia, a thighearna rìgh, oir tha a-nis romhainn làithean sona. Cha dhubhraich an dèideadh tuilleadh ur n-anam, is chan adhbharaich e acainn ann an clèibh ur searbhantan.

Ghnog Rìgh Arailt a cheann agus chuir e dhan taobh feusag a bhilean. Ghreimich e le dhà dhòrn còrn tomadach, a bha searbhant-cùirte air toirt dha, agus thog e ri bheul e. Shaoil iad an toiseach gun robh e cùramach ga shlugadh, le iomagain gun tilleadh an dèideadh as ùir, ach na dhèidh dh'òl e le sunnd gus an robh an còrn falamh. Dheònaich e a lionadh às ùr anns a' bhad agus chuir e gu Odhrm e.

-Fàilt' ort! thuirt e. Agus taing son do chuid taice.

Ghabh Odhrm an còrn is dh'òl e. B' e siud an leann a b' fheàrr blas a fhuair e riamh, làidir agus susbainteach, deoch dha leithid aig an robh airgead a bha pailt gu leòr aig rìghrean, agus dh'òl e le mòr-shannt. Sheall Thorchair air is e ag osnaich; thuirt e mu dheireadh:

Is searbh teanga is amhaich
An aoidh thàinig fada: a rìgh
A' ghliocais is nam feart, deònaich
Còrn a thoirt do Thorchair

-Mas bàrd thu, òlaidh tu, arsa Rìgh Arailt, ach nì thu bàrdachd ris an deoch.

Chaidh an còrn a lionadh a-rithist do Thorchair, agus chuir e ri bheul e is dh'òl e, le cheann a' sìor-chromadh na b' fhaide air ais; agus b' e beachd gach aon ann an seòmar an rìgh gum bu ghann a chaidh còrn a chrìochnachadh cho luath ris an fhear seo. Smaoinich e a-nis airson greis, fhad 's a thiormaich e cop leanna a-mach à fheusag, agus thuirt e an uair sin, le guth rudeigin na bu làidire na roimhe:

Bu mhòr an tìm às eugmhais leann
Ri siubhal is strì às eugmhais leann:
Fàilte ort, mhic uasail Ghuidhrm, gu fial
Nach leig leam seasamh às eugmhais leann

Shaoil fir an t-seòmair gum bu mhath a chuid rannaigheachd, agus thuirt Rìgh Arailt:

-Is gann na bàird anns an là a th' againn, agus is iad as gainne an fheadhainn a nì bàrdachd às aonais cnuasachaidh fhada. Is iomadh aon a tha air tighinn thugamsa le duain is le òrain-mholaidh, agus is truagh leam an coimhead is iad nan suidhe fad a' gheamhraidh len sròinean am broinn an leanna, is iad gun mòran feum an dèidh dhaibh na bha aca còmhla riutha de dh'fhilidheachd aithris. Is fheàrr leam iad sin dhan tig a' bhàrdachd gu furasta, gus am bi iad nan tlachd làitheil anns an talla; agus b' fheudar gur tusa, Torchair à Liasadar, as luaithe rithe a chuala mise bho chuir Einàr Meidh-thorm agus Vigfus Mac Viga-Glum cèilidh orm. Bidh an dithis dhiubh còmhla rium thairis air an Nollaig, agus ur cuideachd cho math ribhse; agus gheibh sibh leann den t-seòrsa as fheàrr, oir is e sin cho àrd is a mheasar luach ur tiodhlaic leam.

An dèidh sin, mhèaranaich Rìgh Arailt gu mòr, oir bu sgìth e an dèidh na h-oidhche duilich a bh' aige. Chuir e am bian uime fhèin agus chaidh e suas na bu chomhfhurtaile anns an leabaidh agus laigh e sìos ri tàmh, leis an dithis òg-bhan ra thaobh; chaidh an còmhdachadh a sgaoileadh air, agus rinn Bràthair Mata agus Bràthair Willibald comharra na Croise air agus rinn iad ùrnaigh gu h-ìosal. An dèidh sin, chaidh gach aon a-mach às an t-seòmair; agus sheas Hallbjörn nan Steud ann am meadhan na cùirte le claidheamh na làimh agus dh'èigh e trì tursan le guth àrd:

-Tha rìgh nan Danmhairgeach na shuain! a-chùm nach cuireadh othail air bith dragh air tàmh Rìgh Arailt.

AN NAOIDHEAMH CAIBIDEIL

Mar a chaidh Nollaig òl le Rìgh Arailt Gorm-fhiaclach

B' iomadh morair a thàinig a dh'Ìellinge à mòran cheàrnaidhean an t-saoghail gus an Nollaig a chumail le Rìgh Arailt, agus dh'fhàs e trang an dà chuid anns na seòmraichean-cadail agus aig na bùird. Ach cha do rinn Odhrm is a chuid fhear gearain air an dùmhlachd, oir fhuair iad a-nis deagh phrìs air an cuid thràilleaichean agus chaidh aca air an reic uile mus tàinig an là fhèill mhòr. Air dha Odhrm an t-airgead-reice a sgaoileadh, shaoil a chuideachd gum bu bheartach agus shunndach iad; agus b' e am miann a-nis faighinn air ais a Liasadar gus sealltainn na bhuannaich iad agus gus faighinn a-mach an d' fhuair an dà long aig Berse dhachaigh idir, air neo an iad fhèin na h-aona daoine a bha air fhàgail bhon turas aig Krok. Ach bu deònach iad fantainn ann an Ìellinge thar na fèille; oir bu mhòr an onair, a thug seachad àrdachadh cliù nach bu bheag, a bhith ag òl na Nollaige còmhla ri rìgh nan Danmhairgeach.

B' e a b' uaisle am measg nan aoigh mac Rìgh Arailt, an rìgh Suain Dà-fheusgach, a thàinig suas à Hedeby le cuideachd mhòir. Bu dìomhain e, mar a bha clann an rìgh uile; agus is beag an comann a bha ann eadar e fhèin agus athair, gus am b' fhèarr leis an dithis a bhith a' seachnadh a chèile. Ach bu chleachd dha rìgh Suain an-còmhnaidh a bhith a' tighinn a dh'Ìellinge aig an Nollaig, agus bha fios aig gach mac màthar carson a thigeadh. Oir b' ann aig an Nollaig, nuair a bu lìonmhoire agus a bu làidire am biadh is an deoch, a thigeadh am bàs gu luath air bodaich is iad aig a' bheing-òlaidh air neo anns an leabaidh; b' e sin mar a thachair le seann-rìgh Godhrm, a laigh gu balbh fad dà là an dèidh dha ro-mhòrachd de fheòil-mhuice na Nollaige a ghabhail, agus a shiubhail an uair sin; agus bu mhath le Suain a bhith far a bheil na cisteachan-duais nuair a chaochladh athair-san. Bu lìonmhor Nollaig a-nis dhan tàinig e gun fheum, agus bha e a' sìor-fhàs na bu mhi-fhoighdiniche le gach bliadhna a chaidh seachad. Bu tèarmuinn chliùiteach a chuid fhear, smearail agus misneachail, agus bu duilich dhaibh sìth a chumail eadorra fhèin agus cuideachd Rìgh Arailt; agus leis a sin bha e na bu mhiosa na bha e roimhe, bhon a dh'iompaich Rìgh Arailt na Chrìosdaidh agus mòran de dh'fhir maille ris-san. Oir chum rìgh Suain ris an t-seann-chreideamh, agus rinn e gàire le feirg air iompachadh athar; thuirt e gum biodh na Danmhairgich air leithid de nàire a sheachnadh nam biodh am bodach air a bhith ciallach gu leòr gus bàsachadh ann an ùine.

Ach cha tuirt e seo gu h-àrd fhad 's a bha e ann an Ìellinge, oir b' fhurasta do Rìgh Arailt a bhith air bhoile agus bu chunnartach do chàch e aig na h-amannan sin. Bu bheag na bh' aca ri ràdh

ri chèile an dèidh an fhàilteachaidh, agus bho na h-àrd-chathraichean aca, cha do chuir iad slàinte dha chèile na bu trice na dh'fheumte.

Thàinig stoirm-sneachda air an là ron Nollaig; an uair sin chiùinich i agus dh'fhàs i fuar; air madainn na Nollaige, fhad 's a bha na sagartan a' seinn Aifreann na Nollaige agus a bha talla an rìgh air a còmhdachadh le ceò math às na h-uallachaidhean ann an taigh na còcaireachd, thàinig long mhòr bho dheas agus chùm e air na calaidhean le siùil air an reubadh le stoirmean agus ràimh dheigheach. Bha Rìgh Arailt na shuidhe anns an aifreann agus chaidh a dhùsgadh leis an naidheachd; ghabh e iongnadh cò na h-aighean a dh'fhaodadh a bhith anna seo, agus chaidh e an àird air a' bhalla a dh'fhaicinn na luinge. B' àrd cuairtean na luinge; agus bha ceann dràgoin dearg a' gheamainn suas gu h-àrd air amhaich chrom is deigh eadar a ghiallan mar thoradh air an t-sìde chruaidh. Chunnacas fir le còmhdachadh deighe air an cuid aodaich a' tighinn gu tìr, agus bha nam measg ceann-feadhna àrd is cleòca dearg uime, agus fear eile le cleòca gorm; bha am fear dearg a' cheart cho àrd ris an fhear eile. Dh'amhairc Rìgh Arailt air seo uile, cho math agus a b' urrainn dha aig astar fhada, agus thuirt e:

-Is coltach dhomh gur e long nan Iòms-lochlannach a tha seo, air neo fear à taobh nan Suaineach; agus is e muinntir àrdanach a tha air bòrd, oir thig iad a-steach gu rìgh nan Danmhairgeach ann an long a-mhàin às aonais sgiath na sìthe. Chan aithne dhomhsa ach triùir a dhèanadh a leithid: Torstan Sköglul agus Vagn Mac Åke agus Styrbjörn. Agus chithear air an long nach do lorg iad fasgadh às an stoirm, agus chan aithne dhomh ach aonar nach gèill ro shìde leithid na bh' againne a-raoir. Mar sin, is e mo chreideas-sa gur e seo Styrbjörn, mo leas-mhac fhìn, nach fhaca mise ann an ceithir bliadhna; agus dh'fhaodadh dha sin freagairt air a' chleòca ghorm; oir bidh cleòca gorm uime gus an coisinn e duais athar à rìgh Èirig. Cò e am fear eile, as coltach a bhith a' cheart cho àrd ris-san, chan urrainn dhomh innse le cinnt; ach tha mic Arailt Àrd-chlogaidich nas àirde na càch, an triùir aca uile, agus iad nan caraidean bho shean do Styrbjörn. Feumaidh nach e Sigmhal Iarla a th' ann, oir cha mhath leis fèilltean Nollaige tuilleadh, an dèidh a' mhì-chliù a fhuair e agus e ag iomram air ais air Là Cath Hjörungavåg: agus tha Hemming a bhràthair na shuidhe ann an Sasainn. Ach is e an treas fear Torcal Àrd, agus dh'fhaodte gur e seo esan.

B' ann mar sin a labhair Rìgh Arailt, is bu mhòr ann an gliocas e; agus nuair a thàinig na coigrich na b' fhaisge air talla an rìgh agus nuair a dh'fhàs e soilleir gun do labhair gu firinneach e, dh'fhàs e na bu shunndaiche na bha e bhon a nochd rìgh Suain. Chuir e fàilte ro Styrbjörn agus ro Thorcal, agus dhèonaich e anns a' bhad gun cuirte teine ann am bothan an uisge agus gun toirte leann blàth thuca uile.

-Dh'fhaodte gum biodh e gu feum an dèidh leithid a thuras, ars' e, fiù 's do thèarmainn a b' àirde cliù; agus is fìor an seachas a bh' ann:

Leann blàth dha fir na fuachd
Leann blàth dha seat an sgìths
Oir is leann blàth caraid ar cuirp
Is maide-taic' ar n-iomadh miann

Bha cuid de dh'fhir Styrbjörn ann an staid cho truagh mar thoradh air an turas gun robh iad air chrith is iad nan seasamh, ach nuair a chaidh stopannan leanna bhlàith a thabhairt dhaibh dh'fhàs an làmhan rèidh air anns a' bhad, gus nach do chailleadh deòir air bith.

-Agus an dèidh dhuibh a bhith ann am bothan an uisge gus ur blàthachadh fhèin, tòisichidh fèill na Nollaige fhèin, arsa Rìgh Arailt; agus dhan nì sin tha barrachd miann agam a-nis na bhiodh agam mura robh ann ach mo mhac ri choimhead thar a' bhùird.

-A bheil an Dà-fheusagach agad an seo? thuirt Styrbjörn is e ag amharc mun cuairt. Leis-san, bu mhath leam bruidhinn.

-Is e a dhòchas-san m' fhaicinn is mi a' fulang bàs an leanna, thuirt Rìgh Arailt; mar sin, tha e an seo. Ach is e mo chreideas-sa, ma gheibh mi bàs aig fèill na Nollaige, gur e aodann suarach-san as motha as coireach. Gheibh thusa bruidhinn ris nuair a thig an t-àm; ach is miann leam aon rud a-mhàin a chluinntinn – a bheil fuil ann eadar thu fhèin is e fhèin?

-Chan eil fuil ann, arsa Styrbjörn, ach dh'fhaodte gum bi. Gheall e dhomh taic le luing agus fir an aghaidh mo charaid ann an Spaoilidh, agus cha tàinig an t-aon dhiubh sin.

-Tha e mar sin leam a-nis, thuirt Rìgh Arailt, nach faodar còmhstri air bith a thogail anns an ùine naoimh seo; agus is e mo mhiann gun cluinn thu sin anns a' bhad, ged a dh'fhaodadh sìth dha leithid a bhith duilich dhut. Oir cumaidh mi a-nis ri Crìosd, a bha na thaic dhomh le iomadh nì; agus chan fhaighnich Crìosd trod air bith air là na Nollaige, do bhrìgh gur e sin là a bhrèith fhèin, agus chan fhaighnich e e air na làithean naomh' a leanas nas motha.

-Is fear gun talamh no tìr mi, arsa Styrbjörn, agus is ainneamh as urrainn dhomhsa sìth a chumail; oir tha e mar sin leam, gur fheàrr leam gur mi am fìtheach seach am fear a dh'itheas am fìtheach. Ach nuair is aoigh agadsa mi, saoilidh mi gun urrainn dhomh an t-sìth a chumail a' cheart cho math ri duine air bith eile, ge brith cò na diathan a tha air cùlaibh na fèille; oir tha thu air a bhith na do dheagh leas-athair dhomh, agus leatsa cha do throd mi riamh. Ach is fìor an sgeul gu bheil a-nis agam ri innse dhut gur marbh i do nighean Tyra; agus b' fheàrr leam nan robh naidheachd na b' fheàrr agam.

-Is naidheachd thruagh i seo, thuirt Rìgh Arailt. Ciamar a bhàsaich i?

-Dh'fhàs i mì-shunndach nuair a ghabh mi ri leannan Bheindeach, arsa Styrbjörn, agus thàinig fearg oirre a bha cho dearg gun robh fuil na smugaid; agus an dèidh sin sheargaich i agus fhuair i bàs. Ach a thuilleadh air sin, bu bhean mhath i.

-Is fìor mar a chunnaic mise bho shean, arsa Rìgh Arailt, gur ann a gheibh daoine òga bàs nas fhasa na seann-daoine. Ach cha cheart dhuinn a-nis leigeil le seo ar n-inntinnean a thromachadh fada cus, agus sinne ag òl na Nollaige; agus tha fhathast barrachd nigheanan agam na tha fios agam dè nì mi leotha uile. Tha iad uile ro-mhoiteil agus cha mhiann leotha ach fìr fhìor-ualas le cliù àrd; agus chan fheum thusa suidhe gu fada nad bhantrach, ma tha tè dhiubh sin a' freagairt ort. Gheibh thu air am faicinn uile; agus dh'fhaodadh gur beag de shìth na Nollaige a gheibh iad air a sgàth seo.

-Cha bhainnse as motha a th' air m' inntinn an-dràsta, arsa Styrbjörn, ach is urrainn dhuinn bruidhinn air sin uair eile.

Chaidh coimhead gu dlùth air Styrbjörn à dorsan agus uinneagan, is e a' dol gu bothan an uisge còmhla ri chuid fhear; oir b' aoigh ainneamh e, agus an tèarmann a bu mhotha a chunnacas

ann an Lochlann bhon a chaochail mic Lodbrok fhèin. Bu bhàn fheusag, a bha air a gearradh gu goirid, agus bu liath a shùilean; agus rinn na daoine nach fhaca roimhe e guraman le iomagan am measg a chèile air dhaibh fhaicinn na fhear rag agus caol. Oir bha fios aca uile gun robh a lùths mar sin gum b' urrainn dha sgiannan a sgoltadh mar aran agus fir ann an aodach catha bho amhaich gu gobhal le chlàidheamh, ris an canadh Tàladh. Thuirt fir eòlach gun robh seann-fhortan Shliochd Spaoilidh ann-san, agus gur e sin a thug dha a lùths agus a shoirbheas na chuid dhànachd. Ach bu mhath am fios a bha aig gach aon cuideachd gun robh rudeigin de mhallachd agus de dhroch fhortan na sliochd sin bho shean air tighinn thuige cuideachd; air a shon sin, bha e na cheann-feadhna gun talamh; agus sin cuideachd a b' adhbhar a thigeadh sgìths agus mòr-dhòlas air aig amannan. Bu chleachd dha air na làithean sin e fhèin a ghlasadh na aonar agus e a' laighe là an dèidh là ri ochanaich is ri guraman, gun a bhith a' foighidinn neach air bith dlùth ris ach boireannach a chìreadh fhalt agus seann-chlàrsair a bheireadh dha leann agus a sheinneadh fhonn tùrsach. Ach cho luath agus a dh'fhàgadh an truas e, bu chabhagach dha tighinn air muir agus ann an creach, agus b' urrainn dha aig na h-amannan sin na fir a bu chruaidhe a bha aige a thoirt gu sgìths agus eagal le chuid dhanachd agus mì-fhortan ann an sìde.

B' iad na h-adhbharan a sheas uime fhèin eagal a bha na bu mhotha na bha mu chinn-feadhna eile, mar gun robh rudeigin de chumhachd agus de chunnart nan diathan fhèin a' còmhnaidh ann-san; agus shaoil feadhainn gun rachadh e air uair, agus làn-mhòrachd a neirt air tighinn, a sheòladh a-null a Mhìgleagar⁶ gus a dhèanamh na ìompaire an siud agus gus seòladh mun cuairt oir cruinn an t-saoghail le cabhlachdan ollmhòra.

Ach thuirt feadhainn eile gun rachadh aca air faicinn na shùilean gum faigheadh e bàs òg agus tùrsach.

Bha gach nì a-nis air a dhèanamh deiseil airson na Fèille ann an talla mhòr Rìgh Arailt, agus chaidh na fir uile a chur ri being an sin. Cha do shuidh boireannach air bith maille riutha ann am mòr-òlachan leithid seo; oir bu duilich gu leòr, shaoil Rìgh Arailt, sìth a chumail eadar fir is iad leotha fhèin; agus gum b' fhada na bu duilghe e, nan robh boireannaich ann dhan sealladh iad an cuid cruaidheachd is iad air an daoraich. An dèidh dhaibh uile na h-àiteachan aca fhaighinn, dh'èigh Hallbjörn nan Steud gun robh sìth Chrìosd agus Rìgh Arailt air an gairm anns an talla agus nach faodadh faobhar-iarainn air bith a chleachdadh ach gus biadh a ghearradh; bhiodh lotan-geàrraidh agus lotan-sàthaidh, agus lot air bith eile às an dòrtadh fuil a bheireadh fear air fear eile le stòp-leanna no cnàmh-fheòla, truinnsear-fiodha, lodar no dòrn, air a chunntadh mar mhurt slàn agus mar dhi-meas air Crìosd agus mar ghnìomh nach gabhadh a rèiteachadh le airgead-fala, agus rachadh clach a cheangladh ri amhaich a' chiontaich agus rachadh a bhàthadh ann an uisge dhomhain. Bha na buill-airm uile, a thuilleadh air na sgianan-bìdh, air am fàgail anns na for-dhorsan, agus cha robh na claidheamhan aca fhèin còmhla ri aon dhiubh ach na fir uasal, a bha nan suidhe aig bòrd an rìgh fhèin, oir shaoilte gun rachadh aca air grèim a chumail orra fhèin fiù 's agus an deoch orra.

Bha an talla air a thogail gus sia sia-ficheadan a chumail agus rùm fhathast air fhàgail, agus ann an teas-meadhain na talla bha bòrd an rìgh fhèin, far an robh an deichnear fhear air fhichead as àirde cliù nan suidhe. Bha na bùird aig a' chòrr nan suidhe air an taobh anns an talla a dh'ionnsaigh a dà chrìch. Bu sia na h-àrd-chathraichean mun cuairt bòrd Rìgh Arailt, trì dhiubh air gach taobh. Bha Styrbjörn na shuidhe air deas-làimh an rìgh, agus air a chli-làimh bha an t-Easbaig Poppo; fa

⁶ Ainm Lochlannach air prìomh-bhaile Bhyzantium, Constantinople.

chomhair bha aig deas-làimh rìgh Shuain Torcal Àrd agus air a chli-làimh bha seann-iarla ruadh agus maol às na h-Eileanan Beaga ris an cante Sibbe; nan dèidh shuidh an còrr a-rèir an cliù; aig a' bhòrd seo b' e Rìgh Arailt e fhèin a dhearbhaich an t-àite suidhe a bh' aig gach aon. Cha b' urrainnear Odhrm a mheasadh am measg nan ceann-feadhna mòra, ach fhuair e àite na b' fhèarr na bha dùil aige, agus Torchair maille ris, los gum bu mhòr an taingealachd a bh' aig an rìgh air a' chlag mhòr agus am meas a bh' aige air bàrdachd Thorchair. Bha Odhrm na shuidhe air an treas àite bhon easbaig, agus Torchair air a' cheathramh; oir bha Odhrm air innse do Rìgh Arailt nach bu deònach e a bhith air a sgaoileadh bho Thorchair, los gum b' urrainn dha fàs mì-chneasta leis an leann. Bha aca fan comhair aig taobh thall a' bhùird cinn-fheadhna à cuideachd rìgh Shuain.

Leugh an t-easbaig a-nis ùrnaigh, a dh'iarr Rìgh Arailt air a dhèanamh geàrr, agus an dèidh sin chaidh trì deochan-slàinte òl: deoch-slàinte glòir Chrìosd, deoch-slàinte fortan Rìgh Arailt, agus deoch-slàinte tilleadh na grèine. Dh'òl fiù 's na h-eu-Chrìosdaidhean slàinte Chrìosd, los gur i a' chiad slàinte agus gum bu mhòr an sannt air leann; ach rinn cuid aca comharra an ùird os cionn an stuip agus rinn iad cagar le ainm Thòir mus do dh'òl iad. Nuair a chaidh slàinte fortan Rìgh Arailt òl, thachd an leann rìgh Suain agus rinn e casadaich, gus an do dh'fhaighnich Styrbjörn air an robh am balgam sin ro làidir dha.

Chaidh muc-fheòil na Nollaige a-nis a thoirt a-steach; agus dh'fhàs tèarmainn agus cinn-fheadhna sàmhach is iad ga faicinn tighinn a-steach agus ghabh iad anail gu domhain agus rinn iad braoisg thoilichte; b' iomadh aon a dhì-cheanglaich an crios aige gus am biodh iad uile gu lèir deiseil anns a' chiad dol a-mach. Oir ged a bha feadhainn ann a chanadh mu Rìgh Arailt gun gabhadh, a-nis agus e ann am foghar a bheatha, rudeigin de mhaoiteachd a thaobh an airgid is an òir, cha deach a leithid a dh'innse mu dheidhinn a thaobh bìdh agus deocha, agus is iad an fheadhainn a dh'òl Nollaig aige as lugha a thuirt e.

B' iad ochd mucan-duirce thairis air an dà-fhichead, air an làmhadh gu pailt, a bu chleachd do Rìgh Arailt a mharbhadh; agus theireadh e gu minig, fiù 's ged nach dèanadh seo a' chùis airson na Nollaige air fad, bhiodh daonnan deagh bhlasad air fhàgail do gach aon, agus an dèidh sin b' fheudar dhut do thoil fhaighinn à caoirich agus tarbhan. Thàinig muinntir a' chidsin dà an dèidh dà, ann an sreath fada, le coirean mòra ceòthach eadarra; ghiùlain feadhainn eile truinnsearan fiodha le isbeanan-fala. Lean gillean a' chidsin orra sin le forcan fada; agus an dèidh dha na coirean a bhith air an cur ris a' bhòrd, stop iad na forcan a-steach dhan uisge agus thog iad pìosan mòra, a chaidh a chur ro na h-aoighean aon an dèidh aoin, gus nach gabhadh a ràdh gun robh taobhachd ann; agus fhuair gach aoigh deagh shlat de dh'isbean-fhala, air neo na bu mhotha na sin nam b' e sin miann dhuine-eigin. Laigh aran agus snèipean ròsta ann an truinnsearan-creadha air na bùird, agus aig ceann gach bùird bha soithichean leanna, gus an gabhadh stopannan agus cùirn an-còmhnaidh a chumail làn.

Nuair a ràinig a' mhuc-fheòil Odhrm agus Torchair, shuidh iad gun ghluasad sam bith, air an tionndadh a dh'ionnsaigh na coire, is iad a' dlùth-leantainn mar a thog an gille i, is rinn iad osna le àgh nuair a fhuair e deagh roghainn de dh'fhèoil an slinnein, agus chuir iad an cuimhne a chèile air cho fada air ais mu dheireadh a fhuair iad leithid de bhiadh, agus ghabh iad iongnadh air mar a dh'fhulaing iad cho fada tìr anns nach faighear muc-fheòil. Ach thàinig deòir ann an sùilean an dithis aca nuair a thàinig na h-isbeanan-fala, agus bu choltach dhaibh nach d' fhuair iad idir biadh ceart bhon a sheòl iad a-null maille ri Krok.

-Is e sin as uaisle fàileadh, thuirt Odhrm gu ciùin.

-Tha Lus an Rìgh annta, thuirt Torchair le guth briste.

Stop e a chuid isbeanan na bheul, cho fada agus a b' urrainn dha, agus bhìd e na bh' aige agus chaignich e e; an dèidh sin thionndaidh e gu grad a-rithist agus ghrèimich e air a' ghille, a bha ag iarraidh dol air adhart leis an truinnsear, agus fhuair e air an lèine e agus thuirt e:

-Faigheam anns a' bhad barrachd isbeanan, mura tèid e an aghaidh miann an rìgh; oir b' fhad-mhairsinneach mo chuid fulangais ann an tìr nan Andalusianach, far nach iomchaidh am biadh do dh'fhir, agus is isbean-fala nan seachd Nollaig a tha mi a-nis air a bhith ag ionndrainn agus nach do bhlais mi.

-Tha e anns an aon dòigh leamsa, arsa Odhrm

Rinn an gille gàire agus thuirt e gum bu leòr isbean aig Rìgh Arailt do chàch. Thug e dhan dithis aca slat den t-seòrsa as tomadaiche; agus air dha sin a dhèanamh bha iad a' faireachdainn ciùin agus thòisich iad air an ithe ann an da-rìribh.

Cha deach mòran bruidhinn a dhèanamh airson tamall nach bu bheag a-nise, cha deach aig bòrd an rìgh air neo aig na bùird eile, seach nuair a dh'iarradh na fìr air luchd a' chidsin na bu mhotha leanna fhaighinn air neo nuair a mholadh iad biadh-nollaig an rìgh eadar greimean-bìdh.

Shuidh air deas-làimh Odhrm òganach a ghèarr a chuid bìdh le sgian air an robh làmh air a dheasachadh le airgead; bu bhàn is b' fhada e, agus b' àlainn a ghruaig, agus b' ann le cùram a bha i air a cìreadh. Shuidh e ri cuideachd Thorcail Àird, agus bha e soilleir gum b' uasal a shliochd, los gun robh e na shuidhe cho àrd air bòrd an rìgh ged nach robh feusag air bith air; chunnacas seo cuideachd air a chuid aodaich phriseil agus an crios-claidheimh airgid aige. Nuair a bha an ithe a bu chabhagaiche seachad, thionndaidh e a dh'ionnsaigh Odhrm agus thuirt e:

-Is math aig fèilltean a bhith nad shuidhe maille ri fìr fhad-shiubhlach; agus cha chreid mi nach cuala mi gun robh thu fhèin agus do nàbaidh na b' fhaide thall na càch.

Fhreagair Odhrm gun robh an fhìrinn aige an sin agus gun robh e fhèin agus Torchair air a bhith seachd bliadhna anns an Spàinn.

-Oir air iomadach adhbhar, ars' e, mhair ar turas na b' fhaide na bha sinn an dùil, agus b' iomadh aon nach do thill.

-Bìdh sgeulachd agaibh ri innse, mar sin, ars' am fear eile; ach ged nach robh mi cho fada thall ris an dithis agaibh, chaidh agus mi fhìn air turas às nach do thill ach beagan a-rithist.

Dh'fhaighnich Odhrm air cò esan agus cò leis an robh e air turas.

-Is à Bornholm mi, thuirt am fear eile, agus is e Siuchraid as ainm dhomh; agus b' athair dhomh Bue Mòr. Dh'fhaodte gun cuala tu mu dheidhinn-san, ged a bha thu fada ann an dùthchannan cèin. Bha mi aig Là Hjörungavåg, far an do shiubhail e, agus far an deach mo chur ann am bràighdeanas còmhla ri Vagn agus feadhainn eile. Agus cha bhithinnsa na mo shuidhe an seo agus a' labhairt leat air sin, mura b' e 's gun robh mo ghruag fada; oir b' i mo ghruag-sa a shàbhail mo bheatha agus iad a' spadadh nam prìosanach.

Bha feadhainn air a' bhòrd a-nis a' teannadh dlùth ri lànachd, agus mar sin ri bhith a' miannachadh bruidhinn; agus chaidh Torchair fhèin an sàs anns a' chòmhradh, a dh'innse gur annasach coltas na dh'innis am Bornholmach agus gum feumadh e a bhith na dheagh sgeulachd; oir

bha e fhèin daonnan den bheachd gun robh falt fada ri tuilleadh millidh na feuma do theàrmainn. Bha Torcal Àrd na shuidhe a' glanadh fhiacalan anns an dòigh uasail a bha a' tòiseachadh air a bhith na chleachd am measg uaislean fad-shiubhlach, anns an t-seadh gun robh e na shuidhe ris an taobh, le bas aon làimhe a' còmhachadh a bheòil; chuala e an còmhradh a bha seo agus thuirt e gur e fada a bharrachd na falt fada a thug an droch fhortan air iomadach laoch, agus gun do ghiùlain fir le ciall mar sin am falt air a cheangladh fon chlogaid; ach dh'fhaodadh ionnsachadh à sgeul Shiuchraid mhic Bhue, ars' e, gum b' urrainn dhan fhear ghleusta cuideachd buannachd fhaighinn à falt fada, agus gun robh e gu mòr an dòchas gun cluinneadh gach aon a bha anns an talla an sgeul a bha sin.

Bha aig an ìre-sa deagh shunnd air tighinn air rìgh Suain, ged a bu dorch e fad treis an dèidh dha Styrbjörn fhaicinn; bha e a' sìneadh air ais is e na shuidhe anns an àrd-chathair aige agus e a' cagnadh cas muice agus a' tilgeil chnàmhan air feur an ùrlair, fhad 's a choimhead e le toileachas air mar a bha Rìgh Arailt, a bha ann an còmhradh le Styrbjörn mu mhnathan, fhathast ag ithe agus ag òl na bu mhotha na gach aon eile. Dh'èist e ris na chaidh innse air falt fada agus thòisich e a' cainnt air a' chuspair seo, is e a' cumail a-mach gum feumadh an gaisgeach ciallach smaointinn air fheusaig cuideachd; oir dh'fhaodadh feusag duine tighinn na amharc agus e ri strì anns a' ghaoith, aig an dearbh mhionaid agus a dh'fheumadh e a bhith deiseil airson gearradh no tilgeil; agus b' ann air an adhbhar sin, thuirt e, a thòisich e fhèin bho chionn fhada leis a' chleachdadh a bhith a' cumail fheusaig fhèin ann am preasan. Ach bu mhiann leis a-nis cluinntinn mar a rinn Siuchraid mac Bhue feum à fhalt; oir bu chleachd le fir a bha aig Hjörungavåg nithean matha aithris.

Cha do dh'fhoghnich an t-Àrd-Easbaig Poppo gach uile nì a chaidh a thoirt dha, agus bha e a-nis na shuidhe is an aileag air bhon leann, ach bu dèonach e a dh'aindeoin sin innse dhaibh uile mu Absalom, a bha na mhac rìgh agus a fhuair droch fhortan mar thoradh air fhalt fada; b' e seo, thuirt e, sgeulachd mhath agus bhrìoghmhor, a bha air a sgrìobhadh ann an leabhar naomh Dhè fhèin. Ach thuirt rìgh Suain anns a' bhad gum faodadh dha lethid a rud innse do mhnathan is do chloinn, nam fulaingeadh iadsan an èisteachd; agus thòisich trod eadar e fhèin agus an t-Easbaig air a' chuspair seo. Thuirt an uair sin Rìgh Arailt:

-Is leòr dhuinn an ùine gus iomadh nì innse aig fèill a leithid seo, a mhaireas fad sia làithean; agus is gann a gheibhear nas fhèarr na èisteachd ri deagh sgeulachdan, agus tu air do leòr ithe is le leann air fhàgail anns an stop. Oir thig mar sin an ùine gu furasta eadar am biadh, agus bidh nas lugha de còmhstri thar nam bòrd. Agus bu mhath leam a ràdh a-chum cliù an Easbaig, gur math iad na sgeulachdan a th' aige; oir chuala mi fhìn iomadh aon dhiubh le tlachd; air naomhan agus abstolan agus seann-rìghrean fada thall an-ear. Dh'inns e dhomh mòran mu fhear ris an canar Solamh, a bu ghaolach do Dhia agus a bu choltach rium fhìn, ged a bha barrachd bhoireannach aige. Agus is e mo bheachd-sa a-nis gum faod an t-Easbaig bruidhinn anns a' chiad dol a-mach, mum fàs e sgith air a' bhiadh agus air an leann; oir cha chòrd òl na Nollaige ris-san cho math agus a chòrdas e rinne, air bhall is nach do dh'fhàs e cleachdte ris ann an ùine. Agus na dhèidh innsidh feadhainn eile an cuid-san, iadsan a bha aig Là Cath Hjörungavåg, air neo le Styrbjörn am measg nam Bheandach, air neo ann an àiteachan eile. Agus suidhidh an seo cuideachd fir a bha cho fada thall ris an Spàinn agus a thàinig a sheòladh thugamsa le clag naomh, agus bu mhòr am feum a rinn sin dhomh; agus riuthasan bu mhath leam èisteachd fhad 's a mhaireas an fhèill seo.

Shaoil gach aon gum bu ghlic cainnt an rìgh, agus thachair mar a thuirt e; agus dh'inns an t-easbaig air an oidhche sin, bhon a chaidh na lòchrain a thoirt a-steach, mu rìgh Daibhidh agus a mhac Absalom. B' àrd a ghuth, gus an cluinneadh gach aon e, agus làn eòlais; agus chòrd a sgeulachd riutha uile ach ri rìgh Suain. Nuair a chrìochnaich an t-Easbaig, thuirt Rìgh Arailt gum bu

ghlic an sgeulachd sin a chur an cuimhne caochladh duine agus rinn Styrbjörn gàire agus dh'òl e do rìgh Suain, ag ràdh:

-Gur dòcha gur math an comhairle seo dhutsa, agus gun cumadh tu an dèidh seo d' fhalt cho gearr ris an easbaig.

Chòrd an abairt sin ri Rìgh Arailt, agus bhuail e a ghlùinean agus thàinig an uiread de thoileachas dha, gun robh crith air being an àrd-chathair; agus nuair a chunnaic a chuideachd, agus cuideachd Styrbjörn, gun robh an tighearnan ri gàirdeachas, thòisich iad uile ris, fiù 's iad sin nach cuala sìon, gus an robh an talla air fad làn glaoideh. Ach bu bheag an tlachd a fhuair fir rìgh Shuain à seo; agus ghealaich e fhèin le feirg agus rinn e bronnagail agus ghìosg e e fhèin ann am feusaig a' bhile is coltas cunnartach air, mar gun robh e deiseil gus èirigh agus fàs cunnartach. Bha Styrbjörn a' sìneadh air adhart is e na shuidhe agus e ga amharc le shùilean liath, anns nach tàinig priobadh, a' dèanamh gàire; agus bu mhòr am mì-shuaimhneas a nochd a-nis anns an talla, agus bu choltach e gur dòcha nach lìonadh sìth na Nollaige an talla gu h-iomlan. Chùm an t-easbaig a làmhan a-mach agus dh'èigh e rudeigin nach cuala duine, agus chùm fir sùil air a chèile agus iad a' feuchainn air rud air bith a ghabhadh a chur gu feum mar bhall-airm. Ach leum a-nis dithis amadan an rìgh - dithis Èirinneach beag le cliù a chaidh fada agus farsaing – an-àird air bòrd an rìgh, le lèintean breaca agus iteanan nan gruaig, agus thòisich iad a bhith a' plapartaich leis na muinchillean leathann aca, agus bhuail iad am broillich agus ghabh iad ceumannan àrda fhad 's a shìn iad a-mach an amhaich agus a rinn iad gairmean a' choilich dha chèile, gus nach do shaoil duine anns an talla gun cuala iad a-riamh coileach a rinn gàire a bha a cheart cho math riutha sin; agus cha b' fhada gus an robh gach aon air an fhearg a bh' orra a leigeil seachad is iad nan suidhe gun chomas aig an ealain a chunnaic iad romhpa. Agus b' e sin a chrìochnaich ciad là na fèille.

An ath-là, an dèidh dhan bhiadh a bhith air ithe agus na lòchrain air an toirt a-steach, dh'aithris Siuchraid mac Bhue mar a dh'èirich dha aig Là Cath Hjörungavåg agus mun fheum a fhuair e à fhalt fada. Bu mhath eòlas gach aon anns an talla an creachadh a bha sin; mar a sheòl Iòms-Lochlannaich maille ri fir Bhornholm agus Sgàinia a-mach le cabhlachd mhòir fo stiùir mic Arailt na h-Àrd-Chlogaid agus Bhue Mhòir agus Vagn mhic Åke, gus an Nirribhidh a chosnadh aig Àcainn Iarla, agus mar nach do thill ach am beagan bhon oidhirp a bha sin; agus bu bheag a dh'inns e mu dheidhinn seo uile, agus cha do dh'inns e idir mu dheidhinn mar a theich Sigmhal le chuid long às a' bhlàr. Oir cha mhath e bruidhinn air Sigmhal, agus Torcal Àrd am measg an luchd-èisteachd, agus fios aca uile gur fear tapaidh e agus gun d' fhuair e clach oll-mhòr na cheann aig toiseach a' bhlàir agus nach robh e aig mothachas nuair a dh'iomram a bhràthair air falbh.

Bha Siuchraid air long athar agus chùm e ris na dh'fhiosraich e fhèin. Dh'inns e mu bhàs athar: mar a fhuair Bue, an dèidh strì oillteil agus an dèidh dha dùmhlachd ro-mhòr de Nirribhich tighinn air a long, gearradh-claidheimh air aodann a thug dheth a shròn agus a' mhòr-chuid den smiogaid, agus mar a thog e aig an àm sin a' chiste-dhuais mhòr aige agus mar a leum e thar beul an luing leis; agus mar a thàinig mire-chatha air laoch Bhue, Aslak a' Chinn-Eilein, is e a' strì às aonais clogaid no sgiath, rud as gann a chìthear anns an là a th' ann, agus mar a shàth e le dhà dhòrn agus mar a bha e cruaidh an aghaidh an iarainn, gus an do thog bàrd à Innis Tile, a bha maille ri Èirig mac Àcainn Iarla, innean às a' bhòrd agus a bhris e a cheann.

-Agus cha bu mhòr na bha ann ri dhèanamh dhuinne a bu bheò fhathast air long m' athar, arsa Siuchraid, oir bu ghann sinn agus cianail sgith; agus bha ar luing uile a-nis air am falamhachadh ach a-mhàin long Vagn fhèin, far an robh fhathast còmhstri ann. Chaidh ar putadh

dhan chlaigeann-thoisich, agus cha b' fhada gus nach b' urrainn dhuinn làmh no cas a thogail tuilleadh; agus mu dheireadh bu naoinear dhuinn ann, is sinn uile air ar leòn, agus an siud chaidh ar preasadh eadar sgiathan agus chaidh ar toirt ann am bràighdeanas. Chaidh ar toirt às aonais bhall-airm gu tìr; agus cha b' fhada gus an tàinig an fheadhainn deirinneach a bha air long Vagn, agus Vagn fhèin maille riutha cuideachd. Chaidh a thogail le dithis agus bha làraich chladheamh agus shleagh air agus bu sgìth agus bu bhàn e agus cha tuirt e facal. B' fheudar dhuinn suidhe air cabar fada air an tràigh, agus chaidh ar casan a cheangladh le ròpa fada, ach bu shaor ar làmhan; agus shuidh sinn an siud a' feitheamh, fhad 's a dh'fheòraich daoine do dh'Àcainn Iarla dè dhèanadh iad leinn. Dh'inns esan gum bu chòir ar spadadh anns a' bhad; agus thàinig Èirig Iarla, a mhac, a dh'fhaicinn, agus iomadh aon maille ris; oir bu mhòr an iongantas air na Nirribhich air mar a bha Iòms-Lochlannaich is iad ris a' bhàs. Bu deichnear thairis air an fhichead sinn a bha air a' chabar, naoinear à long Bhue, ochdnar à long Vagn, agus an còrr à feadhainn eile; bha Vagn e fhèin na shuidhe a b' fhaide air an làimh dheis. Agus nì mi a-nis cunntas orra sin as aithne dhomh a bha nan suidhe an siud.

Leis a sin, rinn e cunntas orra uile air am b' eòlach e an ainmean, anns an òrdugh anns an robh iad nan suidhe air a' chabar; agus dh'eist gu dlùth iad uile a bha anns an talla, oir bu chliùiteach tòrr dhaibh a dh'ainmich e, le càraidean am measg an luchd-èisteachd.

-Thàinig fear a-nis le tuagh-chatha, lean Siuchraid mac Bhue air, agus stad e ro Vagn is thuirt e: 'An aithne thu mi?' Sheall Vagn ris, agus bu choma leis e agus cha tuirt e smid, oir bu mhòr a sgìths. Arsa am fear eile: 'Is Torcal Leira mi, agus dh'fhaodte gum bi cuimhne agad air a' ghealladh a rinn thu mo mharbhadh agus a dhol dhan leabaidh le mo nighean Ingeborg.' Is fìor na thuirt e; oir rinn Vagn an gealltanais a bha sin mus deach iad a chreachadh, an dèidh dha cluinntinn gur i nighean Torcuil an rìbhinn as boidheche gnùis ann an Nirribhidh, agus an tè as beartaiche cuideachd. 'Ach a-nis', arsa Torcal Leira is e a' dèanamh braoisg, 'is coltach gur mi a mharbhas tusa'. Rinn Vagn gàire agus thuirt e "Fhathast, cha mharbh na Iòms-Lochlanniach uile" 'Ach chan fhad gus am bi', thuirt Torcal, 'agus nì mi fhìn cinnteach dheth, gus nach dèanar mearachd air bith; gheibh thu do chuid fhear uile faicinn tighinn gu bàs fo mo làimh, agus chan fhad gus an lean thusa orra.' An dèidh dha sin a ràdh, chaidh Torcal gu taobh eile a' chabair agus thòisich e a bhith a' gearradh cheann far bhodhaig nam prìosanach, aon an dèidh aoin mar a shuidh iad; bu mhath an tuagh a bh' aige agus bu deònach e aig an obair agus cha robh riamh aige ri gearradh dà uair air an aon duine. Is e mo chreideas-sa nach urrainn dhaibh-san a chunnaic seo uile a dh'innse ach gum bu mhath na Iòms-Lochlannaich is iad ris a' bhàs. Labhair dithis nach robh nan suidhe ach gu gearr bhuam air am b' urrainnear rud air bith a mhothachadh an dèidh dhan cheann a bhith dheth, agus bha iad air an aon ràmh nach gabhadh cinnt a bhith ann an nithean dha leithid ro làimh. Thuirt fear dhiubh: 'Tha agamsa an seo bràiste na mo làimh, agus ma tha eòlas idir agam an dèidh dhomh mo cheann a chall, stopaidh mi anns a' ghainmhich e.' Thàinig Torcal thuige; agus an dèidh dha gearradh, thuit am bràiste às a làimh gun dàil. An uair sin, cha robh air fhàgail ach dithis mus ruigeadh Torcal mi.

Thàinig fiamh-ghàire air Siuchraid mac Bhue agus e a' coimhead ris an luchd-èisteachd, a bha nan suidhe gu sàmhach is gu clisgeach, agus thog e an stop leanna aige agus dh'òl e gu domhain. Thuirt Rìgh Arailt:

-Chì mi gu bheil ceann ort fhathast, agus cluinnear air a' ghogadh nach eil meang air d' amhaich; ach is duilich a thuigsinn le mar a bha cùisean thall air a' chabar dhut mar a chaidh agad

air na nithean seo a shàbhaladh, ge brith dè faid d' fhuil. Their mi sàr-sgeul ri seo, agus na feitheamaid ris a' chòrr.

Bha iad uile air an aon ràmh ri Rìgh Arailt, agus lean Siuchraid mac Bhue air, ag innse:

-Cha bu mhotha m' eagal na eagal a' chòrr is mi nam shuidhe thall an siud air a' chabar; ach mheas mi gur sàrachail e bàs fhaighinn gun nì a dhèanamh a ghabhadh innse. Dh'inns mi mar sin ri Torcal, nuair a thàinig e: 'Tha cùram orm mum fhalt agus chan eil mi airson 's gum bi e air a shalachadh le fuil.' Le sin a ràdh, chruinnich mi e air mullach mo chinn; agus nochd a-nis fear a bha air beulaibh Thorcail – chaidh innse dhomh an dèidh làimh gur e a bhràthair-cèile a bh' ann – agus cheanglaich e m' fhalt mun cuairt air a làmhan agus dh'inns e do Thorcal: 'Geàrr a-nis e!' Rinn e sin; agus aig an dearbh àm tharraing mi mo cheann air ais cho luath agus a b' urrainn dhomh, gus an tàinig an tuagh eadar mi fhìn agus am bràthair-cèile agus gus an do ghèarr e a dhà làmh dheth. Bha tè dhiubh air a crochadh nam fhalt.

B' oillteil an gàirdeachas a rinn fir na talla, agus rinn Siuchraid gàire e fhèin mus tuirt e:

-Tha gàire oirbhse gu dearbh; ach chan eil i leth cho mòr is a bha an gàirdeachas a rinn na Nirribhich, is iad a' faicinn bràthair-cèile Thorcuil a' tionndadh is a' tionndadh air an talamh fhad 's a sheas Torcal ga amharc; bha cuid ann a thuit gu làr mar thoradh air an gàire. Thàinig Èirig Iarla thugamsa agus thuirt e: 'Cò thusa?' Thuirt mi 'Is Siuchraid as ainm dhomh, bu Bhue m' athair; agus fhathast cha mharbh na Iòms-Lochlannaich uile.' Ars an t-Iarla: 'Is follaiseach gur caraid Bhue thu; am bu mhath leat do bheatha a ghabhail air ais bhuam?' 'Is ann bho fhear dhad leithid-sa a ghabhas mi i', fhreagair mi. Agus mar sin, chaidh mo shaoradh bhon ròpa. Ach is beag a chòrd seo ri Torcal agus dh'èigh e: 'An tòisichear leis an leithid a-nis? B' fhèarr dhomh greis a chur le Vagn.' Mar sin, thog e an tuagh agus ruith e ga ionnsaigh, far an robh e na shuidhe aig deireadh a' chabair. Ach bha fear de chuideachd Vagn, Skarde, na shuidhe anns a' cheathramh àite bho Vagn; agus shaoil e gum bu mhì-cheart e gun rachadh Vagn a ghearradh mus tigeadh a thuras-san. Mar sin leum e thairis air an ròpa-choise, agus Torcal a' tighinn na dheann-ruith, agus thuit Torcal gun làmhan roimhe thairis air, gu dìreach air beulaibh Vagn. Chrom Vagn e fhèin agus fhuair e grèim air an tuagh; agus cha robh càil den sgìths ri fhaicinn ann nuair a chuir e an ceann Torcuil i. 'Sin leth a' gheallaidh', thuirt Vagn; 'agus fhathast cha mharbh na Iòms-lochlannaich uile'. Rinn na Nirribhich gàirdeachas fiù 's na bu mhotha na rinn iad roimhe; agus thuirt Èirig Iarla: 'Am bu mhath leat do bheatha a ghabhail air ais, a Vagn?' 'Bu mhath', arsa Vagn, 'mas ann dhuinn uile a bhios sin' 'Sin mar a bhios', ars' an t-Iarla; agus mar sin shaoradh na h-uile. Bu dusan dhuinne a thàinig bhon chabar le ar beò.

B' àrd an cliù a fhuair Siuchraid mac Bhue airson a sgeòil, agus mhol gach aon an dòigh anns an d' fhuair e feum à fhalt. Nochd a-nis mòran bruidhne thar nam bòrd mu dheagh fhortan fhèin agus mu fhortan Vagn; agus thuirt Odhrm ri Siuchraid:

-Is iomadh nì as eòlach do gach aon eile nach eòlach dhomhsa no do Thorchair, los gun robh sinn fada thall ann an dùthchannan cèine. Càit a bheil Vagn a-nise, agus ciamar a chaidh leis bhon uair a fhuair e far a' chabair le bheò? Is coltach dhomh bho do sgeulachd gur esan as àirde fortan às na h-uile mun cuala mise a-riamh.

-Cha chreid mi nach ceart do bharail-sa an sin, fhreagair Siuchraid, agus cha sguir fhortan-san aig an leth-shlighe. Thàinig e gu h-àrd ann am meas Èirig Iarla, agus chaidh e an dèidh ùine a lorg nighean Torcuil Leira agus fhuair e a-mach gum b' àille a snuadh na shaoil e roimhe; agus cha robh càil aice an aghaidh a chuideachadh leis a' chòrr den ghealltanais, agus tha iad a-nis air am

pòsadh agus sona. Is miann leis faighinn dhachaigh a Bhornholm maille rithese, cho luath agus a bhios ùine aige; ach an turas mu dheireadh a fhuair e sgeul air, bha e ann an Nirribhidh fòs agus e a' gearan gum bu mhòr an ùine a ghabhadh e dha faighinn air falbh. Oir b' iomadh tuathanas a fhuair e aig an nighinn, agus cuid mhath de dh'airgead a thuilleadh orra sin, gus nach luath e na h-uile a reic air deagh phris; agus cha chleachd do Vagn rudan a reic air prìs ìosal gun adhbhar.

-Tha rud a-mhàin nad sgeulachd-sa air nach urrainn dhomh ach smaointinn, arsa Torchair ri Siuchraid; agus is e sin ciste-duais d' athar, a thug e leis far a' bhùird. An d' fhuair thu sin mus do dh'fhàg thu Nirribhidh, no an do ghabhadh le duine eile e? Ma tha e fhathast an siud aig grunn na mara, tha fios na dhèanainn fhìn nan deidhinn a Nirribhidh, agus is e sin sgriobadh airson na ciste siud; is b' fhiach an oidhirp airgead Bhue.

-Bu phailt an t-iasgach a rinneadh air a' chiste sin, thuirt Siuchraid, an dà chuid leis na Nirribhich agus leinne a bha air fhàgail de chuideachd Bhue. Rinn iomadh aon sgriobadh dha le iarainn-ghrèim, ach cha do ghlacas càil; agus chaidh fear às an Òb sìos le ròpa agus cha d' fhuaras sgeul air bhon uair sin. An dèidh sin, b' e ar creideas uile gum b' fhireann e Bue a bha comasachadh air a' chiste aige a chumail shìos an siud agus grèim làidir fhaighinn orra sin a dh'fheuch ri làimhseachadh. Oir bu treun e, is gu math dèidheil air a chuid airgid. Agus is aonach eòlaichean gur làidire luchd-àiteachaidh nan tom na na beò; agus dh'fhaodte gur e sin mar a tha e le Bue cuideachd, ged nach suidh e ann an tom ach air grunn na mara ri taobh na ciste aige.

-Is bochd an call an t-airgead, arsa Torchair; ach is fìor sin gum faodadh fiù 's am fear as treasa lùths nì air bith iarraidh seach làmhnan Bhue fhaighinn uime anns an t-sàl.

Thàinig le sin an oidhche seo gu crìch; agus bu mhiann le Rìgh Arailt an ath-oidhche dàna-thursan Styrbjörn am measg Bheandach agus Chùrach a chluinntinn. Thuirt Styrbjörn nach sgeulaiche e fhèin; ach labhair Innis Tileach na chuideachd. Björn mac Àsbrand a b' ainm dha, agus bu chuiridh cliùiteach e agus e cuideachd na fhilidh, mar a bha siubhlaichean Innis Tile uile; agus ged a bha beagan de dheoch air, dh'aithris e an toiseach dàin ri Rìgh Arailt air modh ris an canar *töglag*. B' e seo am modh a b' ùire agus a bu duilghe am measg bàird Innis Tile, agus bha na dàin air an cur còmhla ann an dòigh cho ealanta is gum bu bheag a thuigear den t-susbaint. Dh'èist gach aon le tuigse air aodann, oir bu mhòr am mì-chliù a fhuair eadhon a mì-thuigse na filidheachd; agus mhol Rìgh Arailt na rannan agus thug e dhan fhilidh fàinne òir. Bha Torchair na shuidhe an aghaidh a' bhùird le cheann na làmhnan is e ag ochanaich; rinn e gurman dha fhèin gur e fìor-fhilidheachd a bha seo; agus tuigidh e a-nis, ars' e, nach rachadh aige fhèin a-chaidh air bàrdachd den t-seòrsa a gheibh fàinntean òir a chur ri chèile.

An dèidh sin, chùm am fear à Innis Tile, ris an cante Björn Àrmann an Òib le cuid agus a bha dà shamhradh maille ri Styrbjörn, air a dh'innse mu dheidhinn chreachaidhean Styrbjörn agus mu na nithean àraid a thachair orra sin; bu mhath a labhair e agus chùm e a' dol gu fada gun duine sgitheachadh ris an èisteachd; agus bha fios aig gach aon gur e an fhìrinn a bh' aige, do bhrìgh agus gun robh Styrbjörn fhèin na shuidhe anns an èisteachd. Bha an t-uabhas aige ri ràdh air gnothaichean dàna agus air fortan ro-mhòr Styrbjörn, agus mar an ceudna air saidhbheas a bhuannaich a chuideachd. Chrìochnaich e le bhith ag aithris seann dàn air athraichean Styrbjörn, bho na diathan fhèin gu ruige a bhràthar-athar Èirig, a bha na rìgh ann an Spaoilidh an-dràsta; agus b' esan fhèin a chuir an rann mu dheireadh ris:

Gu tuath, gu geàrr
A' lorg na duais
Iomraidh Björn
Nan ceuda bàt'
Nì fir mhòr-stuaim
Is mòr am buadh
Mòr-shubhachas
'n tallacha sgairteil Èirig

Chuireadh fàilte ro seo le mòr-aoibhneas; agus b' iomadh aon a leum an-àird far nam being, a dh'òl a-chum fortan Styrbjörn. Dheònaich Styrbjörn còrn prìseil a bhith air a thoirt a-steach agus thug e dhan fhilidh e, ag ràdh:

-Cha phàigh seo cìs an fhilidh air fad dhut; is tuilleadh na sin a gheibh thu is mi nam rìgh ann an Spaoilidh. Tha an siud deagh dhuais do gach aon na mo chuideachd-sa; oir is fear caomhantach Èirig bràthair m' athar, agus chuir e mòran a bhiodh gu feum dhan dàrna taobh. Thèid mi a sheòladh aig àm an earraich gus na cisteachan aige fhosgladh, agus tha fàilte ron fheadhainn as miann a bhith pàirteach.

Bhrosnaich seo mòran, an dà chuid am measg cuideachd Rìgh Arailt agus cuideachd rìgh Shuain, ri èigheachd air làrach nam bonn gur miann leotha tighinn maille ris; oir bu chliùiteach beartas rìgh Èirig, agus cha do chreachadh Spaoilidh bho linn Ìomhar a' Mhòr-aitheimh. Bha smùid air Iarla Sibbe nan Eilean Beaga agus bu duilich dha a cheann agus an stop-leanna aige a chumail fo smachd; ach a dh'aindeoin sin dh'èigh e le guth àrd gur miann leis Styrbjörn a leantainn le còig luing; oir bha e a-nis a' faireachdainn tinn agus sgìth, ars' esan, agus b' fheàrr bàs fhaighinn am measg àrmann seach mar bhò air an fheur. Thuir Rìgh Arailt gun robh e fhèin air fàs ro shean airson a bhith a' creachadh; agus bha feum aige air a chuid fhear fhèin gus daoine an-fhoiseil a chumail fo smachd; ach cha robh rud air bith aige ri ràdh, ars' e, nam bu mhath le Suain fir agus luing fhàgail a-chum taic Styrbjörn.

Rinn rìgh Suain smugaid gu smuaineil agus dh'òl e balgam agus chluich e le fheusaig agus thuirt e gur duilich dha fir agus luing a chall, los gun robh feum math aige air a mhuinntir gu lèir an aghaidh Shagsannach agus Obotraiteach

-Agus is coltach dhomhsa gur e as ciallaiche, thuirt e, gum faigh e an taic siud aig m' athair; oir a-nis ann an làithean a sheann-aois is beag na th' aig a chuideachd ri dhèanamh ach coimhead ris a' bhiadh agus èisteachd ri mablais nan sagart.

Bu mhòr an fhearg a thàinig air Rìgh Arailt ri seo, gus an tàinig dragh mòr air luchd na talla, agus thuirt e gum b' fhurasta faicinn gur miann le Suain fhaicinn-san na shuidhe gun arm anns an tìr.

-Ach tàrlaidh a-nis mar a thuirt mise, dh'èigh e agus e gu math dearg na aodann; oir is mise rìgh nan Danmhargach, agus chan e duine eile; agus bheir thusa, a Shuain, do Styrbjörn an dà chuid luing agus fir.

Bha rìgh Suain na thost is e a' cluinntinn seo, oir b' eagalach dha fearg athar; agus b' fhollaiseach e gum bu mhiann le mòran dha chuideachd tighinn còmhla ris gu ruige Spaoilidh. Thuirt Styrbjörn aig a' mhionaid sin:

-Is adhbhar-tlachd dhomh faicinn cho deònach agus a tha sibh taic fhaighinn dhomh, an dithis agaibh; agus is e as fheàrr dhomhsa a-nis gun canadh tusa, Arailt, na chuireas Suain thugam, agus gun canadh tusa, a Shuain, nas còir do thaic d' athar a bhith.

Is iomadh aon a rinn gàire air sin, agus dh'fhàs an comann na b' fheàrr a-rithist; agus mu dheireadh chaidh dearbhadh gun cuidicheadh Arailt agus Suain Styrbjörn le dà long deug, air an deagh sgiopadh, aig an dithis, a thuilleadh air na gheibheadh e de dh'fhir agus de luing aig na Sgàinianaich; agus gheibheadh air sgàth sin an dà chuid Arailt agus Suain cuid de dhuaisean rìgh Èirig. Le sin, thàinig an oidhche siud gu crìch.

Bu ghann muc-fheòil na Nollaige air an làrna-mhàireach; thàinig na h-àite brot-càil le uan-fheòil, agus shaoil gach aon gur e atharrachadh togarrach a bha seo. Dh'inns air an oidhche siud fear à Hàlann mu bhanais mhòr air an robh e fhèin anns an Fhionn-choille am measg nan Smàlannach fiadhaich. Nochd an siud eas-aonta mu reic eich, agus cha b' fhada gus an do nochd na sgiathan; agus rinneadh gàire is bas-bualadh le bean na bainnse agus na mnathan-comhaltaich is iad a' brosnachadh luchd a' chòmhstri. Ach nuair a chunnaic bean na bainnse bràthar a h-athar fhèin is a shùil ga pronnadh às le caraid fear na bainnse, ghlac i lòchran far a' bhalla is bhuail i fear na bainnse thar a chinn leis, gus an robh fhalt-san na theine; agus ghlac bean-chomhaltaich ghleusta a cheann leis an sgiort aice fhèin is i ga phasgadh gu trom, rud a shàbhail a bheatha, ged bu mhòr a sgreamhail agus ged bu dubh agus bu mhaol a cheann nuair a fhuair e a-mach e a-rithist. Thàinig bho seo teine air feur an ùrlair, agus bha aon duine deug air deoch is air leòn air bàs fhaotainn ris an teine, gus an robh a' bhanais seo air a measadh le muinntir na Fionn-choille na deagh mhòr-bhanais, mum b' fhiach bruidhinn. Agus bha bean na bainnse a-nis a' còmhnaidh le toileachas maille ri cèile, ged nach d' fhuair esan riamh falt ùr an àite an fhuilt a chaidh a losgadh.

Nuair a bu chrìochnaichte an sgeul siud, thuirt Rìgh Arailt gun do chòrd e ris leithid a nithean greannmhor a chluinntinn air beatha am measg nan Smàlannach, a bha a rèir nàdair nam balgairean agus nan eucoireach; agus bu chòir don àrd-easbaig Poppo taing a thoirt do Dhia cho tric agus a bha ùine aige, ars' esan, airson 's gun tàinig e am measg dhaoine ciallach anns an Danmhairg seach do na mèirlich olca anns an Fhionn-mhonadh agus ann am Bhàrand.

-Agus a-nis, chum Rìgh Arailt air, is miann leam gum faigh sinn a-màireach sgeul air tìr nan Andalusianach agus mu na nithean iongantach uile a dh'fhiosraich Odhrm mac Tharstain agus Torchair mac Ghiolla Liath air an turas-san; oir is e mo chreideas gum biodh sin tlachdmhor dhuinn uile.

Le sin, chuireadh crìoch air an oidhche ud, agus rinn air an làrna-mhàireach Odhrm agus Torchair comhairle air cò a bu chòir an sgeulachd innse.

-Is tusa ar ceann-feadhna, arsa Torchair; agus mar sin is tusa as còir bruidhinn.

-Bha thusa ann mus tàinig mise air an turas, ars' Odhrm, agus is fheàrr do bhruidhinn na mo chuid-sa. Agus dh'fhaodadh gu bheil an t-àm ann nise gum bruidhinn thusa do leòr; oir tha mi air saòilsinn gum mothaich mi nach furasta dhut aig amannan air na h-oidhcheannan seo a bhith a' suidhe nad thost fhad 's a labhras daoine eile.

-Chan eagalach leam an labhairt, thuirt Torchair, agus saoilidh mi gu bheil mo theanga a' cheart cho buan ri teangannan a' mhòr-chuid. Ach a dh'aindeoin sin chì mi fhathast duilgheadas dhomh le seo. Chan urrainn dhomh bruidhinn às eugmhais pailteas leanna, oir thig tiormachd nam

amhaich, agus is fada an sgeul a bhios seo. Chaidh gu math leam fad ceithir oidhcheannan a-nis, gus an tàinig mi gun smùid orm agus seasgair far bòrd an rìgh, agus a dh'aindeoin sin tha e air a bhith duilich, ged nach bu mhòran a bh' agam ri ràdh. Agus bu truagh an nì nan rachainn a-nis nam dhroch shunnd agus nam faighinn mì-chliù airson bheudan, is mi nam shuidhe aig bòrd nan rìghrean.

-Bidh sinn beò ann an dòchas, thuirt Odhrm; agus fiù 's ged a thigeadh an deoch ort is tu ri aithris, cha chreid mi gum b' urrainnear a dhol ceàrr agus fòirneartach le leann cho math ri seo.

-Tachraidh na thachras, thuirt Torchair gu teagmhach is e a' crathadh a chinn.

Dh'innis Torchair air an oidhche siud mu shiubhal Krok agus mar a chaidh gach nì leis: mar a thàinig Odhrm gu bhith maille riutha air an turas, agus mar a lorg iad an t-Iùdhach anns a' mhuir, agus mu chreachadh mòr an dùin ann an rìoghachd Ramiros; agus an uair sin mun strì a bha aca leis na h-Andalusianaich agus mar a bha e dhaibh nan tràillea-ràimh, agus mu bhàs Krok. Dh'innis e an uair sin mu mar a shaoradh iad bhon iomram, agus mu chàirdeas an Iùdhaich, agus mar a fhuair iad an claidheamhan aig Subaida.

Nuair a ràinig e an t-àite sin, bu mhiann an dà chuid le Rìgh Arailt agus Styrbjörn na claidheamhan fhaicinn; agus chuir Odhrm agus Torchair an dà chuid Gorm-theangach agus Dearghobach suas am bòrd. Tharraing Rìgh Arailt agus Styrbjörn a-mach às na truaillean iad agus rinn iad tomhas orra nan làmhan agus rinn iad coimhead geur orra; agus b' e beachd an dithis nach faca iad a-riamh claidheamhan na b' fheàrr na iad seo. Chaidh an uair sin na claidheamhan timcheall a' bhùird air fad, oir bu mhòr an t-annas a bha aig iomadh aon ron leithid seo de bhuill-airm; agus b' ann a shuidh Odhrm le mòr-dhragh air gus an do thill iad, oir bha e a' faireachdainn aonaranach agus leth-rùisgte às eugmhais Gorm-theangaich.

Shuidh mu choinneamh Odhrm agus Thorchair dithis bhràthair ris an canadh Sìtric agus Dyre agus a bhuineadh do rìgh Suain; bha Sìtric air bòrd long rìgh Shuain fhèin. Bu tomadach agus leathann e, agus b' fhada agus fiadhaich fheusag-san, agus i a' dol suas mu shùilean. B' òige na esan Dyre a bhràthair, agus bha esan cuideachd air a mheasadh mar aon de na fir a b' fheàrr a bha ann an cuideachd rìgh Shuain. Bha Odhrm air aire a thogail gun robh Sìtric a-nis air a bhith a' dùr-choimhead le sùilean dubha e fhèin agus Torchair; agus nuair a ràinig na claidheamhan e fhèin, sgrùdaich e gu cùramach iad agus bha e coltach gun robh e doirbh dha am fàgail.

Bhrosnaich rìgh Suain, a bha dèidheil air sgeulachdan à tìrean cèin, a-nis Torchair gus cumail a' dol; agus thuirt Torchair – a mheal leann gu dealasach anns an fhois aige – gun robh e deiseil gus tòiseachadh a-rithist cho luath agus a sguireadh na fir mu choinneamh a shanntachadh a chlaidheimh agus claidheamh Odhrm. Leig Sìtric agus Dyre seachad na claidheamhan an uair sin, gun fhacal aca ri ràdh, agus lean Torchair air.

Dh'innis e a-nis mu Almansur agus a chumhachd agus a shaidhbhreas, agus mar a thàinig iad ann an seirbhis anns an fhreacadan aige agus mar a dh'fheumte iad a bhith pàirteach ann a bhith a' dèanamh adhradh dha Fhàidh-san le lùbadh agus caraghas, agus mu na cogaidhean a dh'fhiosraich iad agus an creach a thog iad. Ràinig e an turas aca tron Fhàsach, a dh'ionnsaigh uaigh an Naoimh Seumas, agus dh'innis e mu mar a shàbhail Odhrm beatha Almansuir agus mar a fhuair e torc-muineil mòr òir mar thaing. Ars' an uair sin Rìgh Arailt:

-Ma tha an torc sin agad fòs, Odhrm, bu mhiann leam gun sealladh tu dhuinn e; oir ma tha e cho math am measg dhuais agus a tha ur claidheamhan am measg bhall-airm, b' fhiach an uair sin fhaicinn.

-Tha e agamsa fòs, fhreagair Odhrm, agus cumaidh mi gu buan e; agus b' e daonnan mo bheachd fhèin nach bu ghlic e a shealltainn do dhaoine, oir is ann a tha e math gu leòr gus sannt a dhùsgadh aig gach aon ach rìghrean agus na moraiean as àirde saidhbhreas. Ach bu dona e nan diùiltinn a shealltainn dhuibhse, a thighearna rìgh, agus do Rìgh Suain is do Rìgh Styrbjörn agus na h-Iarlan; ach bu mhath an rud mura rachadh a thoirt dhan chòrr.

Dh'fhosgail Odhrm an uair sin an lèine aige agus thug e a-mach an torc, a bha mu amhaich, agus thug e do Shiuchraid mac Bhue e. Thug Siuchraid e gu Hallbjörn nan Steud, a bha air a dheas-làimh, agus thug Hallbjörn e thairis air àite-suidhe an Easbaig Poppo, oir b' fhalamh àite-suidhe an easbaig, los gun robh e a-nis air fàs lag ri òl na Nollaige agus bha e na laighe anns an leabaidh agus Bràthair Willibald a' gabhail cùraim air.

Sgrùdaich Rìgh Arailt an torc agus chùm e ris an t-solas e gus am faiceadh e a bhòidhchead na b' fheàrr. Thuirt e gun do chruinnich e seudan agus duaisean fad a bheatha agus fhathast nach b' eòlach e air nì na bu bhòidhche na a chunnaic e na seo. Bha an torc air a dhèanamh à leacan leathann den òr a bu soilleire dreach; bha gach leac fada agus seang, òirleach math de dh'fhaid, cho leathan ri ìne na h-òrdaige mòire anns a' mheadhan, far am bu leathainne i, agus a' caolachadh faisg air na cinn; bha an sin fàinneachan beaga, a cheanglaich i dhan ath-leac. Bu sia leacan deug air fhichead anns an torc gu h-iomlan, agus bha seud dhearg anns gach dàrna leac agus seud uaine anns a' chòrr dhaibh.

Nuair a fhuair Styrbjörn e, thuirt e gur e seo gu dearbha gobhadaireachd Vaulund, ach gun do shaoil e gun robh seudan a' cheart cho bòidheach ris ann an cisteachan bràthair athar: agus bha rìgh Suain den bheachd, nuair a ruig an torc esan, gur e duais a bha seo airson a thoireadh àrmainn seachad am fuil agus nigheanan rìghrean an òigheachd.

An dèidh dha Torcal Àrd an torc a sgrùdadh agus a mholadh mar a rinn an còrr, thug e seachad e thar a' bhùird a dh'ionnsaigh Odhrm. Sin nuair a shìt Sitrìc air adhart agus a ghrèimich e air a shon, ach bu luaithe na esan Odhrm agus fhuair e thuige fhèin e.

-Cò air a dh'fheuchas tu? ars esan ri Sitrìc. Cha chuala mi gur rìgh no iarla thu, agus cha shuathaich daoine eile e.

-Bu mhath leam strì a chumail leat mun torc, arsa Sitrìc

-Dh'fhaodadh gum bu mhath, thuirt Odhrm, oir is coltach dhomh gur duine suarach thu aig nach eil modh. Ach is e mo mholadh-sa gun cùm thu do chorragan riut fhèin agus gum fàg thu daoine ciallach dhaibh fhèin.

-Is eagalach leat a bhith a' strì leam, dh'èigh Sitrìc; ach is ann ri strì a bhios sinn, air neo an torc fhàgail agam; oir tha gnothach agam riut bho shean, agus is e an torc a bu mhath leam mar rèiteachadh.

-Feumaidh nach còrd an leann riut gu math, gus am bruidhinn thu nad dhallachd, arsa Odhrm, oir chan fhaca mi riamh thu ron fhèill seo, agus mar sin chan urrainn gnothach a bhith agadsa rium. Agus a-nis, chùm e air is e a' fàs mì-fhoighdinneach, is e as glìce dhut a bhith nad shuidhe gu sàmhach agus a bhith gad chumail fo smachd, mus iarr mi cead bho Rìgh Arailt do shròn a thoirt dhiot far a bheil thu nad shuidhe. Is duine sìtheil mi, agus is beag mo mhiann làmh a chur ri aodann leithid na th' ortsas, ach is coltach dhomh gur dòcha gu bheil thusa feumach air cronachadh fìu 's bhon fhear as fhoighdinniche sunnd.

B' àrmann mòr-chliùiteach Sìtric, agus eagail aig mòran roimhe air sgàth a lùths agus fhòirneirt, agus is gann gun robh e cleachdte ris an leithid seo de chainnt a chluinntinn. Leum e suas bhon bheing agus gheum e mar tharbh agus sgreuch e droch chainnt; ach chualas na bu mhotha na sin guth Rìgh Arailt, agus e a' toirt seachad òrdugh na sìthe le feirg air, agus dh'fhaighnich e cò mu dheidhinn a bha an ùpraid.

-Chaidh an duine seo, a thighearna rìgh, arsa Odhrm, às a rian mar thoradh air ur cuid leanna ro-mhath agus a chuid sanntachd fhèin; oir nì e sgreuch gus an torc agam fhaighinn agus their e gu bheil gnothach aige rium ged nach faca mi riamh roimhe e.

Rinn Rìgh Arailt gearain air mar a dh'adhbharaicheadh cuideachd rìgh Shuain daonnan trioblaid, agus dh'fhaighnich e air Sìtric le guth gharg carson nach robh aige de chiall gus a chumail fo ghrèim fhèin, nuair a chuala e gun robh an dà chuid sìth Chrìosd agus sìth Rìgh Arailt air an gairm anns an talla.

-A thighearna rìgh, arsa Sìtric, innsidh mi mar a tha a h-uile rud air a chur air dòigh, agus chì sibh gur ann agamsa a tha an làn-cheart. Fhuair mi dochair agus mì-cheart bho chionn seachd bliadhna, agus tha mi a-nis air cluinntinn gun robh làmh aig an dithis seo anns a' chùis. Bha sinn air an t-slighe dhachaigh às na deas-thìrean le ceithir luing, Bork Suaineach is Peadar an Airgid agus Faravid MacShuain agus mi fhìn; b' ann an sin a choinnich sinn ri trì luing a bha a' siubhal thall agus a labhair sinn leotha, agus is agamsa a tha fios a-nis cò b' iad na luing sin bhon sgeulachd aig an Torchair a tha seo. Agus bha air an long agamsa tràill às an Spàinn. Bu dorch fhalt agus bu bhuidhe a chraiceann; leum e far a' bhàta ri ruith a' chòmhradh agus thug e leis fear-cèile mo pheathar Osgail, duine math, agus chan fhacas tuilleadh den dithis aca. Agus tha sinn uile a-nis air cluinntinn gun deach an tràill seo a thogail leis na luing aca agus gur esan am fear ris an can iad Solamh an t-Iùdhach agus às an d' fhuair iad deagh fheum. B' iad an dithis a tha nan suidhe an seo a-nis, Odhrm agus Torchair, a thog às an t-sàl e; chuala sinn sin bho bheul aonain dhiubh fhèin. Dhèanainn deagh phrothaid às an leithid sin de thràill; agus tha an Odhrm a tha seo na cheann-feadhna orra sin a tha air fhàgail bho luing Krok, agus mar sin is ceart gun dioladh esan an dochair a dh'fhulaing mise. Iarraidh mi mar sin ortsa, Odhrm, gun toir thu dhomh an torc mar dhioladh air an tràill agus air fear-cèile mo pheathar, ge brith an dèan thu sin le do mhiann fhèin air neo a dhol nam aghaidh ann an còmhraig air an taobh a-muigh, air talamh a tha air a stampadh, le claidheamh agus sgiath, anns a' bhad. Is mi a dh'fheumas do mharbhadh co-dhiù, on a thuirt thu gum bu mhath leat mo shròn a thoirt dhìom; chan fhacas riamh duine a rinn tàire ormsa, Sìtric mac Striagaid a sheòlas le rìgh Suain fhèin, agus a chunnaic glasadh an là.

-Is dà nì a tha dhomh na chomhfhurtachd is mi a' cluinntinn do chuid chainnt, ars Odhrm. Is e a' chiad nì gur leamsa an torc agus gur leamsa a bhios e, ge brith cò iad a leum far do luing bho chionn seachd bliadhna. Agus is e an dàrna nì gum bi rudeigin ri ràdh agam fhìn agus aig Gorm-theangach a thaobh cò den dithis againn a thig beò nas fhaide. Ach cluinneamaid an toiseach na chanas Rìgh Arailt mu dheidhinn seo uile.

Bu shunndach na h-uile a bha an làthair anns an talla; oir bha gach aon an dùil gum b' fhiach strì eadar dithis leithid Odhrm agus Sìtric fhaicinn. Shaoil an dà chuid rìgh Suain agus Styrbjörn gur e b' fhèarr dibhearsain a bhiodh anns an leithid rè òl na Nollaige; ach bha Rìgh Arailt na shuidhe gu tostach, làn smuaintean agus e a' sliobadh fheusaig-san le coltas amhrasach air aodann. Mu dheireadh, thuirt e:

-Is duilich anns a' chùis seo breithneachadh ceart a dhèanamh; agus cha chinnteach idir a bheil còir aig Sìtric dioladh iarraidh air Odhrm son rud a dh'fhulaing e às eugmhais làmh Odhrm fhèin a bhith an sàs. Ach is fìor gur beag an toil a th' aig duine air bith gus deagh thràill no cèile-peathar a chall gun a bhith ag iarraidh diolaidh air an son sin. Agus bhon a tha an dithis air tàire a

dhèanamh air an fhear eile, is cinnteach gum bi strì ann eadar an dithis seo, cho luath is a gheibh iad a-mach à mo shealladh; agus is cinnteach gun do dh'adhbhraich torc leithid na th' aig Odhrm iomadh murt mar-thà agus gun adhbhraich e tuilleadh dhaibh sin fhathast. Mar sin, is e mo bheachd gu bheil e a' cheart cho math gum faigh iad a-nis còmhrag eadar a chèile an seo, mar thlachd dha na h-uile a tha an làthair; agus nì thusa, Hallbjörn, cinnteach àite-còmhraig fhaighinn deiseil agus air a chuairteachadh air an taobh a-muigh, far as rèidhe an talamh. Agus cuir ann lasan agus gealbhain mun cuairt, agus innis nuair a bhios gach rud deiseil.

-A thighearna rìgh, thuirt Odhrm le guth dhraghail, cha mhiann leam leithid de chòmhraig.

Choimhead gach aon air, agus rinn Sìtric agus mòran de chuideachd rìgh Shuain gàire mhòr. Chrath Rìgh Arailt a cheann agus thuirt e:

-Mas eagalach leat an strì, chan fhaic mi càil eile ach gum feum thu an torc fhàgail aige-san, ge brith dè am feum a nì sin riut. Shaoil mi gun robh coltas na bu ghairge ort bho chionn goirid.

-Chan i a' chòmhrag as adhbhar eagail dhomh, arsa Odhrm, ach am fuachd. Bha mi daonnan cugallach a thaobh slàinte, agus is e am fuachd as lugha a sheasas mi: agus chan eil càil as cunnartaiche dhomh na tighinn a-mach à blàths agus leann agus a-steach gu fuachd na h-oidhche, agus gu h-àraid a-nis agus mi fada sna deas-thìrean agus nach cleachd dhomh fuachd greamhraidh tuilleadh. Agus is coltach dhomh gur beag an ciall ann a bhith toirt ormsa fulang le casaid fad a' gheamhraidh mar thoradh air an duine seo Sìtric; oir is àbhaist dhan leithid a bhith maille rium fad ùine mhòr, agus bu mhinig a thuirt mo mhàthair rium gur iad casadaich is pian a dh'adhbhraicheadh mo bhàs, mura robh mi cùramach leam fhìn. Agus nam bu leamsa riaghladh anns a' chùis seo, a thighearna rìgh, b' e a b' fhèarr gun tachradh an strì an seo air an taobh a-staigh, air beulaibh a' bhùird agaibh fhèin, far a bheil rùm gu leòr. Cuideachd, chìtheadh sibh fhèin a' chòmhrag às eugmhais na saothrach uile.

B' iomadh aon a rinn gàire mhòr air eagal Odhrm; agus cha do rinn Sìtric gàire tuilleadh. Seach sin, rinn e sgreamhail uabhasach agus e dearg le feirg gun sàbhaileadh esan Odhrm bho gach eagal ro chasadaich. Ach bu choma le Odhrm e, agus shuidh e le aghaidh a dh'ionnsaigh Rìgh Arailt agus rinn e feitheamh air a roghainn-san. Thuirt Rìgh Arailt:

-Is bochd lagachadh na h-òigridh agus nach eil iad tuilleadh mar a bha. Cha do smaoinich mic Lodbrok air slàinte no sìde, is cha do smaoinich no mise ann an làithean m' òige; ach am measg òigridh is gann gun aithne dhomh ach Styrbjörn dar seòrsa. Ach is fìor an rud gur dòcha gum biodh e math dhomh is mi air tighinn gu aois a bhith a' faicinn na còmhraige far a bheil mi nam shuidhe. Agus is math an nì gu bheil an t-Easbaig na chadal, los gun cuireadh esan an aghaidh seo. Ach is e mo bheachd fhèin nach brisear an t-sìth a ghairm sinn anns an talla leis na nithean a cheadaichear leam fhìn; agus cha chreid mi nach còrdadh còmhrag ri Crìosd, nan tachradh gach nì a rèir lagha agus seanchais. Mar sin, biodh e mar sin gun dèanadh Odhrm agus Sìtric strì an seo anns an talla mhòir air beulaibh a' bhùird agamsa, le claidheamhean agus sgiathan, le clogaidean agus màille; agus chan fhaod duine idir taic air bith a thoirt dhaibh ach le bhith a' cur orra an t-èideadh-airm. Agus ma thèid aonan agaibh a mharbhadh, tha gach nì gu math; ach mas e 's nach urrainn do dh'aonan agaibh seasamh tuilleadh, air neo ma shadaileas e air falbh a chladheamh, air neo ma theicheas e fo na bùird, chan fhaod dhan fhear eile a shàthadh tuilleadh; ach le sin bidh e air an strì a chall agus mar sin an torc. Agus nì mi fhìn agus Hallbjörn nan Steud cinnteach gun tèid gach nì mar bu chòir.

Chaidh fir a-nis a dh'fhaighinn èideadh-airm do dh'Odhrm agus do Shìtric; agus bu mhòr an fhuaim a chluinneadh a-nis anns an talla, le iomadh aon a' gairm air a chèile. Shaoil cuideachd Rìgh Arailt gur Odhrm a b' fhèarr dhaibh, ach mhol cuideachd rìgh Shuain Sìtric is iad ag ràdh gun do

chuir e naoinear gu làr ann an còmhragan gun a bhith air a leòn le rud a dh'fheumadh stail idir. Am measg na feadhna a bu labhartaiche lorgadh Dyre; cheasnaich e Odhrm an robh eagal air ro chasadaich anns an uaigh, agus an dèidh dha sin a dhèanamh thionndaich e dha bhràthair agus dh'iarr e air a bhith a' faighinn a leòr leis an torc agus a leigeil leis-san, Dyre, claidheamh Odhrm fhaighinn.

Bha Torchair air a bhith na shuidhe gu bròn-shunndach bhon a chaidh casg a chur air a sgeulachd agus e a' brunndail dha fhèin agus ag òl; ach nuair a chuala e na thuirt Dyre, thill beatha thuige. Shàth e an sgian-bhìdh aige anns a' bhòrd air beulaibh Dhyre, gus an robh e na sheasamh gu domhainn anns an fhiodh, agus shad e a chladheamh, nach robh rùisgte, ri taobh na sgèine: air dha sin a dhèanamh, leum e thar a' bhùird, cho luath is nach b' urrainn do Dhyre teicheadh, agus ghabh e grèim air le chluasan agus air feusag a ghruaidh agus phut e aghaidh a dh'ionnsaigh nam ball-airm agus thuirt e:

-Chì thu an seo buill-airm a tha a cheart cho math ris an fheadhainn aig Odhrm; ach buannaichidh tusa iad thu fhèin, nam bu mhath leat iad, seach a bhith ri grìosad do dhaoine eile.

Bu làidir am fear Dyre, agus ghabh e grèim air làmhan Torchair agus shaothraich e gu cruaidh air faighinn saor; ach bu ghoirt seo na fheusag agus na chluasan, agus rinn e othail agus cha d' fhuair e air falbh.

-Tha mi an seo gad chumail ri còmhradh gu coibhneil, arsa Torchair, los nach miann leam sìth an rìgh a tha a' riaghladh anns an talla seo a bhriseadh. Ach cha leig mi às thu gus an geall thu dhomh strì a chumail rium; oir cha chòrd an tàmh ri Dearg-ghobach nuair a bhios a piuthar a-mach.

-Leig às dhomh, thuirt Dyre le bheul anns a' bhòrd, agus spadaidh mi thu cho luath 's a ruigeas mi ort.

-Gheall thu sin a-nis, arsa Torchair; agus le sin leig e às dha agus shèid e air basan a làmhan gus cuidhteas fhaighinn de dhòrlach feusaig a thàinig dheth.

Bu dearg cluasan Dyre ach a thuilleadh air sin bu gheal le dubh-fheirg e agus cha bu choltach an toiseach gun robh fiù 's cainnt aige. Dh'èirich e agus thuirt e:

-Gheibh sinn seo rèidh anns a' bhad; agus is e sin as fheàrr, oir gheibh mar sin an dà chuid mi fhìn is mo bhràthair claidheamh Spàinnteach dha fhèin. Rachamaid a-nis a-mach agus leigeamaid ar mùn le chèile, is na dìochuimhnicheamaid na claidheamhan a thoirt leinn.

-Bu cheart do chainnt, arsa Torchair, oir eadarainn fhèin chan fheumar a bhith àrd-chùiseach. Agus air an adhbhar seo bidh mi dhut taingeil cho fad is beò thu; agus chì sinn dè cho fada is a bhios sin.

Chaidh iad sìos dà thaobh bòrd an rìgh, gach fear air a thaobh fhèin agus an uair sin taobh ri taobh a-mach à fear de na dorsan air a' bhalla ghèarr. Choimhead rìgh Suain orra sin is fiamh-ghàire air aodann, oir bu tlachdmhor dha gun robh a chuideachd cho deònach is gun do dh'àrdaich iad an cuid cliù agus an t-eagal a sgaoil iad umpa.

A-nis bha Odhrm agus Sitrig trang a' cur orra èideadh a' bhlàir; agus chaidh an làr air an robh iad a' dol a shabaid a ghlanadh, gus nach tuisleadh iad air an fheur air neo air na cnàmhan-feòla a shadadh an sin do choin Rìgh Arailt. Dhùmhlaich na fìr a bha na b' fhaighe air ballachan na talla na b' fhaighe gus sealladh na b' fhèarr fhaighinn agus sheas iad gu dlùth le chèile air beingean agus bùird air dà thaobh an àite bhàin, agus air cùlaibh bòrd Rìgh Arailt agus ris a' bhalla air a' cheathramh taobh. Bha Rìgh Arailt a-nis na b' àghmhoire sunnd agus deònach an strì fhaicinn; agus nuair a thachair e gun do thionndaidh e agus a chunnaic e dithis de chuid mhnathan a' giogadh aig an doras agus a' coimhead a-steach gu feòrachail, dh'òrdaich e gun tigeadh a chuid mhnathan agus nigheanan a-steach a choimhead; oir bu chruaidh an rud, shaoil e, an leithid seo de chleasachd a thoirt air falbh bhuapa. Rinn e àite do chuid aca anns na h-àrd-chathraichean ri thaobh fhèin agus

ann an àite bàn an Easbaig; agus dh'fheumadh an dithis nighean a b' àille tighinn a shuidhe ri taobh Styrbjörn agus cha do rinn iad gearain nach robh rùm gu leòr ann dhaibh; rinn iad gàire shuirgheachais is e a' tabhann dhaibh leann, agus dh'òl iad gu stuama. Chuireadh do na mnathan dha nach robh àite gu leòr anns na h-àrd-chathraichean being air cùlaibh a' bhùird, far nach do dhubhaich an t-àrd-chathair an sealladh.

Dheònaich Hallbjörn nan Steud gun sèideadh trombaidean a ghairm air sàmhchair agus dh'aithris e nach bu chòir do dh'aon aca gluasad idir rè na còmhraige, agus nach faodadh duine idir comhairle a dh'èigheadh air no nithean a shadal a-steach dhan àite-chòmhraige. Bu deiseil an dithis aca agus chaidh iad a-steach dhan àite agus a dh'ionnsaigh a chèile; agus nuair a chunnacas gun robh Odhrm a' cumail a chlaidheimh na dheas-làimh, nochd fuaimean mar gun robh muinntir an àite air bhioran uile; los gum bu duilich strì eadar deas-làmhach agus clì-làmhach, bhon a thigeadh na sàthaidhean bhon taobh eile agus nach dìonadh na sgiathan cho math iad.

B' fhollaiseach air an dithis gur àrmann iad leis nach rachadh ach glè bheag de dhaoine ann an strì lem miann fhèin, agus cha robh e coltach air an aon dhiubh gun robh eagal orra ron chrìoch. Bha Odhrm ceann gu leth na b' àirde na Sìtric agus b' fhaide a ghàirdein; ach bha Sìtric na bu leathainne agus bu choltach gur esan a bu làidire dhiubh. Chùm iad na sgiathan aca air adhart gu math air an cuim agus àrd gu leòr gus an amhaich a dhìon gu luath, agus chum iad an sùilean air claidheamh an duine eile. Cho luath agus a thàinig iad dlùth dha chèile, shàth Odhrm air casan Sìtric; ach leum am fear sin air falbh agus thug e buille chruaidh air ais, a chaidh air a' chlogaid le sgileog. An dèidh sin, dh'fhàs an dithis faiceallach agus thug iad a h-uile sàth air na sgiathan; agus mhìnich Rìgh Arailt dha chuid mhnathan gur math an nì le seòid eòlach nach rachadh tro chèile air neo a bheireadh cothroman dhan àrmann eile, oir gum mair an spòrs mar sin nas fhaide.

-Agus is duilich ri ràdh, fiù 's ri cuideigin a chunnaic iomadh rud, cò an laoch a bheir buaidh, thuirt e; ach is coltach dhomhsa gur e an ruadhan fear de na daoine as cinntiche a chunnaic mi riamh, fiù 's ged a tha eagal air ron fhuachd; agus dh'fhaodte gun caill Rìgh Suain àrmann anns a' chòmhraig.

Rinn Rìgh Suain, a bha coltach ris an dithis iarla na shuidhe air ceann a' bhùird gus a bhith air a thionndadh dhan strì, braoisg bheag làn tàire agus thuirt e nach feumadh dragh idir a thaobh sin a bhith aig duine air bith dham b' eòlach Sìtric.

-Agus ged nach eagalach dham chuideachd a' chòmhrag, thuirt e, is gann gun caill mi an t-aon aca anns an dòigh sin, ach nuair a nì iad strì le chèile.

Thill Torchair a-nis. Bha a cheuman crùbach agus chualas e ag obair air pìos rannaidheachd; agus nuair a ghabh e ceum a-steach thar na beinge, chunnacas gun robh fuil a' ruith sìos bho aon chalpa.

-Ciamar a chaidh do Dhyre? dh'fhaighnich Siuchraid mac Bhue

-Thug e ùine, arsa Torchair, ach tha a mhùn seachad.

Cha do choimhead duine ach air an strì, far an robh e coltach gum bu mhiann le Sìtric crìoch luath a ruigsinn. Rinn e ionnsaigh bhrùideil agus dh'fheuch e air casan agus aghaidh Odhrm fhaighinn cho math ri corragan na làimh' leis an do chleachd e an claidheamh. Bu mhath an dìon a bh' aig Odhrm ach cha bu choltach gun d' fhuair e fhèin mòran a dhèanamh, agus b' fhollaiseach dhan luchd-amhairc gum bu trioblaideach dha sgiath Shìtric. Bu mhotha e na an sgiath aige fhèin, agus dèanta à fiodh buan, le leathair thiugh air a chur air, agus cha robh ach am bucal anns a' mheadhan dèanta à iarainn; bu chunnartach e nam biodh an claidheamh air a ghlacadh ann an oir na sgèithe, oir dh'fhaodadh dha an uair sin a bhith air a bhriseadh air no air a chàradh a-mach às an làimh. Bu làn-iarainn sgiath Odhrm, agus pìc-sgèithe geur air.

Rinn Sìtric braoisg eile air Odhrm agus dh'fhaighnich e air an robh seo teth gu leòr dha. Ruith fuil air gruaidh Odhrm an dèidh na ciad sàth air a' chlogaid, agus bha e air leòn fhaighinn na

chois agus gearradh air a làimh; cha bu leòinte Sìtric fhathast. Cha do fhreagair Odhrm idir, ach ghèill e ceum air ceum air ais ri taobh fear de na bùird ghèarr. Rinn Sìtric e fhèin deiseil air cùlaibh na sgèithe aige agus leum e air adhart agus dha na taobhan agus rinn e ionnsaighean a shìor-fhàs na bu bhrùideile, agus shaoil a' mhòr-chuid gun robh a bhuaidh-san a' teannadh dlùth.

Gu h-obann, thug Odhrm ceum air adhart agus ghlac e sàth Shìtric le chladheamh agus phut e le làn-lùths an sgiath aige fhèin ri sgiath Shìtric, gus an deach am pìc-sgèithe tron leathair agus tron fhiodh agus a bha e glacte gu trom. Phut e na sgiathan sìos cho cruaidh agus gun do chaill an dithis grèim air na sgèithean, agus dheuraich iad agus fhuair iad na claidheamhan saor, agus shàth iad aig an aon àm. Thàinig sàth Shìtric anns an taobh agus rinn e toll ann am màille Odhrm agus bu domhainn an leòn a rinn e; ach thug sàth Odhrm air an amhaich; agus bu mhòr an othail a chualas anns an talla nuair a thugadh an ceann dheth agus nuair a bhoc e air oir a' bhùird agus a thuit e a-steach don bharrail-leanna a bha air ceann a' bhùird.

Dh'udail Odhrm agus fhuair e taic bhon bhòrd; ghlan e a chladheamh air a ghualann agus stop e a-steach dhan truaill e agus choimhead e ris an ablach gun cheann a bha na laighe air a chasan.

-Tuigidh tu a-nis, thuirt e, cò leis an torc.

AN DEICHEAMH CAIBITEIL

Mar a chaill Odhrm an torc aige

Bhuannaich còmhrag an tuirc mòr-chliù ann an taigh an rìgh, ann an talla is cidsin agus seòmraichean nam ban. Chuir gach uile a chunnaic i gach nì a thachair agus a chaidh aithris rin cuimhne, gus am biodh sgeul math aca ri innse do dhaoine eile. Bu mhòr am moladh a fhuair glacadh na sgèithe le Odhrm; agus dh'aithris Innis Tileach Styrbjörn an ath-oidhche rannan air *ljodahattr* mun chunnart air a bhith a' call do chinn ann an leann. B' e beachd gach aoine nach faighear fiù 's aig Rìgh Arailt Nollaig cho math ri seo a h-uile bliadhna.

Ach dh'fheumadh Odhrm agus Torchair laighe anns an leabaidh len leòin agus bu bheag an comhfhurtachd a bh' aca airson ùine, ged a shlànaich Bràthair Willibald iad leis na cungaidhean a b' fhèarr a bh' aige. Thàinig iongar ann an leòn Torchair, gus an robh e aig amannan às a chiall agus cunnartach agus a dh'fheumadh ceathrar a chumail sìos gus an leòn a ghlanadh; agus bha Odhrm, a fhuair dà asna air an sgriosadh agus a chaill mòran fala, a' faireachdainn goirt agus làn laigeis agus cha robh miann aige ri biadh mar as àbhaist dha. Shaoil e gur e fìor dhroch mhanadh a bha seo agus dh'fhàs inntinn-san trom.

Thug Rìgh Arailt deagh sheòmar dhaibh anns an laigheadh iad, le blàths bho chagailt ann agus le feur anns na leapannan seach connlach. Thàinig iomadh aon de chuideachd an rìgh agus cuideachd Styrbjörn air a' chiad là gus bruidhinn air a' chòmhraig agus gus fealla-dhà a dhèanamh air mòr-fheirg rìgh Shuain, agus lionadh an seòmar le fìr agus le ràpal gus an do dh'fhuadaich Bràthair Willibald le teanga ghèir iad uile; agus cha bu chinnteach Odhrm no Torchair an e a bu mhiosa a bhith maille ri daoine eile no nan aonar. B' e seo an t-àm nuair a chaill iad an cuideachd, a bha ag iarraidh tilleadh dhachaigh bhon a bha fèill na Nollaige seachad; gach aon aca a thuilleadh air Rapp, a bha fon choill na sgìre fhèin agus mar sin a dh'fhan leotha. Oir an dèidh beagan làithean, nuair a thàinig gèile agus nuair a sgap an deigh agus nuair a theich rìgh Suain gu dubhach dhan mhuir às eugmhais mòran fhaclan ri càch, dh'fhàg Styrbjörn soraidh slàn aig Rìgh Arailt, los gum bu chabhagach dha tighinn mun cuairt agus a thogail dhaoine dhan chreach aige; agus fhuair cuideachd Odhrm siubhal air a chuid luing, cho fhad 's a rinn iad an cuid fhèin aig an iomram. Bu mhòr miann Styrbjörn Odhrm agus Torchair fhaighinn am measg a chuideachd fhèin; thàinig e fhèin a-steach dhan t-seòmar aca, is e ag ràdh gum bu mhòr a chuidich iad tlachd na Nollaige agus nach bu chòir dhaibh a-nis laighe gu fada agus a' blasadh an cuid smalan.

-Agus faiceam sibh ann am Bornholm nuair a shineas na corran glasa an cinn, thuirt e; oir is ann do dh'fhir a tha cho stuama ribhse a tha àite aig claigeann-tòisich mo luing fhìn.

Dh'ìomaich e gun fheitheamh ri freagairt, deònach ri nithean cabhagach; agus b' e seo na bh' aca de chòmhradh le Styrbjörn. Laigh iad gu sàmhach fad ùine; an uair sin thuirt Torchair:

Fàilte bhuam ron lò
Far am faic is mi air bòrd
Corra glas agus geòidh
Dhan àird a tuath fo sheòl

Ach fhreagair Odhrm gu tùrsach, an dèidh dha smaointinn fad greis:

Ciùinich le corran; oir
Thèid mise an siud ron uair
San dèan dallagan gruamach
Air mairbh, mùgadh fuar

Nuair a bha a' chuid a bu mhotha de na h-aoi ghean air falbh agus na bu lugha de chabhag anns a' chidsin, dheònaich Bràthair Willibald gum faigheadh an dithis leòinte brot-feòil dà uair gach là gus an cuid neirt a shlànadh; agus rinn an uair sin cuid de mhnathan an rìgh a-mach à ùidh gnothach dhaibh fhèin tighinn a-steach dhan t-seòmar leis a' bhrot. B' urrainn dhaibh seo a dhèanamh gun cuideigin a' cur dragh orra; oir bha Rìgh Arailt na laighe anns an leabaidh an dèidh biadh na Nollaige, agus dh'fheumadh Bràthair Willibald agus Bràthair Mata an cuid as motha den ùine aca a chaitheamh ann san t-seòmar aige maille ris an easbaig, ag aithris ùrnaighean dha agus gus cungaidhean glanaidh a thoirt dha airson fhala agus chaolain.

B' i a' chiad tè a chuir a ceann a-steach a' bhana-Mhòrach a chunnaic iad nuair a nochd iad ro Rìgh Arailt anns a' chiad uair; b' àrd an t-èigheadh a rinn Torchair nuair a chunnaic e i agus dh'iarr e oirre tighinn na bu dlùithe. Thàinig i a-steach le pige agus spàin agus shuidh i maille ri Torchair agus thòisich i ga bhiadhadh; agus thàinig maille rithese tè eile, a shuidh maille ri Odhrm. B' òg am boireannach seo, àrd agus cuimte agus fionn na craiceann, le sùilean liatha agus beul mòr àlainn; bu dorch a falt agus bha bann òmarach na falt. Chan fhaca Odhrm roimhe i, ach bu shoilleir e nach b' ann dha na searbhantan a bhuin i.

Bu duilich do dh'Odhrm am brot ithe, oir cha b' urrainn dha suidhe mar thoradh air a leòn, agus fhuair e balgam ann am bràigh an sgòrnain agus thòisich e a' casadaich. Thàinig gath piantach anns an leòn aig a' chasadaich, gus an do dh'fhàs trom-inntinn air agus rinn e gurman. Thàinig fiamh-ghàire air aodann na h-ighne, agus bu dubh an t-sùil a thug Odhrm oirre. Nuair a dh'fhalbh an casadaich, thuirt e

-Chan ann gus an dèan daoine gàire orm a tha mi an seo. Cò thusa?

-Is mise Ylva, fhreagair i, agus cha robh fios agam gur e cuideigin air an dèanainn gàire a bh' annad roimhe seo. Ciamar as urrainn dhut gearainn a dhèanamh air spàin de bhrot blàth, thusa a chuir sàr-àrmann mo bhràthar Suain gu làr?

-Cha b' ann air a' bhrot a rinn, thuirt Odhrm: thuigeadh fiù 's boireannach gur goirt leithid a leòn ris na th' agamsa. Ach mas piuthar Rìgh Shuain thu, is dòcha gun tig thu le brot olc; cha thlachd dhomh am blas. An tàinig thu gus an cron a rinn mi air do bhràthair a dhioladh?

Dh'èirich an nighean agus shad i spàin agus pige a dh'ionnsaigh na cagailt', gus an do sgaoil am brot fada is farsaing, agus sheas i a' dùr-choimhead Odhrm le feirg oirre; ach chiùinich i an uair sin agus rinn i gàire agus shuidh i a-rithist air taobh na leapa.

-Chan eagal dhut sealltainn gu bheil eagal ort, thuirt i, bheir mi dhut am moladh sin; ach cha chinnteach cò den dithis againn as miosa a thaobh ciall. Ach chunnaic mi thu a' strì ri Sìtric, agus bu mhath a' chòmhrag i sin; agus canaidh mi sin riut, nach eil duine ann a bhios na nàmhaid dhomh le bhith a' dèanamh croin air mo bhràthair Suain. Agus chaidh Sìtric mì-mhuirte fada ro fhada. B' uabhasach am fàileadh a thàinig a-mach às a ghob, agus bha cainnt eadar e fhèin agus Suain gum faigheadh e mi ri phòsadh. Nan tigeadh an donas sin, is gann na h-oidhcheannan a thigeadh e beò an dèidh na bainnse, oir cha sheas mise ri biast de gach seòrsa. Ach is mòr an taingealachd a th' agamsa dhut airson do thaic anns an nì seo.

-Tha thu moiteil agus neo-dhiùid agus is dòcha nas miosa ri sgriobadh leis na mhòr-chuid, arsa Odhrm; ach is ann mar sin a tha e le nigheanan rìghrean. Agus cha mhiann leam a ràdh nach coltach rium gu bheil thu ro mhath airson leithid a dhuine ri Sìtric. Ach bu mhòr an cron a dh'fhulaing mise anns an strì sin agus is beag am fios a th' agam a-nis air mar a thig e gu ceann dhomh.

Phut Ylva bàrr a teagaidh eadar a fiacalan agus ghnog i a ceann le coltas smuaineil oirre.

-B' fheudar gu bheil nas motha ann na thu fhèin is Sìtric is Suain a dh'fhulaing cron agus call mar thoradh air an strì sin, arsa ise. Chuala mi mun torc agad a bu mhiann le Sìtric; their iad gun d' fhuair thu e aig rìgh na deas-tìre agus gur e as àille coltas às gach seud a th' ann. Bu mhath leam a-nis gun leig thu leam fhaicinn; agus chan fheum eagal a bhith ort gun gabhainn e is gun ruithinn, ged a dh'fhaodadh dha tighinn thugamsa nam b' e Sìtric a fhuair buaidh.

-Is bochd nì a bhith agad ris am miann gach aon suathachadh, thuirt Odhrm ann an guth a' bhròin.

-Carson nach do leig thu le Sìtric fhaighinn, ma-thà? thuirt Ylva. Gheibheadh tu cuidhteas den trioblaid siud an uair sin.

-Tha fios agam air nì a-mhàin, arsa Odhrm, ged nach robh mi fada eòlach ortsa: is gann na h-amannan nuair a gheibh am fear a phòsas tu am facal deireannach.

- Is beag an cothrom a gheibh thusa tomhas an d' fhuair thu an ceart an sin, arsa Ylva; chan ann le coltas mar sin ort, fiù 's nan robh agad còig tuirc. Carson nach d' fhuair thu cuideigin gus d' fhalt agus fheusag a ghlanadh? Tha coltas nas miosa ortsa na air Smàlannach. Ach innis dhomh a-nis mar a thachras; an seall thu dhomh an torc no nach seall?

-Is olc an cron air fear tinn a ràdh gu bheil coltas Smàlannaich air, arsa Odhrm. Is à sliochd làn-math mi an dà chuid air taobh m' athar agus mo mhàthar, agus b' e Suain Bus an Radain ann an Gaodhainge leth-bhràthair athair mo sheanmhar, agus bhuin esan air taobh a sheanmhar ri sliochd Ìomhar a' Mhòr-aitheimh. Agus is e mo thinneas a-mhàin as adhbhar gu bheil mi ri cainnt leat is nach cuir mi an ruaig ort. Ach is fìor an rud gum bu mhath leam glanadh, ged is bochd mi; agus ma nì thusa dhomh am fàbhar sin, chì mi an dèan thu rudan mar sin nas fhèarr na bheir thu dhomh brot. Ach dh'fhaodadh gur e nach dèan nigheanan rìghrean feum air bith a thaobh nithean cuideachail den leithid sin.

-Is e obair bhana-shearbhanta a bheir thu dhomh, thuirt Ylva, agus cha bu dàna gu leòr gus sin a dhèanamh neach air bith romhadsa; is cinnteach gur e as adhbhar gu bheil am Mòr-aitheamh agad anns an teaghlach. Ach is fìor gur mòr mo mhiann do choltas fhaicinn is tu air do ghlanadh; agus thig mi gu moch a-màireach, agus chì thu an uair sin gu bheil mi a cheart cho math air an leithid agus a tha neach air bith eile.

-Bidh mi air mo chìreadh cuideachd, arsa Odhrm, agus nuair a bhios gach rud air a dhèanamh a-rèir mo thoile, seallaidh mi dhut an torc.

Bha e a-nis mì-shuaimneach thall aig Torchair. Chaidh aige air suidhe suas anns an leabaidh aige agus b' àrd a shunnd mar thoradh air a' bhrot agus dlùths mnà. Labhair iad le chèile anns an

teanga aice fhèin, agus bu mhanntach Torchair anns a' chànan sin; ach bha e na bu deise le làmhnan agus dh'fheuch e ri tarraing thuige. Dhìon i i fhèin agus bhuail i e air a chorrangan leis an spàin, ach cha do thionndaich i air falbh na bu mhotha na dh'fheumadh i agus cha bu tùrsach a coltas; agus mhol Torchair a h-àilleachd cho math agus a b' urrainn dha, agus rinn e mallachdan air a chois a chùim e teann far an robh e na shuidhe.

Thionndaich Odhrm agus Ylva gan ionnsaigh, nuair a nochdadh cus othail bhon cuid cluiche; thàinig fiamh-ghàire air aodann Ylva agus dh'fhàs Odhrm mì-thoilichte agus dh'èigh e air Torchair gum bu chòir dha ciall a ghlacadh agus leigeil leatha.

-Dè shaoileadh tu a chanadh Rìgh Arailt, thuirt e, nan cluinneadh e gun robh thu a' suathachadh a mhnà os cionn a glùinean?

-Dh'fhaodadh gun canadh e na thuirt thusa, Odhrm, arsa Ylva, gur bochd nì a bhith agad ris am miann gach aon suathachadh. Ach is ann bhuamsa nach cluinn e guth, oir tha tuilleadh is a' chòir bhoireannach aige aig aois-san, agus is beag an comhfhurtachd a th' aice, an truaghan i, an seo nar measg agus is tric a thig na deòir thuice agus is duilich a ciùineadh aig na h-amannan sin, oir is beag na thuigeas i de na chanar rithe. Mar sin, na gabh thusa dragh gu bheil i ri spòrs le fear leis an urrainn dhi bruidhinn agus aig a bheil coltas an fhir dheis.

Ach chùim Odhrm ris a' bheachd gum feumadh Torchair a bhith faiceallach ann an nithean leithid seo cho fad is a bha iad nan aoighean do Rìgh Arailt.

Bha Torchair a-nis air ciùineadh agus cha do chùim e am boireannach ach ann an aon de na duail aice.

-Oir is beag a bhios ann air an dèan clabairean cainnt, arsa esan, cho fad 's a tha e mar seo le mo chois; agus tha thu fhèin, Odhrm, air cluinntin bhon t-sagart bheag siud gun do dh'òrdaich an rìgh gun dèanar gach nì air sgàth ar comhfhurtachd, air sgàth na chuir sinn de dhragh air rìgh Suain. Agus tha e mar sin leam, mar a tha fios aig gach mac-màthar, gur beag mo thoil às aonais mhnathan; agus is coltach dhomhsa nach eil ann leithid na mnà a tha seo, a dh'aindeoin mo thinneis, agus an taic as fhèarr a gheibhinn airson mo shlànachadh, agus mi mar-thà a' faireachdainn piseach. Thuirt mi rithe a thighinn a-nall cho tric agus as urrainn dhi, gus mo chuideachadh air mo chasan, agus cha chreid mi gur eagalach leatha mi ged a chaidh a suathachadh.

Rinn Odhrm gurman mì-shunndach, ach b' e na thàinig às gun tigeadh an dithis bhoireannach an làrna-màireach a nighe am fuiltean agus am feusagan. Thàinig a-nis Bràthair Willibald ann an cabhaig mhòir gus an leòin a ghlanadh; rinn e sgreamhail le feirg air a' bhrot chailte agus dh'fhuadaich e na boireannaich, agus cha bu dàna gu leòr fiù 's Ylva gus bruidhinn na aghaidh, oir b' eagalach do gach aon an fheadhainn aig a bheil cumhachdan na beatha is na slàinte.

Nuair a bha Odhrm agus Torchair nan aonar a-rithist, laigh iad gu tostach is gu leòr aca air an smaoinicheadh iad. Thuirt an uair sin Torchair:

-Is math a-nis ar fortan, bhon a lorg mnathan sinn. Tha piseach a-nis air tighinn air mo shunnd.

Ach thuirt Odhrm:

-Is dlùth a-nis an donas, mura tèid agadsa, a Thorchair, air do shannt a chumail fo smachd. Agus bu mhath an nì nan robh mi na bu chinntiche gun rachadh.

Thuirt Torchair gum b' àrd a dhòchas air a' cheist sin, nam feuchadh e ann an da-rìribh.

-Ach is fìor an rud, arsa esan, gur beag am miann a bhiodh aice ri seasamh nam aghaidh, nam bu shlàn agus deònach mi. Is beag a th' ann am bodach de rìgh do leithid de bhoireannach rithese, agus bu chruaidh an smachd a fhuair i bhon a ràinig i an t-àite. Is e Mirah an t-ainm a th' oirre agus is ann à Rhonda a tha i, agus de shliochd uasal; chaidh a toirt fo bhrùid le Lochlannaich a thàinig anns an oidhche agus a thug air falbh i fhèin agus mòran eile agus a reic i do rìgh Chorcaigh.

Agus thug esan do Rìgh Arailt i mar thiodhlac-càirdeis, mar thoradh air a cuid àilleachd. Their i gum faiceadh i barrachd luach anns an urram sin, nan robh i air a bhith ga toirt gu fear na b' òige agus leis am b' urrainn dhi còmhradh. Chan ann tric a chunnaic mi boireannach cho uasal rithese, cho àlainn na h-àirde agus cho mìn na craiceann. Ach tha ise a thàinig na suidhe ri do thaobh-sa cuideachd araidh air a h-àrd-mholadh a bharrachd, ged is dòcha gu bheil coltas rudeigin caol oirre, agus tana-fheòileach. Is coltach gu bheil i mòr-mheasail ort; agus chithear an seo cuideachd dè seòrsa fhear a th' annainn, is sinne a' coisinn gràdh mhnathan leithid seo air leapannan ar tinneis.

Ach thuirt Odhrm gum bu bheag an ùidh a bh' aige ann an gaol nam ban, los gun robh e ga fhaireachdainn fhèin a' sìor-lagachadh is a' fàs na bu truaighe, agus a' saòilsinn nach b' fhada an ùine aige.

Thàinig air an làrna-mhàireach, aig a' chamhanaich, na mnathan mar a gheall iad, agus bha còmhla riutha uisge blàth làn siabann agus cliùid; agus fhuair Odhrm agus Torchair falt agus feusag air an glanadh le mòr-chùram. Bu duilich an suidheachadh aig Odhrm, is e gun chomas suidhe; ach chùm Ylva taic ris agus làimhsich i gu faiceallach e agus rinn i a h-uile-dhìcheall, gus nach d' fhuair e siabann na shùilean no na bheul agus gun do dh'fhàs e fhathast glan. An dèidh sin, shuidh i air ceann na leaba agus ghabh i a cheann na h-uchd agus thòisich i air a chìreadh. Dh'fheòraich i dha am bu dona an laighe aige, agus dh'fheumadh e aideachadh gum bu mhath. Bu doirbh dhi faighinn tro fhalt-san gu lèir, agus e an dà chuid tiugh agus garbh, agus buailteach ri fàs na roc an dèidh a' ghlanaidh; ach dhèilig i ris le foighidinn, gus nach do shaoil e gun d' fhuair e riamh cìreadh na b' fhèarr. Labhair i a-nis gu dlùth ris, mar gun robh iad nan caraidean bho shean; agus shaoil Odhrm gum bu mhòr a chòrd e ris gun robh Ylva maille ris.

-Aon uair eile gheibh sibh cinn a bhios fliuch, mus faigh sibh air ur casan, ars' i, oir is math leis an Easbaig agus a chuideachd iadsan a tha tinn a bhaisteadh, agus is annasach nach do dh'fheuch iad fhathast. B' e siud na rinn iad le m' athair-san, an uair a bha an sìor-ghalar air agus a shaoil e gum bu dlùth dha am bàs. Agus saoilidh a' mhòr-chuid gur e as fhèarr anns an dùbhlachd gheamhraidh a bhith air do bhaisteadh is tu ann an leabaidh an tinneis; oir an uair sin cha dhòirt na sagartan uisge ach air a' cheann, ach aig amannan eile feumar a bhith bogte bho cheann gu cois anns an uisge, agus is beag ris an taitinn seo agus an t-uisge reòite fuar. Is duilich dha na sagartan cuideachd; fàsaidh iad gorm-aghaidheach, is iad nan seasamh le uisge dhan ghlùin, agus bidh cagnadh fhiacal aca gus bu bheag de bheannachadh a thig asta. Air an adhbhar sin, is fhèarr leotha iadsan a tha anns an leabaidh a bhaisteadh fhad 's a mhaireas an geamhradh, ach bu mhise a bhaist iad air Là Meadhan-Samhraidh, ris an canar Là Fhèill Eòin Bhaistidh leotha, agus cha bu duilich an t-àm sin dha. Shuidh sinn nar glùin mu cheithir-thimcheall nar culaidhean, mise agus mo chuid pheathraichean, fhad 's a leugh e far comhair; agus nuair a thog e a làmh, dhùin sinn ar sròintean agus bhog sinn sinn fhèin; agus dh'fhan mise fo uachdar an t-sàil na b' fhaide na tè air bith eile, gus an do shaoil gach aon gun do bhuin mo bhaisteadh-sa ris an fheadhainn a b' fhèarr. Fhuair sinn an uair sin aodach coisrigte agus crois bheag ri cumail mar n-amhaichean; agus cha do dh'fhulaing an t-aon againn cron bhuaithe.

Fhreagair Odhrm gum bu mhath an t-eòlas a fhuair e air cleachdaidhean neònach de gach seòrsa, oir gun robh e an dà chuid anns na Deas-thìrean, far am bu toirmisgte dha na h-uile feòil na muice, agus le manaich ann an Èirinn a dh'fheuch air a bhaisteadh.

-Agus is ann dhomhsa as slaodach tighinn gu tuigse, ars esan, gu dè am feum a nì leithid de rudan do dhaoine, air neo gu dè an tlachd a chì diathan annta. Agus bu mhath leam an t-easbaig, no fear-dhè air bith eile, a bheir orm suidhe ann an uisge fhuar thar mo chluasan, anns an t-samhradh no anns a' gheamhradh. Agus is beag mo mhiann leigeil leotha uisge a dhòrtadh air mo cheann fhad

's a leughas iad fom chomhair. Oir is e mo bheachd-sa gur math an cùram a bu chòir gabhail mu dhraoidheachd agus geasan de gach seòrsa.

Faclan-toisich

Tha eadar-theangachadh ann an iomadh dòigh aig bonn cultair, cultar nan Gàidheal cho math ri iomadh cultar eile.⁷ Eadar sgeulachdan bunasach air mar a thuigear an saoghal a bha air an giùlan bho chànan gu cànan - smaoinich, m.e., air a' Bhìoball, a thàinig dhan Ghàidhealtachd ann an Laideann a bh' air tighinn thuice bho Sheann Ghreugais, Eabhra agus Armais:⁸ no na sgeulachdan beul-aithriseil is na h-òrain a shiubhail bho theanga gu teanga agus cànan gu cànan fada mus robh iad air an sgrìobhadh sìos⁹ - is na teacsaichean is na beachdan a chuir tùs ri saoghal ar là-ne, ann am feallsanachd is saidheans is iomadh raon eile, a chaidh bho chànan gu cànan agus a tha a-nis air an leughadh air feadh an t-saoghail.¹⁰ Is gann, mar sin, gu bheil smuain no beachd idir aig neach a tha beò nach eil stèidhichte, ann an dòigh air choreigin, ann an eadar-theangachadh. A dh'aindeoin cho bunasach is a tha e dhuinn, agus cho sean is a tha e, canar aig amannan “an ealain dho-dhèanta” ri eadar-theangachadh, agus gu seachd àraid eadar-theangachadh litreachasail, is chan ann gun adhbhar.¹¹

Ma thathar a' smaointinn air eadar-theangachadh ann an dòigh shìmplidh, is e a thathar ag iarraidh aon teacsa, ann an tuigse fharsaing, a thoirt bho aon chànan, an cànan tùsail (Source Language, SL), gu cànan eile, cànan amais (Target Language, TL). Mar phàirt de sin, feumaidh brìgh agus ciall nam facal a dhol còmhla ri chèile, cho math ri miann an ùghdair a chur am follais ann an cànan eile, ann an dòigh a ghabhas tuigsinn leis an leughadair. Ach gheibhear iomadh ceist agus iomadh duilgheadas ann a bhith a' feuchainn air rudeigin a tha cho sìmplidh ri seo mhìneachadh. Ciamar a dhèiligear le faclan, abairtean agus suidheachaidhean cultarail nach gabh eadar-theangachadh, ge

⁷ Sergey Tulyanov, 'Culture' ann an *The Routledge Handbook of Translation and Philosophy*, deas. le Piers Rawlson agus Phil Wilson (Lunainn; Routledge, 2019), td. 209-2023 (td. 211)

⁸ Donald E. Meek, 'The Gaelic Bible', ann an *The Bible in Scottish Life and Literature*, deas le. David W. Wright (St. Andrew Press, Dùn Èideann, 1988), td. 9-23 (td. 10)

⁹ Tom Shippey, 'Foreword', ann an *The Shadow-Walkers: Jacob Grimms Mythology of the Monstrous* deas. le Tom Shippey (Binghamton, State University of New York at Binghamton, 2005) td. i-xi (td. ix)

¹⁰ Nils Håkansson, *Dolda Gudar: en bok om allt som inte går förlorat i översättning* (Stockholm, Nirsteds, 2021), td. 7

¹¹ Håkansson, td. 36

brith bhon chànan thùsail no dhan chànan amais? Dè mu dheidhinn co-theacsa sònraichte cultarail – am bu chòir seo fhàgail mar a tha e, ged nach urrainn a thuigsinn buileach ann an cànan an amais, no am bu chòir atharrachadh gus am bi e nas coltaiche ri co-theacsa cultarail cànan an amais? Chan eil an dà cheist seo ach nan toiseach-tòiseachaidh air na taghaidhean duilich a bhios fa-near do dh’eadar-theangadair sam bith. B’ iad na trioblaidean seo, am measg feadhainn a bharrachd, a thug air an fheallsanaiche eadar-theangachaidh Bheilgeach André Lefevre a ràdh nach e idir an aon teacsa a th’ ann an eadar-theangachadh, ach gu bheil an t-eadar-theangadair a’ cruthachadh teacsa ùr stèidhichte air an teacsa thùsail ach le buaidh bho mhòran a bharrachd na an teacsa a-mhàin.¹² Tha am beachd a steidhicheadh leis an argamaid sin air a bhith bunasach do dh’fheallsanachd eadar-theangachaidh bhon uair sin. A dh’aindeoin nach e an aon teacsa a th’ ann, ge-tà, bu mhath leis an fheallsanaiche eadar-theangachaidh Shuaineach Nils Håkansson a chur nar cuimhne gu bheil an teacsa ùr a chruthaichear leis an eadar-theangadair luachmhor agus gun urrainn dha a bhith brìoghmhor, fiù ’s ann an dòighean anns nach eil an teacsa tùsail aig amannan, ma tha e soirbheachail.¹³ Ach tha cunnart eile ann ann a bhith a’ dol ro fhada air an taobh is gun smaoinichear air an eadar-theangachadh mar theacsa ùr a-mhàin, oir tha eadar-theangachadh fhathast stèidhichte air teacsa eile bho thùs agus tha dùil aig an leughadair rudeigin a tha coltach ris fhaighinn às a bhith ga leughadh – is gu dearbh, tha cunnart ann airson tuigse thar-cultarail ann an linn far a bheil an leabhar cho cudromach ann an stèidheachadh fèin-aithne ma tha tionndaidhean ro eadar-dhealaichte den aon leabhar aig diofar chànanan.¹⁴

Beachdaichear anns an earrainn seo den tràchdas air na taghaidhean-eadar-theangachaidh a rinneadh anns an oidhirp gus earrann de mu 32,000 facal à *Röde Orm: Sjöfarare i Västerled och Hemma och i Österled* eadar-theangachadh gu Gàidhlig na h-Alba anns a’ chruth a chithear gu h-àrd, agus carson a rinneadh iad leis an eadar-theangadair. Ann a bhith a’ dèanamh sin, bheir i sùil shònraichte air an leabhar thùsail agus an ùghdar, Frans G. Bengtsson; air stoidhle agus rèim-chainnt anns an eadar-theangachadh; air eisimpleirean eile de rosg a chaidh a tharraing chun na Gàidhlig bho chànan Lochlannach agus mar a dh’eadar-theangaich iadsan ainmean pearsanta agus ainmean-àite; air a bhith ag eadar-theangachadh ainmean agus ainmean-àite anns an leabhar seo; air a bhith ag eadar-theangachadh na bàrdachd a tha na bhroinn; agus mu dheireadh nithear sgrùdadh nas mionaidiche air corra àite far a bheil geurad cainnte air a glèidheadh le cùram mar eisimpleir air na ceistean nas lugha a thàinig an cois an eadar-theangachaidh seo, anns an òrdugh sin.

¹² André Lefevre, ‘Prolegomena to a grammar of literary translation: An investigation into the process of literary translation based on an analysis of various translations of Catullus’ 64th poem’ (tràchdas PHD neo-fhoillsichte, Oilthigh Essex, 1972), td. 18

¹³ Håkansson, td. 31

¹⁴ Galin Tihanov, *The Master and the Slave: Lukasz, Bakhtin, and the Ideas of their Time* (Oxford; Oxford University Press, 2000), td. 112-114.

Mu dheidhinn an Leabhair is an Ùghdair

Is e leabhar ficsein Suaineach a th' ann an *Röde Orm* (an leabhar bho seo a-mach), stèidhichte air na dàna-thursan leth-eachdraidheil mun cuairt air an Roinn-Eòrpa a bha aig Odhrm Ruadh (Röde Orm ann an Suainis thùsail), Lochlannach ficseannach à ceann a deas na Suaine, anns an 10mh linn. Is e leabhar air leth cudromach agus cliùiteach ann an litreachadh Suaineach th' air a bhith ann bho thàinig a' chiad phàirt a-mach an toiseach ann an 1941, le cudrom nach fannaich rè ùine.¹⁵ Chaidh an leabhar eadar-theangachadh gu ceithir cànanan air fhichead thuige seo, an dà chuid cànanan faisg air an t-Suainis, leithid Nirribhis, Danmhairgais, agus Innis Tìlis, cho math ri cànanan a tha gu math fada air falbh, leithid Rùmanianais, Serbo-Croat, is Bhietnàmais.¹⁶ Thàinig an leabhar cuideachd a-mach anns a' Bheurla ann an 1956, fon tiotal *The Longships*, agus tha e fhathast ann an clò anns a' chànan siud. Ach ron oidhirp a rinneadh air an earrainn seo, cha deach an leabhar a chur gu cànan Ceilteach sam bith, is cha deach earrann no pìos a chur gu Gàidhlig na h-Alba roimhe, is mar sin is e briseadh a-steach gu talamh ùr a th' ann. Anns an t-Suain fhèin, tha an leabhar air aire agus meas a' mhòr-shluaigh a ghlacadh fad ginealaich [neo ghinealaichean?] a-nis, is e air tighinn air an àrd-ùrlar iomadh uair, an dà chuid mar dhealbh-chluich agus mar cheòl-chluich bho chaidh a dhèanamh airson na ciad uair ann an 1974, leis na tionndaidhean as ùire ann an 2023 agus 2023 ann an diofar thionndaidhean ann an Stockholm, aon dhiubh ann an *Dramaten*, aon de na taighean-deilbh as sine ann an Stockholm.¹⁷ Thog an tionndadh seo aire eadar-nàiseanta, le lèirmheas a nochd anns an

¹⁵ Bengtsson, *Röde Orm*, td. iii

¹⁶ Faic liosta shlàn aig *Libris*

<<https://libris.kb.se/hitlist?q=R%C3%B6de+Orm&r=;pers:%28Bengtsson%20Frans%20G.%201894%201954%29;mat:%28bok%29&f=simp&g=category2&m=5&p=1&d=libris&s=r&t=v>> [air a thogail aig 2/10/24]

¹⁷ Johan Hilton, 'Röde Orm på Dramaten kör stenhårt på att underhålla' *Dagens Nyheter*, 10/05/2020 <<https://www.dn.se/kultur/rode-orm-pa-dramaten-kor-stenhart-pa-att-underhalla/>> [air a thogail 15/10/2024]: Jens Liljestrand 'Nationalklenoden mitt på kulturkrigets slagfält', *Expressen*,

Guardian, am measg eile. A bharrachd air seo, chaidh an leabhar a chur air adhart le bhòtadh an t-sluaigh mar an treas leabhar Suaineach as cudromaiche san 20mh linn ann an co-fharpais le *Röda Rummet*, prògram litreachais air Telebhisean na Suaine (*Sveriges Television*, SVT), agus thig deasachaidhean a-mach gu tric fhathast anns an là an-diugh, le deasachadh sònraichte gus an 70mh ceann-bliadhna a chomharrachadh ann an 2005, agus fear eile seachd bliadhna an dèidh sin.¹⁸ Fhuair an cruth *comaig* dheth le Charlie Christensen a thàinig a-mach eadar 1999-2004 àrd-mholadh anns na pàipearan is bha an sreath soirbheachail.¹⁹ Tha cuideachd dràma rèidio, air aithris leis an sgrìobhadair is cleasaiche cliùiteach Hans Alfredson (1931-2017),²⁰ leabhraichean fuaim,²¹ agus iomadh rud eile ann – an rud as ùire, a sheallas gu bheil an leabhar fhathast air a mheas mar litreachas cudromach, mar “leughadh beò” a chaidh a chraoladh le Telebhisean na Suaine ann an 2024.²² Chìthear, mar sin, gur e àite àrd, cliùiteach, a tha aig an leabhar seo do leughadairean Suaineach, agus gu dearbh air feadh an t-saoghail, ach gu h-àraid ann an Lochlann.²³

Chaidh an leabhar a sgrìobhadh le Frans G. Bengtsson (1894-1954), acadamaigiche, bàrd, sgrìobhaiche agus eadar-theangadair a bha dealasach na chuid sgrìobhaidhean agus a dh’fhoillsich iomadach leabhar tro bheatha. Bha e fad ùine mhòir na oileanach aig an oilthigh ann an Lund, far an d’ fhuair e fo-cheum ann an litreachas às dèidh ochd bliadhna ann an 1920. Thàinig a’ chiad chruinneachadh de bhàrdachd aige, *Tärningskast*, cruinneachadh de dhàin air cuspairean àrda air an sgrìobhadh air seann-mheadarachdan (is e sin, meadarachdan a chaidh a chleachdadh ann am bàrdachd mheadhan-aoiseil) a-mach ann an 1923 is an t-ùghdar 29 bliadhna a dh’aois, is às dèidh sin thòisich aistean aige, gu seachd àraid air cuspairean litreachasail, creidmheach agus eachdraidheil agus beum mòr air litreachas traidiseanta an Lochlainn le ùidh ann am poilitigs a là fhèin, a bhith a’ tighinn bhuaithe ann am pàipearan na Suaine.²⁴

24/5/2023 <<https://www.expressen.se/kultur/scen/nationalklenoden-mitt--pa-kulturkrigets-slagfalt/>> [air a thogail 15/10/2024]

¹⁸ Faic làrach-lìn an fhoillsicheir, *Nordstedts* <<https://www.norstedts.se/bok/9789113040653/rode-orm>> [air a thogail 12/10/2024] agus *Norstedts* <<https://www.norstedts.se/bok/9789113014272/rode-orm>> [air a thogail 12/10/2024]

¹⁹ Faic, m.e. Lars Lönnroth 'Frans G Bengtssons Röde Orm: Arne Anka som viking' *Svenska Dagbladet*, 28/08/2001, <<https://www.svd.se/a/c19d97c0-8154-3014-87cb-0856e015f256/arne-anka-som-viking>> [air a thogail 18/10/2024]

²⁰ 'Svensk Mediadatabas' *Röde Orm* <<https://smdb.kb.se/catalog/id/001824407>> [air a thogail 24/10/2024]

²¹ Measg eile thar nam bliadhnachan, faic. 'Nordstedts', *Röde Orm*, <https://www.norstedts.se/bok/9789113043111/rode-orm> [air a thogail 12/10/2024]

²² Axel Brantemo, 'E-type läser högt ur Röde Orm: 'Det är min Bibel' *Sveriges Television*, 07/01/2024 <<https://www.svt.se/nyheter/lokalt/ost/e-type-laser-hogt-ur-rode-orm-det-ar-min-bibel>> [air a thogail 12/09/24]

²³ Cleachdar tron aiste seo air fad "Lochlann" mar ainm-trusaidh airson Nirribhidh, an t-Suain, an Danmhairg, Innis Tìle agus na h-eileanan Fàrach, seach airson Nirribhidh a-mhàin, mar a chìthear aig amannan.

²⁴ Ro-ràdh le Erik Andersson (td. Iii), ann am Frans G. Bengtsson, *Röde Orm: Sjöfarare i Västerled och Hemma och i Österled* (Stockholm: Nordstedts, 2022)

Am measg nam pàipearan seo, sgrìobh e aiste air litreachas ‘Ceilteach’, mas fhìor, an ìre mhòr stèidhichte air obair Sheumais Bhàin Mhic Mhuirich (1736-1796) agus an deasbad a bhrosnaich e mu dheidhinn nàdar nan “Ceilteach” ach cuideachd air litreachas meadhan-aoiseil nan gaisgeach Gàidhealach, *Keltiskt och Irländskt* (Ceilteach agus Èirinneach).²⁵ Tha an aiste seo a’ nochdadh mar a bha e foghlamaichte ann an sgrùdadh-litreachais a là agus eòlach air cuid den litreachas mheadhan-aoiseil a tha againn anns a’ Ghàidhlig, ged nach robh Gàidhlig de sheòrsa sam bith aige fhèin, ach tha e cuideachd an ìre mhòr stèidhichte anns na modhan air còmhradh oifigeil na linne sin air “feartan cinneach nan Ceilteach”, a’ stèidheachadh feartan nas spioradaile agus nas fhaide air falbh bhon t-saoghal chorpóra air litreachas nan Ceilteach, sluagh a tha air iomain dhan fhìor-thaobh an iar den Roinn Eòrpa agus a tha gu bàsachadh agus falbh, a rèir Bhengtsson agus an luchd-litreachais a sgrùdaich e.²⁶ A dh’aindeoin gu bheil e an eisimeil air còmhradh oifigeil feallsanachail a tha an-diugh aithnichte mar chòmhradh faoin, cinneachail gun stèidh air bith ann an litreachas anns na cànanan Ceilteach, chì sinn an t-eòlas aige air sgeulachdan nan gaisgeach a leig leis cur an aghaidh cuid de na beachdan air cho ceòthach agus spioradail is a bha an litreachas seo, agus Bengtsson a’ cumail a-mach na rudan a bha coltach eadar litreachas gaisgeil nan Lochlannach agus litreachas nan Gàidheal, a bha cho eadar-dhealaichte a rèir an ideòlais oifigeil air litreachas anns na cànanan Ceilteach.²⁷

Anns na h-aistidhean poilitigeach agus eachdraidheil aige chuir e roimhe beachdan a bha nàiseantach, glèidhteach anns an fharsaingeachd, agus air an taobh dheas de phoilitigs a là fo bhuaidh an fheallsanaiche Ghearmailtich Arthur Schopenhauer (1788-1860).²⁸ Bha a shealladh air eachdraidh gaisgeil agus stèidhichte an ìre mhòr air gnothaich nam fear mòra, le beum air linn na h-ìompaireachd Suainich (*stormaktstiden*) agus a rìghrean, gu h-àraid Rìgh Carolus XII na Suaine, mun do sgrìobh e cuideachd eachdraidh-bheatha ann an dà phàirt a thàinig a-mach ann an 1936.²⁹ Tha sin ri ràdh gun robh sealladh air an t-saoghal aige a bha aig an àm seo gu math coltach ri beachdan Faisisteach - is gu dearbh, nochd e taic ris na beachdan cinnidheach is ana-deamocratach aig an Diùc Fhrangach Arthur de Gobineu, ris an canar ‘athair na gràine-cinnidh’, ann an aon de na h-aistean aige, agus taic dha na stàitean mu dheas ann an Cogadh Sìobhalta nan Stàitean Aonaichte ann an aiste eile.³⁰ A dh’aindeoin sin ghabh e taobh a bha uile gu lèir ana-Nàtsach anns an deasbad phoblach agus chuir e an aghaidh gràin an aghaidh nan Iùdhach, an dà chuid na chuid aistean agus na leabhraichean ficsean seasamh a bha gann agus doirbh ri chur an cèill am measg luchd-ghlèidhteachais na Suaine mus do dh’fhàilnich Operation Barbarossa agus mus robh e follaiseach nach e na Gearmailtich a gheibheadh a’ bhuaidh aig a’ cheann thall.³¹ Mar sin, is e ùghdar a th’ ann a bha iomadh-fhillte na bheachdan, agus a nochdas fhathast bho àm gu àm anns an deasbad

²⁵ Frans G. Bengtsson *Litteratörer och Militärer*, (Stockholm, Nordsteds, 2019), td. 117-136

²⁶ Duncan Sneddon ‘The Celts far vision of weird and hidden things’? H.P. Lovecraft, William Sharp and the Celts’, *Horror Studies*, 15. (2024) 1, 171-192 (td. 176-9)

²⁷ Bengtsson, *Litteratörer*, td. 134

²⁸ Jonas Ellerström, ‘Frans G Bengtsson 1894-1954’ *Svenskt Översättarlexikon*

<https://litteraturbanken.se/%C3%B6vers%C3%A4ttarlexikon/artiklar/Frans_G_Bengtsson> [air a thogail 13/09-24]

²⁹ Bengtsson *Röde Orm*, td. XII

³⁰ Frans G. Bengtsson, *Silversköldarna* (Stockholm: Nordstedts, 1929), td. 159-164; td. 114

³¹ Svante Nordin. ‘Antinazisten Frans G. Bengtsson’ ann am *Frans G. Bengtsson-studier* XII deas. le Jan-Eric Malmquist (Frans G. Bengtsson-Sällskapet, Lund, 2009), td. 24-46 (td. 37)

phoblach anns an t-Suain - an turas mu dheireadh mar eisimpleir air taobh glèidhteach a sheas a rèir phrionnsabalan agus a ghabh taobh ana-Nàtsach.³²

A bharrachd air obair mar aistear, bha e na eadar-theangadair agus am measg obair eile chuir e Suainis air leabhar Lochlannach a charaid Albannaich Ghallta Eric Linklater, *The Men of Ness* (1936). B' ann air an leabhar seo a stèidhich e am beachd aige air mar a sgrìobhar leabhar mu dheidhinn nan Lochlannach ann an modh-litreachais agus cànan a là fhèin ach le faireachdainn aosmhor agus garg, gann-chainnteach.³³ Chleachd e am brosnachadh a fhuair e bhon leabhar seo agus an leabhar mòr aige fhèin air gnothaichean Lochlannach a chur an cèill, agus chithear mòran de na rudan anns an robh ùidh aige na bheatha a' nochdadh a-rithist ann an *Röde Orm*, nach tàinig a-mach ach beagan bhliadhnaichean às dèidh obair Linklater.³⁴ Eadar bàrdachd sgrìobhte air seann-mheadarachd, litreachas le faireachdainn agus cainnt aosta Lochlannach, litreachas gaisgeil nan Lochlannach is nan Gàidheal, deagh riochdachadh air caractaran Iùdhach agus rìghrean mòra eachdraidheil, b' e nàdar de *mhagnum opus* a bh' ann dha is e a' cur an cèill ùidhean-san fhèin uile ann an aon leabhar mòr - ged a thuirt e fhèin "*att han endast ville skriva något som folk skulle tycka om att läsa - lite som Odyssén eller de Tre Musketörerna*" (nach robh e ach ag iarraidh rudeigin a sgrìobhadh a bhiodh tlachdmhor dhan leughadair - car coltach ris an Odyssey no na Trois Musquetaires).³⁵ Gu dearbh, cha do sgrìobh e ficsean a-rithist an dèidh dha crìoch a chur air an leabhar seo deich bliadhna ro bhàs ann an 1954.³⁶

³² Erik Helmersson, 'En konservativ som Frans G Bengtsson hade skrattat ut Åkesson', *Dagens Nyheter*, 25/6/2024 <<https://arkivet.dn.se/sok?q=Frans+G.+Bengtsson&from=1864-12-23&to=2024-10-21>> [Air a thogail 12/8/2024]

³³ Ellerström

³⁴ Nordin, td. 38

³⁵ Air a clàradh le Sven Stolpe, ann am *Frans G. Bengtsson: En Minnesbok* deas. le Germund Michanek (Stockholm, Lindblads, 1955). td. 176. Eadar-theangaichte le ùghdar na h-aiste seo.

³⁶ Ellerström

Stoidhle agus Rèim-chainnt an Leabhair

Tha stoidhle-sgrìobhaidh gu math àraid aig an leabhar, fiù 's airson an ama anns an deach a sgrìobhadh anns na 1940an. Tha an t-Suainis gu math seann-fhasanta, an dà chuid ann an gràmar agus briathrachas nach robh idir cumanta aig an àm, agus a tha fiù 's nas seann-fhasanta an-diugh. Faodar coimhead mar eisimpleir soilleir air seo an co-nasgadh a nì e, agus a tha aig cridhe stoidhle an nobhail. Canar gum b' e seo an leabhar mu dheireadh ann an Suainis a rinn sgaradh ann an co-nasgadh eadar faclan anns an iolra agus anns an t-singilte - gheibhear mar sin gu bitheanta, tron leabhar air fad, “Gingo”, “voro” agus msaa anns an tràth sheachad iolra, far am biodh dùil na là fhèin ri “Gick” agus “Var”, is na cruthan singilte air an cleachdadh cuideachd anns an iolra.³⁷ Tha cainnt mar seo nas coltaiche ri Suainis àrd litreachasail na 18mh agus 19mh linn seach an fhicheadamh linn anns an robh e fhèin a' sgrìobhadh, agus bha e air a dhol a-mach à Suainis oifigeil tràth san 20mh linn agus e mar-thà air falbh bho chainnt na sràide air feadh na dùthcha.³⁸

Ann a bhith a' beachdachadh air an adhbhar a rinn e seo, tha e iomchaidh sùil a thoirt air mar a

³⁷ Faic m.e. air na gnìomharan seo anns an leabhar aig Marcus Cederström ‘Vikings, Verbs, and Very Old Swedish’ *Swedish Language Blog* <<https://blogs.transparent.com/swedish/vikings-verbs-and-very-old-swedish/>> [air a thogail 2/10/24]

³⁸ Adam Horn af Åminne, *Från person till person: Avvecklingen av nordisk personkongruens ur ett diakront typologiskt perspektiv* (Uppsala: Acta Universitatis Upsaliensis, 2022), td. 288

dhìon ùghdar eile bhon aon àm agus a bha a' dèiligeadh ri cuid de na h-aona cheistean, J.R.R. Tolkien (1892-1972), cainnt àraid sheann-fhasanta.³⁹ Sgrìobh e ann an litir gu leughadair a dh'fheòraich air carson a bha cainnt cho àrd aig cuid de na caractaran anns an obair mhòir aige *The Lord of the Rings* freagairt às am fiach iomradh nas fhaide a dhèanamh:

But take an example from the chapter that you specially singled out (and called terrible): Book iii, 'The King of the Golden Hall'. 'Nay, Gandalf!' said the King. 'You do not know your own skill in healing. It shall not be so. I myself will go to war, to fall in the front of battle, if it must be. Thus shall I sleep better.'

***This is a fair example [...]** I know well enough what a modern would say. 'Not at all, my dear G. You don't know your own skill as a doctor. Things aren't going to be like that. I shall go to the war in person, even if I have to be one of the first casualties' – and then what? Theoden would certainly think, and probably say 'thus shall I sleep better'! But people who think like that just do not talk a modern idiom. You can have 'I shall lie easier in my grave', or 'I should sleep sounder in my grave like that rather than if I stayed at home' – if you like. But there would be an insincerity of thought, a disunion of word and meaning. For a King who spoke in a modern style would not really think in such terms at all, and any reference to sleeping quietly in the grave would be a deliberate archaism of expression on his part (however worded) far more bogus than the actual 'archaic' English that I have used.⁴⁰*

Freagraidh an argamaid aig Tolkien an seo – gu bheil an dòigh anns an cuir na caractaran iad fhèin an cèill a' freagairt air cò na dòighean-smaoineachaidh a th' aca agus air mar a tha iad fhèin ag obair mar dhaoine – a cheart cho math air obair Frans G. Bengtsson agus a tha e air an obair aige fhèin. Bhon a chailleadh an leabhar mòran den neart a th' aige, agus de mhiann an ùghdair mar “uinneag”, mas fhìor, a-steach gu saoghal meadhan-aoiseil nan Lochlannach ro-Chrìosdail, nam biodh e sgrìobhte ann an Suainis làitheil (agus mar sin, air a chur gu Gàidhlig làitheil anns an eadar-theangachadh) - no fiù 's Suainis àrd, bhàrdail ar linne fhèin - bha e cudromach gum biodh modh an ùghdair air a leantainn anns a' Ghàidhlig cho math ris a' chànan tùsail. Is e duilgheadas aithnichte ann an eadar-theangachadh mar a chleachdar cainnt a tha seann-fhasanta, agus dè nithear leatha is e air a cur gu nuadh-chànan - faic m.e. an tar-shealladh a nochd o chionn goirid ann an El-Zawavy (2023).⁴¹ Ach tha an litreachas a tha ann an ìre mhath uile-gu-lèir stèidhichte air eadar-theangachadh bho chànan eachdraidheil gu nuadh-chànan agus na taghaidhean a tha an lùib sin. Tha ceist a bharrachd ann, far a bheil nas lugha de sgrùdadh air a bhith ga dhèanamh, le cànan a tha seann-fhasanta bho thùs, a chaidh a sgrìobhadh le rùn air modh nas sìne na cainnt àbhaisteach na linne anns an deach a sgrìobhadh. Iarraidh sin air an eadar-theangair eòlas air na diofar sheòrsaichean de litreachas a lorgar ann an eachdraidh cànan an amais agus mar a thèid iad sin a

³⁹ Tom Shippey, 'Tolkien, John Ronald Reuel' *The Oxford Dictionary of National Biography*, <<https://www.oxforddnb.com/display/10.1093/ref:odnb/9780198614128.001.0001/odnb-9780198614128-e-31766?docPos=1>> [air a thogail air 13/09/24]

⁴⁰ Christopher Tolkien, John Ronald Reuel Tolkien, *The Letters of JRR Tolkien: A Selection*, (Lunainn, Allen & Unwin, 1981), td. 236

⁴¹ Amr M. El-Zawavy, 'Rhyming prose and archaizing: Translating the Arabic Badī' Al-Zamān Al-Hamadhānī's Maqāmāt' *Babel* 69, 1 (2023) td. 129-146

chur an cèill airson 's gum faodar rudeigin a tha cho "dùmhail" ann an iomraidhean, faireachdainnean agus tùsan meadhan-aoiseil agus eile, ann an dòigh nach eil cho eadar-dhealaichte bho na duilgheadasan a lorgar ann a bhith ag eadar-theangachadh fìor-litreachas eachdraidheil.⁴² Bruidhnear air dòighean gus cuid de na trioblaidean sin fhuasgladh tron earrainn seo.

Chan eil sgrìobhadh ann an Gàidhlig àrd, bhàrdail thraidiseanta ann an nobhail a thàinig a-mach anns an là an-diugh gun choimeas ann an nuadh-litreachas na Gàidhlig a bharrachd. Ged a tha modh an nobhail anns an fharsaingeachd fhathast reusanta ùr ann an Gàidhlig na h-Alba - a thuilleadh air trì eisimpleirean de nobhailean a thàinig a-mach gu tràth anns an fhicheadamh linn; is e sin *Dùn Àluinn* le Iain MacCormaig (1860-1947) ann an 1912⁴³, *An t-Ogha Mòr* le Aonghas Robastan (1873-1948) ann an 1913⁴⁴, agus *Cailin Sgitheanach* le Seumas MacLeòid (1880-1947) ann an 1923⁴⁵, cha do thòisich àireamh na bu mhotha de nobhailean Gàidhlig a bhith a' tighinn a-mach gus an do stèidhich eadhon Comhairle nan Leabhraichean ann an 1968 agus gus an do thòisich nobhailean a bhith a' tighinn a-mach nas luaithe a-rithist fo an sgèith anns na 1970an, gu seachd àraid air an cuideachadh leis an t-sreath "Ùr-sgeul" aig an fhoillsichear CLÀR a thòisich ann an 2003, fon tig nobhailean Gàidhlig a-mach gu reusanta cunbhalach chun an là an-diugh.⁴⁶ Thàinig dà nobhail a-mach fo sgèith Ùr-sgeul anns an fhichead bliadhna mu dheireadh air am b' fhiach sùil nas dlùithe a thoirt anns a' cho-theacsa seo, agus is iad sin *An Oidhche mus do Sheòl Sinn* le Aonghas Pàdraig Caimbeul (1952-) agus *Gormshùil an Rìgh* leis an Dr. Fionnlagh MacLeòid (1936-2024).

Tha an dà nobhail a' feuchainn ri Gàidhlig nach eil idir làitheil a ghlèidheadh agus a chleachdadh airson brìgh agus tèamannan an sgeòil a chur an cèill. Tha *Gormshùil an Rìgh* (2010) stèidhichte air teama còmhstri eadar an sgeulachd bheul-aithriseach is an sgeulachd sgrìobhte, is mar a chaill beul-aithris an strì sin, le iomadh creutair is caractar bho bheul-aithris nan Gàidheal a' togail ceann innte. Chleachd an t-ùghdar Gàidhlig na sgeòil bheul-aithrisich an ìre mhath tron leabhar air fad agus i gu math buadhmhor - cha bhiodh ciall idir aig an nobhail mura b' e a chainnt, a tha fighte a-steach le teamannan is amas an leabhair agus a' freagairt air na caractaran a tha ann. Mar sin, tha iomadh rud, an dà chuid a thaobh cainnt agus briathrachas, nach buin ri Gàidhlig làitheil no fhoirmeil an là an-diugh air an cur gu deagh fheum anns an leabhar air fad. Chithear seo gu soilleir, m.e. mar a thòisicheas an leabhar le còmhstri leis a' Bhean Nighe, creutair à beul-aithris nan Gàidheal

-Na leig às do bheul i, thuirt e an uair sin. Cha robh beachd sam bith aig a' Bhean-Nighe gun robh an Co-Choisiche ann.

'Cò as luaithe a mhothaich?' ars a' Bhean-Nighe ris an fhear air an robh grèim oirre.

⁴² Faic m.e. còmhradh mu dheidhinn eadar-theangachadh air an *Divina Commedia* aig Dante ann an Jacob Blakesly, 'Translating the Classics' ann an *The Routledge Handbook of Translation History*, deas. le Christopher Rundle (Lunainn; Routledge, 2021), td. 372-97

⁴³ Sheila M. Kidd, 'The Forgotten First: John MacCormaick's 'Dùn-Àluinn'*Scottish Gaelic Studies* 22, 197-219, td. 197 <<https://eprints.gla.ac.uk/4586/1/09kidd.pdf>> [air a thogail 14/03/2025]

⁴⁴ Derick Thomson, *The Companion to Gaelic Scotland* (Oxford: Blackwell, 1983), td. 250

⁴⁵ Thomson, td. 184

⁴⁶ Alan Riach, *Scottish Literature: an introduction* (Dùn Èideann, Clò Luath, 2022) td. 65

‘As luaithe mhothaich mise’, ars esan. Oir b’ esan a bha air ise fhaicinn mus fhaca ise esan, mar sin cha robh dol às aice.⁴⁷

Chan e a-mhàin làthaireachd a’ Cho-Choisiche agus na Mnà-Nighe a dh’innseas dhuinn gu bheil seo a-mach air beul aithris linne eile, ach cuideachd an gràmar a tha air a chur gu feum.

Ann an dòigh a tha caran coltach ri sin, tha *An Oidhche mus do Sheòl Sinn* (2003) stèidhichte air ath-innse air an aon suidheachadh - eilthireachd, Gàidheil a’ fàgail eilean an àraich - ann an diofar linn, le Gàidhlig a fhreagras air na linntean sin anns an gabh an sgeul àite, agus an t-ùghdar a’ togail air Gàidhlig na bàrdachd, gu h-àraid air bàrdachd Mhaighistir Ailein (1859-1905), Dhòmhnall Iain Dhòmhnallaich (Dòmhnall Iain Dhonnchaidh) (1919-1986) agus eile - bàird a tha fhathast air an seinn, is air an leughadh, anns an là an-diugh.⁴⁸ Chithear buadh na bàrdachd gu soilleir ann an eiseimpleir lethid na th’ ann air td. 50-1 is an sreath fada de bhuadharan co-fhuaimeil a’ tighinn a-mach:

“-Nach dèan Mghr. Èarsaidh ùrnaigh? dh’fhaighnich e, gu dùrachdach. *Ùrnaigh a dhùisgeadh na mairbh*, bha e airson a ràdh, *ùrnaigh chumhachdail chomasach chlùiteach Chaitligeach a’ crathadh na cruinne-chè, a’ ceartachadh gach cràidh*, ach cha tuirt e ach “Tha fhios gun cuidicheadh sin?”⁴⁹

Mar sin, chithear gu bheil an leabhar so-thuigseach do leughadair an là an-diugh, co-dhiù leughadair a tha eòlach air rèim na bàrdachd, ged a tha e àrd ann an àiteachan, agus chithear linn an leabhair anns na modhanan a thog e bhon bhàrdachd.

Anns an là an-diugh, is gann gun cluinnear a’ Ghàidhlig idir gu poblach ann an Alba, agus tha sinn a-nis aig ìre far a bheil cleachdadh priobhaideach na Gàidhlig am broinn dhachaighean is teaghlachan air tuiteam gu mòr is ann an cunnart a dhol a-mach à bith, mar a sheallas gach pìos rannsachaidh shòiseo-chànanaich as ùire.⁵⁰ Gu h-àraid gann tha Gàidhlig de rèim àrd, oifigeil an dèidh bàs nan seanchaidhean mu dheireadh agus an taigh-chèilidh.⁵¹ Cha mhòr nach eil àite air fhàgail an dèidh sin ach an eaglais Ghàidhealach far an cluinn Gàidheil nach eil anns na h-oilthighean Gàidhlig de rèim àrd, fhoirmeil.⁵² Mar sin, is e deagh roghainn a th’ ann an Gàidhlig na h-Eaglais' airson cànan àrd ach a tha fhathast aithnichte mar rud a tha fhathast gu reusanta bitheanta

⁴⁷ Fionnlagh MacLeòid, *Gormshùil an Rìgh* (Inbhir Nis; CLÀR, 2010), td.6.

⁴⁸ Aonghas Pàdraig Caimbeul, *An Oidhche Mus do Sheòl Sinn* (Inbhir Nis: CLÀR, 2003), td. 3

⁴⁹ Caimbeul, td. 50-1

⁵⁰ Faic, m.e. Gillian Rothach, Timothy Currie Armstrong, Iain Mac an Tàilleir, *Cor na Gàidhlig ann an Siabost: Barail agus Comas Cànan ann an Siabost* (Inbhir Nis: Bòrd na Gàidhlig, 2011) agus Conchúr Ó Giollagáin, Gòrdan Camshron, Pàdraig Moireach et al *The Gaelic Crisis in the Vernacular Community: A comprehensive sociolinguistic survey of Scottish Gaelic* (Obar Dheathain: Aberdeen University Press, 2020)

⁵¹ Victor Edward Durkacz, *The Decline of the Celtic Languages* (Dùn Èideann; John Donald Publishers, 2001), td. 156

⁵² John Gibson, 'The Bible in Scotland Today: A Review and Prospect' ann an *The Bible in Scottish Life and Literature*, deas. le David F. Wright (Dùn Èideann; St. Andrews Press, 1988) td. 193-208 (td. 196)

am measg an t-sluaigh agus mar sin a thèid aithneachadh mar Ghàidhlig àrd, mar rud a bhios daoine fhathast a' leughadh. Ged a tha crìonadh mòr air tighinn air na h-àireamhan a bhios a' frithealadh eaglais Ghàidhlig an cois crìonadh na Gàidhlig am measg an t-sluaigh, crìonadh ann an àireamh an t-sluaigh anns na coimhearsnachdan Gàidhealach, agus crìonadh nan eaglaisean is a' chreideimh am measg an t-sluaigh ann an Alba, tha fhathast seirbheisean is aifreannan Gàidhlig gan cumail gu cunbhalach, no bho àm gu àm, anns a' mhòr-chuid de na h-eileanan agus ann an cuid de na h-àiteachan far a bheil Gàidheil gu leòr anns an *diaspora*. A thuilleadh air seo, tha i air a cumail beò le *Dèanamaid Adhradh* air BBC Radio nan Gàidheal agus am prògram *Allelujah!* air BBC Alba, a thig a-mach a h-uile seachdain fhathast.⁵³ Mar sin, tha i fhathast ann an cleachdadh làitheil gu leòr airson a bhith air a h-aithneachadh le Gàidheil an là an-diugh, nas motha na cainnt air bith eile.

Mar sin, chuir an t-eadar-theangachadh feum air iomadh facal agus abairt a tha nas bitheanta anns a' Ghàidhlig àraid seo, leithid “maille ri”, “los”, “mar an ceudna” agus msaa. Ann an dà-rìribh, is e a th' anns na faclan seo ach dual-chainntean air tìr-mòr na h-Alba, gu h-àraid Siorrachd Rois is Siorrachd Pheairt, na dual-chainntean a bha aig an triùir a chuidich le eadar-theangachadh an Tiomanaidh Nuaidh mar a tha e againn an-diugh, agus a stèidhich am modh a chaidh a chleachdadh ann a bhith ag eadar-theangachadh a' Bhìobaill air fad dà ghinealach an dèidh làimh.⁵⁴ B' iad an triùir sin an t-Urramach Seumas Stiùbhart (1700-1789)⁵⁵, à Gleann Fionnghlais ann an Siorrachd Pheairt agus a bha na mhinistear ann an Cill Fhionn, cuideachd ann an Siorrachd Pheairt, fhad 's a bha e ris an eadar-theangachadh, agus an t-Urramach Seumas Friseal (1700-1769)⁵⁶, à Alanais ann an Ros an Ear, agus chaidh an obair a dheasachadh agus a chur ri duilleag leis an t-searmonaiche, maighistir-sgoile is bàrd spioradail cliùiteach, Dùghall Bochanan (1716-1768), cuideachd à Siorrachd Pheairt, ann an Srath Eadhair.⁵⁷

Chleachd na h-eadar-theangairean sin Gàidhlig chlasaigeach is faclan nas sine, stèidhichte mar a bha an t-eadar-theangachadh aca gu h-ìre air an eadar-theangachadh den t-Seann Tiomnadh dhan Ghàidhlig Chlaisigich a rinneadh ginealach na bu tràithe leis a' mhinistear Easbaigeach, an t-Urramach Raibeart Kirk (1644-1694), a ruigeadh ann an Obar Phoill, Siorrachd Pheairt, agus a bha na mhinistear ann am Both Chuidhir, cuideachd ann an Siorrachd Pheairt, ach b' e a' Ghàidhlig a bha beò man timeachall a bu mhotha a thug buaidh air a' chainnt a chleachd iad anns an eadar-theangachadh aca, agus is e na dual-chainntean sin, gu h-ìre, a gheibhear anns a' Bhìoball Ghàidhlig chun an là an-diugh.⁵⁸ Ged nach eil anns na faclan seo ach dual-chainnt làitheil na 18mh linn ann an àiteachan air tìr-mòr na Gàidhealtachd, cha smaoinich duine orra an-diugh mar dhual-chainntean

⁵³ 'Clàr BBC Alba' *BBC Alba* <<https://www.bbc.co.uk/iplayer/guide/bbcalba>> [air a thogail 20/10/24]

⁵⁴ Dòmhnall E. Meek, 'The Gaelic Bible', ann an *The Bible in Scottish Life and Literature*, deas. le David F. Wright (Dùn Èideann; The St. Andrew Press, 1988), td. 9-23 (td. 10-11).

⁵⁵ MacThòmais, td. 275.

⁵⁶ W. G. Blaikie 'Fraser, James' *The Oxford Dictionary of National Biography* <<https://www.oxforddnb.com/display/10.1093/ref:odnb/9780198614128.001.0001/odnb-9780198614128-e-10108>> [air a thogail 19/10/2024]

⁵⁷ Dòmhnall Eachann Meek agus Dòmhnall Uilleam Stiùbhairt, *Laoidhean Spioradail Dhùghail Bhochanain* (Glaschu, Comann Litreachas Gàidhlig na h-Alba, 2015), td. 30-2

⁵⁸ Meek, td. 14

mòr-thìreach leis nach eil Gàidhlig nan sgìrean sin air mairsinn chun an là an-diugh, ach a-mhàin mar chainnt na h-eaglaise, far an tachair daoine oirre.⁵⁹

A thuilleadh air seo, chleachdadh cuideachd structaran a bhuineas ri linn nas sine ach a nochdas gu reusanta tric ann am bàrdachd a tha fhathast air a h-aithris, ann an laoidhean spioradail agus anns na sailm.⁶⁰ Is e seo gu h-àraid agus gu tric structaran seantans a chleachdas diofar thionndaidhean de “Is” a tha nas sine agus nach eil air an cleachdadh gu làitheil tuilleadh ach a tha againne ann an abairtean is ann an seanfhaclan, leithid ‘Is mòr am beud’, ‘Cha bhreugadair an seanfhacal’ no ‘An neach as tàire a bhios san taigh, is ann leis as àirde mhuinntir’ agus mar sin air adhart, is mar sin a tha fhathast air an cluinntinn aig daoine.⁶¹ Mar sin, tha na structaran againn agus aithnichear iad, ach tha iad àrd-nòsach agus seann-fhasanta ann an dòigh a chì daoine gu follaiseach - gu dìreach mar a tha Suainis an ùghdair, is mar sin mar as còir don eadar-theangachadh a bhith, agus mar a chunnacas, tha leabhraichean Gàidhlig eile ann a chuireas Gàidhlig de na rèim-chainntean seo gu feum a thàinig a-mach bho chionn reusanta goirid.

Ag Eadar-theangachadh na Bàrdachd

Am broinn an leabhair, nochdaidh gu leòr bàrdachd sgrìobhte air modh na seann bhàrdachd Lochlannach, gu seachd àraid air modhannan nan Sgald – gu math tric, air modh ris an canar *Drottkvaettir* - a bha an sàs ann am bàrdachd Lochlannais ann am meadhan nam meadhan-aoisean, eadar mu A.D. 900-1100. Is e a th’ anns a’ bhàrdachd sin bàrdachd fhillte stèidhichte air co-fhuaimean eadar na loidhnichean agus ruitheaman, a bha cumanta anns na dùthchannan Lochlannach agus a tha air mairsinn chun an là an-diugh ann an làmh-sgrìobhainn agus cruinnichidhean.⁶² Ged a tha barrachd anns an leabhar air fad, nochdaidh còig dàin air a’ mhodh seo anns an earrann a chaidh eadar-theangachadh anns a’ phròiseact seo. Chan iad seo a’ bhàrdachd air fad a nochd anns an earrainn - tha eisimpleir de dhàn spioradail anns an Laideann ann cuideachd – ach b’ iad seo an fheadhainn a chaidh a chur gu Gàidhlig.

Anns a’ chiad dol a-mach, bha ceist ann a thaobh mar a chuirte seo gu Gàidhlig. Do leughadair Suaineach, gheibh e bàrdachd ann an cainnt an là an-diugh – rudeigin seann-fhasanta is dòcha, ach fhathast furasta ri thuigsinn - air modh a chaidh a chleachdadh o shean na chànan fhèin. Leis gum b’ ionan, cha mhòr, na dòighean seo, is gu h-àraid am beum air co-fhuaimean, ann am bàrdachd

⁵⁹ Durkasz, td. 127

⁶⁰ Faic, m.e. bruidhinn mu dheidhinn gràmar mar seo ann an Raghall MacIlleDhuibh, *Eilein na h-Òige - The Poems of Fr. Allan MacDonald*, (Glaschu; Mungo Books, 2002), td. XV.

⁶¹ Alasdair MacNeacail, *Gaelic Proverbs* (Dùn Èideann; Birlinn, 2018), td. 1, 32

⁶² Luchd-Deasachaidh Encyclopedia Britannica ‘Skaldic Poetry’ *Skaldic Poetry* <<https://www.britannica.com/art/skaldic-poetry>> [air a thogail 23/10/2024]

Ghearmanach air feadh na Roinn Eòrpa, bhiodh an aon rud fìor ann an eadar-theangachadh dìreach gu cànan eile den t-seòrsa sin.⁶³ Ach chan eil an aon rud fìor nuair a nìthear eadar-theangachadh dha na cànan Ghàidhealach, oir cha b' ann mar seo a bha bàrdachd thraidiseanta Ghàidhealach ag obrachadh, le beum air aicill is comhardadh seach co-fhuaime.⁶⁴ Bha, tha e fìor, ann anns na meadhan-aoisean - gu h-àraid eadar an 8mh agus an 10mh linn - bàrdachd Ghàidhlig a fhuair buaidh bho bhàrdachd spioradail Laidinneach agus a chleachd co-fhuaimean ann an dòigh a tha caran coltach ris a' bhàrdachd Lochlannaich, eadar-measgaichte le riaghailtean bàrdachd Ghàidhealach.⁶⁵ Ach le sin a ràdh, chan eil a' bhàrdachd seo, a tha ann am Meadhan-Ghàidhlig agus gu math eadar-dhealaichte bho chainnt an là an-diugh, so-thuigseach às aonais eòlas sgoileireil, agus chan eil eadar-theangachaidhean ann ann an Gàidhlig ar là-ne a gheibhear anns na sgoiltean, mar a tha e anns an t-Suain le seann bhàrdachd nan Lochlannach. Mar sin, nan robhar dìreach a' feuchainn ri modh na bàrdachd thùsail a chleachdadh sa Ghàidhlig, chan fhaigheadh an leughadair rudeigin a bheireadh dha faireachdainn gu bheil e a' leughadh seann bhàrdachd, mar a gheibh an leughadair air an robh an t-ùghdar ag amas. Ach, ma thathar ag atharrachadh a' mhodh uile-gu-lèir gu rudeigin a tha stèidhichte air seann bhàrdachd Ghàidhlig, thathar a' call a-mach air a' cho-theacsa Lochlannach, agus mar sin cuideachd a' call pàirt mhòir den leabhar thùsail agus adhbhar mòr air carson a leughadh cuideigin leabhar air na Lochlannaich. Mar sin, rinn an t-eadar-theangachadh amas air àite eadar an dà mhodal – “Gàidhealachadh” agus a' fantainn dlùth ris an t-Suainis thùsail - seo, a' cumail an dà chuid teachdaireachd is brìgh nan dàn agus nan co-fhuaimean, ach a' cur aicill is comhardadh riutha, gus am faigh daoine am faireachdainn cheart – gu bheil iad ann an dà-rìribh a' leughadh rudeigin a thàinig à linn eile seach ar linn fhèin, agus rudeigin a bhuineas ri saoghal nan Lochlannach, far a bheil am bann eadar modh-sgrìobhaidh agus saoghal an leabhair fhathast dlùth. Mar sin, tha an dà chuid co-fhuaimean – ma tha iad ann – agus ruitheam nan dàn tùsail Suaineach air an glèidheadh, agus tha aicill is comhardadh air an cur ris a bharrachd.

⁶³ Shippey, td. 26

⁶⁴ Duncan Sneddon agus Maria Coira, 'Literature in Gaelic 1' ann an *A Companion to Scottish Literature*, deas. le Gerard Carruthers (Oxford; Blackwell, 2024) td. 77-91, (td. 87)

⁶⁵ Sneddon agus Coira, td. 88

Rosg Lochlannach eile anns a' Ghàidhlig

An toiseach, tha corra eisimpleir ann air eadar-theangachadh air ainmean Lochlannach ann an Gàidhlig an là an-diugh anns na beagan sgrìobhainnean roisg a tha air a dhol eadar cànan Lochlannach chun na Gàidhlig ris am faodar coimhead. Anns a' chiad dol a-mach, faodar coimhead air *Pippi Fhad-stocainneach* (2020) agus *Tha Pippi Fhad-stocainneach a' dol air bòrd* (2024), an dà leabhar a chaidh a tharraing bhon t-Suainis gu Gàidhlig thuige seo. Tha cuideachd aon eadar-theangachadh ann bhon t-Seann Lochlannais gu Gàidhlig na h-Alba, an *Orkneyinga Saga*, às an do nochd trì earrainnean goirid ann an *Gairm* 72 (1970). Beachdaichear air na tùsan sin anns an òrdugh sin.

Is e sgeulachd Lochlannach mu dheidhinn iarlan Arcaibh a chaidh a sgrìobhadh uaireigin tràth anns an 13mh linn a th' anns an *Orkneyinga Saga*, agus chaidh trì earrann goirid às a chur gu Gàidhlig le Tormod Burns (fl. 1960-80)⁶⁶ ann an *Gairm*.⁶⁷ Chan eil an tùs seo ach glè ghoirid, ach a dh'aindeoin sin nochdaidh àireamh nach beag de dh'ainmean pearsanta ann, agus corra ainm-àite a bharrachd. Nochdaidh na h-ainmean pearsanta mar as trice ann an cruth na Seann Lochlannais mar a tha iad anns an sgeulachd thùsail, ach le litrichean a tha fhathast air an cleachdadh anns na cànan mhòr-thìreach Lochlannach anns an là an-diugh an àite þ agus ð (Nórr, Beiti, Hlödvir, Thorstein agus msaa). Mas e tionndadh Lochlannach air ainm Gàidhealach a th' ann, ge-tà, thèid a chur air ais gu Gàidhlig (Maolbrìghde, Eithne, Findlaech agus msaa).⁶⁸ Tha dà ainm ann a tha nam mura-bhith dhan phrionnsabal seo – an t-ainm Sigurðr, a nochdas ann an cruth Sigurd, an cruth a tha bitheanta anns a' Bheurla agus anns na cànan Lochlannach anns an là an-diugh, cho math ris an ainm Lochlannach Loð, a nochdas aig Burns ann an cruth Gàidhealach mar Leòd.⁶⁹ Gu neònach,

⁶⁶ Cha robh fiosrachadh mun ùghdar ri lorg, ach gu bheil na sgrìobh e do *Ghairm* ri lorg ann an Tòmas MacAilpein is Roibeard Ó Maolalaigh, *Gairm: Ùghdair is Dealbh, Rosg is Rann* (Glaschu; Oilthigh Ghlaschu, 2022) td. 349-50, far am faicear gun do sgrìobh e gu cunbhalach eadar 1960 agus 1980, nuair a nochd an t-alt mu dheireadh aige.

⁶⁷ Tormod Burns, 'Orkneyenga saga', *Gairm* 72, 1 (1970), td. 16-19

⁶⁸ Burns, td. 17

⁶⁹ Burns, td. 17-18

nochdaidh rìgh Maol-Chaluim II na h-Alba gu sìmplidh fon ainm “Calum”, stèidhichte is cinnteach air modh bitheanta na 20mh linne a bhith a’ cur Calum gu “Malcolm” anns a’ Bheurla, ged as e a th’ ann an “Malcolm” ach cruth Beurla air an ainm Maol-Chaluim. Ged nach eil dòigh ann gus seo fhaighinn a-mach le cinnt tuilleadh, tha fianais an sin, gu h-àraid leis an ainm ‘Sigurd’, gur dòcha gun deach an t-eadar-theangachadh seo a dhèanamh stèidhichte air eadar-theangachadh eile, gu nuadh-chànan Lochlannach a bha ri làimh dha Burns, no fiù ’s on Bheurla. A bharrachd air sin, tha seans ann gum faodar a ràdh, leis gun nochd Leòd ann an cruth stèidhichte Gàidhealach ged as e Lochlannach a th’ ann, gur e am prionnsabal aige na h-ainmean a chur gu Gàidhlig ma tha cruth Gàidhlig aithnichte ann, is gu sìmplidh nach robh e eòlach air Sitric leis nach do mhair e chun an là an-diugh mar a mhair Leòd.

A thaobh nan ainmean-àite, tha a’ mhòr-chuid a’ nochdadh ann an cruth aithnichte Gàidhealach (Cataibh, Arcaibh, Lochlann, Abhainn Oiceil, msaa), an fheadhainn a tha ann an Lochlann a’ nochdadh ann an cruth Nirribhis an là an-diugh (Beitstad, Trondheim, Namdalseid), ach le dà ainm eile – Norrabhaig, mar a tha e aig Burns, agus Skidmoor – air nach freagair seo. Tha ‘Norrabhaig’ cho fhad 's a tha fios againn na àite ann an Arcaibh a fhuair, a rèir na sgeulachd seo, ainm bhon Lochlannach Nórr. Gheibh Norrabhaig Gàidhealachadh an seo, mar a bhiodh na Gàidheil a’ tionndadh an ainm sin tro thìde stèidhichte air iomadach “-bhaig” a tha air feadh taobh tuath na Gàidhealtachd, le seann ghinideach air an ainm Nórr.⁷⁰ Cha do rinn e eadar-theangachadh air brìgh, ged as e as adhbhar a nochdas an t-àite anns an sgeulachd a-mhàin gus brìgh an ainm, bàgh no òb Nórr, a mhìneachadh. Tachraidh seo ged as e, a rèir a h-uile coltais, àite ann an Sealtainn a th’ ann, aig nach eil cruth Gàidhlig traidiseanta.⁷¹ Is e aon mhìneachadh air seo gu bheil an t-ùghdar ag iarraidh gum bi cruth Gàidhlig air na h-ainmean-àite uile ann an Alba air adhbharan ideòlasail, ach gu bheil e tuilleadh agus toilichte leigeil le àiteachan ann an Lochlann a bhith nochdadh ann an cruth Lochlannach is iad air an taobh a-muigh. Tha an dàrna eisimpleir, Skidmoor, nas annasaiche buileach, air sgàth ’s nach eil fios againn buileach càit a bheil an t-àite seo, ann an Alba mhòr-thìreach no anns na h-Eileanan, agus mar sin cò às a thàinig an t-ainm no a bheil tionndadh Gàidhlig ann no nach eil. Gun teagamh, cha robh fear aig Burns, agus nochdaidh mar sin an t-ainm gu sìmplidh mar Skidmoor, às aonais atharrachadh litreachaidh sam bith.

Gu deimhinne, tha laigsean anns an eadar-theangachadh seo anns an fharsaingeachd, agus tha e doirbh riaghailt chunbhalach a chaidh a leantainn anns na taghaidhean eadar-theangachaidh a dhèanamh a-mach. A bharrachd air sin, tha e mì-sheasmhach a thaobh cruth nan ainmean, le cuid air an tionndadh gu Gàidhlig, cuid eile a’ nochdadh ann an cruth Beurla, agus an treas cuid ann an cruth tùsail na Seann Lochlannais, ann an dòigh far am faodar cur an amhras an e eadar-theangachadh dìreach bhon chànan tùsail a tha seo no nach e. Le sin a ràdh, tha e èifeachdach ann a bhith a’ nochdadh susbaint “Ghall-Ghàidhealach”, cultar a tha an dà chuid Gàidhealach agus Lochlannach, leis na h-ainmean agus mar a chithear an dà chuid Lochlannaich le ainmean Gàidhealach agus Gàidheil le ainmean Lochlannach a’ togail ceann ann, agus gheibhear faireachdainn a tha an dà chuid aithnichte agus cèin ann an dòigh a tha buadhmhor.

Gus sùil a thoirt air an eisimpleir eile, tha *Pippi Fhad-stocainneach* (2020) na leabhar-cloinne Gàidhlig, air eadar-theangachadh bhon leabhar Shuainis tùsail *Pippi Långstrump* (1946) le

⁷⁰ Burns, td. 17

⁷¹ John Stewart, *Shetland Place-Names* (Lerwick: Shetland Library and Museum, 1987), td. 147

Micheal Bauer agus Gillebrìde MacIlleMhaoil. Is e seo an t-aona sreath leabhraichean a thàinig bhon t-Suainis dhan Ghàidhlig thuige seo, ged nach b' ann gu dìreach bhon t-Suainis a thàinig e ach tro eadar-theangaidhean eile, leis nach eil Suainis fhileanta aig aon seach aon de na h-eadar-theangairean.⁷² Tron sgeulachd seo, chithear gu bheil ainmean mar as trice air an eadar-theangachadh gu Gàidhlig a rèir brìgh no a rèir mar a bheir na h-ainmean air an leughadair faireachdainn, seach a bhith air an cumail no air an Gàidhealachadh a rèir fuaim. Faic m.e. Tommy agus Annika, na càirdean aig Pippi. Gheibh Tommy tionndadh Gàidhealach air ainmean, Tòmas, ach tha Annika air a cumail mar a tha e, a dh'aindeoin is gur e a th' ann an Annika ach Annag, an tionndadh meanbhach air Anna. Is e mura-bhith a th' ann an ainm a' phrìomh-charactair, Pippi fhèin, gu h-ìre, leis gu bheil Pippi air a chumail mar a tha e, ged a tha Långstrump air eadar-theangachadh a rèir brìgh gu Fhad-stocainneach. Tha ainm slàn aice a tha nas fhaide na sin, ge-tà - *Pippilotta Viktualia Rullgardina Krusmynta Efrainsdotter Långstrump* - a tha air a chur a rèir brìgh gu *Pippilottag Biotaileag Crochbhratag Cluaranag NicEphraim Fad-Stocainneach*.⁷³ Chithear an sin nach do dh'atharraicheadh a prìomh-ainm, *Pippilotta/Pippilottag*, mòran eadar an t-Suainis is a' Ghàidhlig, rud a tha gu math ciallach air dà adhbhar – chan e ainm a tha ann ann an Suainis nas motha, ach rud a chaidh a chruthachadh dhan character seo, agus air an dàrna adhbhar gur e character agus ainm aithnichte ann an Alba a th' innte agus nach eilear ag iarraidh ùidh nan ceannaiche a chall le bhith a' cur ainm air an leabhar nach aithnicheadh daoine. Tha corra eisimpleir eile nach deach atharrachadh mòran a bharrachd – ainm a h-athar, Ephraim, ainm Eabhra a nochdas anns a' Bhioball Ghàidhlig ann an cruth Ephraim, a tha gu math coltach ris a' chruth Shuaineach Efraim, agus mar sin a tha ciallach, agus ainm a munaicidh, Herr Nilsson, a nochdas mar 'Mgr. Nilsson', ag eadar-theangachadh an tiotal ach a' cumail an t-sloinnidh.⁷⁴ Tha call an lùib sin, oir gur e pàirt mhòr den character seo an sgaradh a th' ann eadar ainm àbhaisteach làitheil Suaineach agus an character fhèin, munaicidh beag Brazilianach ann an èideadh foirmeil, sgaradh nach eil leth cho soilleir le ainm cèin dhan leughadair Ghàidhlig leithid Nilsson, nuair a bhiodh Gàidhealachadh gu rudeigin leithid MacNill, a tha coltach ris an ainmach làitheil, Gàidhealach, cho furasta. Tha e car doirbh a-rithist a dhèanamh a-mach carson no ciamar a tha Gàidhealachadh ann no nach eil, ach tha am measgachadh èifeachdach, anns an t-seadh gu bheil e follaiseach gun gabh an sgeulachd seo àite ann an dùthaich chèin ach nach eil e a-riamh a' fàs cho cèin nach tuigear no nach mothaichear air ceangal eadar àite na sgeulachd agus àite tùsail an leabhair.

Cha nochd mòran ainmean-àite anns an leabhar bheag seo, agus an fheadhainn a nochdas, tha iad air an cruthachadh airson an sgeòil is chan e fìor ainmean aig fìor dhaoine no fìor àiteachan a th' anna. Ged a tha fios aig an leughadair, bhon a thèid innse gu tràth anns an sgeul, gu bheil an leabhar a' gabhail àite ann am baile beag ann an àiteigin anns an t-Suain, is e àite mac-meanmnach a th' ann. Chan fhaigh am baile beag seo ainm air bith anns an leabhar thùsail, rud a tha cumanta anns an leabhar air fad, far a bheil a' chuid as motha de na h-àiteachan gun ainm idir. Chan eil ann ach aon àite cudromach aig a bheil ainm - an taigh anns an dèan i fhèin is Mgr. Nilsson còmhnaidh, Villa Villerkulla, no Villa Rù-Rà anns a' Ghàidhlig. Is e ainm a tha seo a tha doirbh ri cur an cèill no ciall a dhèanamh às. Chan eil ciall litearail sam bith air an dàrna pàirt den ainm ann an Suainis thùsail

⁷² Gillebrìde MacIlleMhaoil, còmhradh pearsanta leis an ùghdar.

⁷³ Astrid Lindgren, *Pippi Långstrump går ombord* (Stocholm; Rabén och Sjögren, 1946), td. 3; Micheal Bauer agus Gillebrìde MacIlleMhaoil, *Tha Pippi Fhad-Stocainneach a' dol air bòrd* (Glaschu; Akerbelz, 2024), td. 8

⁷⁴ Leabhar Genesis 48:1

ach gur e fuaim thlachdmhor a th' ann ri h-aithris, mar a tha fìor mu dheidhinn iomadh rud ann an obair Astrid Lindgren, *Pippi* cho math ri leabhraichean eile. Tha an t-ainm Gàidhlig a' call sin, gun cho-fhuaim aig an toiseach no tòn a tha a' dol suas is sìos mar a tha aig an t-Suainis, ach air an làimh eile thig buannachd an cois ciall a dhèanamh às an ainm, le Rù-rà a' toirt dhuinn fiosrachadh mu dheidhinn rudeigin a tha fìor mun àite agus mun t-sealladh a th' aig an t-saoghal air an taobh a-muigh oirre air Pippi, agus mar sin a fhreagras air cuid de thèamannan an leabhair.⁷⁵ Mar sin, tha an t-eadar-theangachadh rudeigin neo-sheasmhach a thaobh Gàidhealachaidh, ag eadar-theangachadh a rèir brìgh aig amannan, a' fàgail na Suainis aig amannan agus a' Gàidhealachadh aig amannan eile. A dh'aindeoin is gu bheil seo neo-sheasmhach, tha brìgh ann, gun a bhith a' dubhadh às an àite thùsail - mothaichear fhathast gu bheil an sgeulachd seo a' gabhail àite ann am baile beag anns an t-Suain, mar a tha fios againn.

Tha, mar sin, na trì eisimpleirean uile a' toirt dhuinn ìomhaigh mheasgaichte, a' Gàidhealachadh aig amannan agus a' fàgail na cànan tùsail aig amannan eile, a' tionndadh is a' falbh. Chithear cuideachd gur e seo an t-slighe a chaidh a leantainn anns an eadar-theangachadh seo, a' measgachadh nan trì modail aig diofar amannan airson diofar adhbharan a bharrachd air eisimpleir nan eadar-theangachaidhean eile, rud air am bruidhnear gu h-ìosal ann an tuilleadh doimhneachd.

⁷⁵ Emma Nilsson agus Elena Radanovic Kennander, "'I hela världen finns det ingen polis, som är så stark som hon": Om Astrid Lindgrens böcker ur ett klass- och genusperspektiv' (tràchdas maighistireil neo-fhoillsichte, Malmö Universitet, 2024), td. 3-5

Ag eadar-theangachadh nan ainm

Is e ceist chonnsaideal ann am feallsanachd an eadar-theangachaidh, agus gu dearbh ann an deasbad poblach nas fharsainge mu dheidhinn, a th' ann an ceist nan ainmean.⁷⁶ Togaidh a' cheist ceann anns cha mhòr gach uile pìos ficsein a thèid eadar-theangachadh idir bho chànan gu cànan, agus tha fuasglaidhean eadar-dhealaichte ann eadar teacsa agus teacsa, an eisimeil an toiseach air dè seòrsa ainm a thathar ag eadar-theangachadh. An e ainmean laghail a th' anna, no far-ainmean, no ainmean màthaireil no creidmheach, agus mar sin air adhart - gu follaiseach, bidh diofar ann eadar na h-ainmean seo. Cuideachd, tha ceist ann a thaobh rudeigin a tha cho bunasach do chultar agus do fhèin-aithne neach mar ainm eadar-theangachadh – an e a th' ann an eadar-theangachadh ainmean a bhith a' dubhadh às cultar agus fèin-aithne thùsail an neach sin?

Gu dearbh, is e seo ceist a tha aig bonn eadar-theangachaidh anns an fharsaingeachd, is chan e a-mhàin air ainmean. Mar a thuirt an gramadaiche Castilianach Antonio de Nebrija ann an 1492, “La lengua compañera del imperio” (Is e cànan companach na h-ìompaireachd), rud a tha a cheart cho fìor nar làithean-ne agus a bha e nuair a chuir e na faclan sin air an duilleig mar mholadh air Ìompaireachd na Spàinne.⁷⁷ Ciamar, mar sin, a ghabhas eadar-theangachadh bho chànan gu cànan ann an dòigh a chuidicheas na cànan a tha air an toirt sìos leis na cànan ìmpireil, nuair a tha cànan sgrìobhte an t-saoghail an ìre mhath uile air diofar thaobhan den eachdraidh chruaidh sin, is den fhìrinn shòisealta a tha fhathast ann?⁷⁸ Ma thathar ag eadar-theangachadh rudan a tha ann an cànan nas laige no nas lugha gu cànan nas motha, a bheilear a' toirt rud air falbh, a' dubhadh às fèin-aithne a' chultair thùsail?⁷⁹

Tha a' cheist sin ro mhòr agus cudromach airson an tràchdais seo, ach faodar a ràdh mar a bhuaileas sin air a' phròiseact seo, eadar an t-Suainis - mòr-chànan Eòrpach a thàinig còmhla ri Ìompaireachd na Suaine a dh'iomadh àite agus a tha an-dràsta a' bagairt air cànanan tùsanach nan Sàpmi⁸⁰ agus Meänkieli ann am Meänmaa⁸¹ - agus a' Ghàidhlig - mion-chànan Eòrpach aig a bheil àite fillte ann an eachdraidh, a dh'fhulaing cruaidh-chàs is làmhachas làidir na stàite Albannaich is

⁷⁶ Muhammad agus Suriandi is Ni' mah Nurul Ihsani, 'Translation Strategy of Proper Names', *Insanyat Journal of Islam and Humanities* 3. 2. (2019), td. 151-171 (td. 153)

⁷⁷ Iomradh ann an Eric Cheyfitz agus Alex Harmon, 'Translation and Colonialism', ann an *The Routledge Handbook of Translation and Politics*, deas. le Jonathan Evans agus Fruela Fernández (Lunnainn; Routledge, 2019) td. 270-286 (td. 270). Eadar-theangachaidhean le ùghdar an tràchdais seo.

⁷⁸ Cheyfitz is Hamon, td. 272

⁷⁹ Suriandi is Ihsani, td. 157

⁸⁰ Gabriel Kuhn, *Liberating Sápmi: Indigenous Resistance in Europe's Far North* (Binghamton; PM Press, 2020), td. 24

⁸¹ Tager Alalehto, *Assimilationspolitik av minoritetsgrupper – en jämförande studie* (Köijukylä; Lumio, 2024) td. 25

Breatannaich ann an dòigh a tha co-chiù coltach ri colonachadh⁸², ach a thàinig còmhla ri Ìompaireachd Bhreatainn a thuineachadh ann an iomadh àite air feadh an t-saoghail, eadar Seallann Nuadh, Astràilia agus Canada, far a bheil i fhathast aig cuid.⁸³ Chan eil luchd-labhairt an dà chànan seo air a bhith ri tuineachadh no fòirneart an aghaidh a chèile, agus ged a tha eas-aonta ann an cumhachd eatarra, le tòrr a bharrachd aig an t-Suainis, cha toir an t-eas-aonta sin buaidh ach air beatha làitheil àireamh glè bheag de dhaoine - is e sin, Gàidheil a tha a' fuireach anns an t-Suain - agus leis gur ann dhan Ghàidhlig a tha an eadar-theangachadh seo a' dol, is chan ann dhan taobh eile, chan eil cumhachd na Suainis an coimeas ris a' Ghàidhlig air a gleusadh.⁸⁴ Mar sin, ged a dh'fhaodadh seo a bhith na h-argamaid làidir airson ainmean a ghlèidheadh mar a bha iad, nan robh an eachdraidh no an suidheachadh ann eadar luchd-labhairt an dà chànan ann, chan eil an lethid ri fhaicinn.

Feumar cuideachd cuimhneachadh gu bheil diofar ann eadar traidiseanan nam mòr-chànan ìompaireach an dèidh breith nàiseantachd agus mion-chultar leithid cultar nan Gàidheal anns an là an-diugh, gun tighinn air cultar meadhan-aoiseil taobh an iar-thuath na Roinn Eòrpa.⁸⁵ Anns na cultaran sin, tha e fìor gur ionann an t-ainm laghail, an sloinneadh agad, agus d' ainm practaigeach, anns a' mhòr-chuid den ùine, agus cleachdar an aon ainm an-còmhnaidh, ge brith cò an cànan anns a bheilear a' bruidhinn. Chan eil seo idir fìor mu dheidhinn nan Gàidheal. Am measg leughadairean Gàidhlig, chan eil rud sam bith nas nàdarraiche na gum biodh aon ainm aig daoine sa Ghàidhlig, agus ainm eile aig daoine ann an cànan eile agus cha bhiodh na leughadairean seo a' diochuimhneachadh gu bheil ainm eile aig cuideigin a gheibheadh ainm eile. A thuilleadh air seo, tha an leabhar fhèin stèidhichte ann an saoghal nan Lochlannach anns na meadhan aoisean, fada mus deach am modal air ainmean a th' againn an-diugh a stèidheachadh agus far an robh e, a-rithist, gu math cumanta a bhith a' cleachdadh còrr is aon ainm – gu h-àraid an t-ainm làitheil agus ainm ann an Laideann, às dèidh teachd a' chreidimh Chrìosdaidh, agus cuideachd do na Lochlannaich ann an Èirinn is Alba, ainm anns a' Ghàidhlig agus ainm ann an Lochlannais.⁸⁶ Tha fianais airson sin ri fhaicinn, gun luaidh air an liuthad fianais eachdraidheil a th' againn air a shon - anns na h-ainmean Lochlannach a tha fhathast reusanta cumanta – ann an tionndadh Gàidhealach - am measg

⁸² Tha deasbad mòr - ro mhòr airson a thoirt a-steach an seo - air a bhith ann anns na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh air cho iomchaidh is a tha colonachadh mar dhòigh gus eachdraidh nan Gàidheal a thuigsinn. Airson barrachd fiosrachaidh, faic m.e. Iain MacFhionghain, 'Colonialism and the Highland Clearances', a *Northern Scotland* 8, td. 22-48; agus air an taobh eile David Alston, *Slaves and Highlanders; Silenced Histories of Scotland and the Carribean* (Dùn Èideann; Edinburgh University Press, 2021)

⁸³ Rob Dunbar 'Nova Scotian Gaelic: More than a fossil' ann an *The languages of Scotland and Ulster in a global context, past and present. Selected papers from the 13th triennial Forum for Research on the Languages of Scotland and Ulster Munich 2021.*, deas. le Christine Elswailer (Obar Dheathain; Aberdeen University Press, 2024), td. 309-50

⁸⁴ Chafitz, Harmon td. 272

⁸⁵ Matea Cussel, 'Methodological nationalism in translation studies: A critique', *Translation and interpreting studies*, 16 1 (2021), td. 1-18 (td. 3-4). agus Remy Attaig 'Translation, Equity, and Solidarity', *PMLA/Publications of the Modern Language Association of America*, 138, 3 (2023) td. 741-747 (td. 742)

⁸⁶ Judith Jesch, *The Viking Diaspora* (Oxford: Routledge, 2015), td. 76

nan Gàidheal, leithid Ìomhair, Amhladh, Torcal, Tormod, agus msaa.⁸⁷ Mar sin, chan eil argamaid làidir ann airson a bhith a' glèidheadh ainmean tùsail Suaineach anns an leabhar gu dìreach mar a tha iad, agus dh'fhaodadh an atharrachadh a rèir amasan eile an eadar-theangachaidh.

Is e pàirt mhòr den adhbhar gus an leabhar seo eadar-theangachadh gu Gàidhlig gu h-àraid a bhith a' nochdadh do dhaoine gun robh saoghal nan Lochlannach agus saoghal nan Gàidheal anns an deichead linn gu dlùth-cheangailte ri chèile, agus is e aon eisimpleir cudromach a sheallas seo dhuinn mar a tha na h-ainmean seo – tro na Lochlannaich air an robh iad air a bhith air an gabhail a-steach - air tighinn a-steach gu cultar nan Gàidheal. Mar eisimpleir, tha cuid de na Lochlannaich Èireannach a tha air ainmeachadh anns an leabhar seo air a bheil ainmean Gàidhealach mar-thà - faodar smaointinn air Amhladh Cuaran Bhaile Àtha Cliath, neo Olof Kvarnan av Dublin mar a chanar ris ann an Suainis, agus is e a th' ann an "Kvarnan" ach tionndadh Lochlannach air an fhacal Ghàidhlig "Cuaran", seòrsa de bhròg, a rèir 's gun do chuir e bròg mar sin air fhèin air là a chrùnaidh, no mar thàire air.⁸⁸ Mar sin, bha cothrom ann a bhith a' nochdadh na dàimh eadar Lochlann agus a' Ghàidhealtachd aig an àm seo tro bhith a' cur Gàidhlig air na h-ainmean sin uile far a bheil dòigh nàdarra neo eachdraidheil ann gus a dhèanamh.

A dh'aindeoin seo, tha cuid de na h-ainmean Lochlannach a nochdas aig nach eil co-fhacal Gàidhealach - mar eisimpleir, faodar coimhead ri Ylva (gu litireil, madadh-allaidh boireann), caractar a tha air leth cudromach anns an dàrna leth den leabhar, agus Krok (gu litireil, Cam no Cromag), caractar a tha cudromach anns a' chiad treas-pàirt, ged nach nochd an dithis aca ach gu gann anns an earrainn a chaidh eadar-theangachadh. Leis na daoine seo, chumadh ris an h-ainmean tùsail ann an Suainis, gun a bhith a' feuchainn rin litreachadh a rèir riaghailtean fuaimneachaidh na Gàidhlig neo a' cruthachadh tionndadh ùr Gàidhealach. B' e as adhbhar airson sin a bhith a' seachnadh faireachdainn fhaoine agus a-rithist gus an fhaireachdainn fhaoine a sheachnadh – nan robh ainmean air an cruthachadh às ùr anns an leabhar seo bhiodh e coltach na h-ainmean eile a tha eachdraidheil gur e sin na th' anna-san cuideachd – gu seachd àraid le ainmean Gall-Ghàidhealach nach eil air an cleachdadh tuilleadh, leithid Torchair no Sitric is eile, is mar sin chan fhaiceadh an leughadair an ceangal fìor a bha ann eadar an dà chultar aig an àm.

A bharrachd air na h-ainmean seo, tha dà ainm ann nach eil buileach air seo a leantainn, agus is e sin ainm a' phrìomh-charactair fhèin, Orm/Odhrm (Nathair gu litireil), agus ainm athair Rìgh Arailt, Gorm/Godhrm. Tha trioblaidean ann a bhith ag eadar-theangachadh Orm a rèir na cèille, oir nach ann mar sin a tha ainmean air an tionndadh bho chànan gu cànan ach gu glè ghann, agus nach eil ainm sam bith eile anns an leabhar air a chur gu cànan an amais anns an dòigh sin air na h-adhbharan a mhinicheadh gu h-àrd, is mar sin leumadh e a-mach ro fhada bhon chòrr den fheallsanachd eadar-theangachaidh a' nochdadh anns na chaidh eadar-theangachadh. Ach air an làimh eile, cha robh e iomchaidh an t-ainm a chumail air sàilleabh 's gu bheil ciall agus fuaimneachadh gu math eadar-dhealaichte air an fhacal Ghàidhlig "Orm", a tha cuideachd na fhacal cumanta agus àbhaisteach nach gabhadh a sheachnadh ann an inntinn an leughadair. Leis gur e seo ainm a' phrìomh-charactair, a' nochdadh uair agus a-rithist, bha e ro chudromach nach biodh an

⁸⁷ Jensch, td. 178

⁸⁸ Darren McGettigan, 'Amlaíb (Óláfr) Cuarán' *Dictionary of Irish Biography*

<<https://www.dib.ie/index.php/biography/amlaib-olafr-cuaran-a0174>> [Air a thogail 14/09/2024]

leithid sin de mhì-thuigse ann airson a chumail mar a bha e. Mar sin, b' e Gàidhealachadh air an fhuaimneachadh thùsail an roghainn a bha air fhàgail, agus litreachadh ainm-san mar Odhrm tron leabhar air fad, gun atharrachadh anns a' ghinideach no anns a' ghairmeach, mar thoradh air an O agus an R leathann. Air na h-aona adhbharan, chaidh ainm athair Arailt atharrachadh cuideachd, air an aon mhodal. Tha, ge-tà, rud air chall leis an roghainn seo a thaobh ainm a' phrìomh-charactair, agus is e sin gu bheil bho àm gu àm tron leabhar, ged nach eil anns a' bhloigh a chaidh eadar-theangachadh air sgàth a' phròiseict seo, iomradh air a dhèanamh air brìgh an ainm, Nathair. Faic, m.e., an dàn a nì e nuair a gheibh e an claidheamh aige an dèidh bràighdeanais, dàn a chrìochnaicheas le "åter kan ormen stinga" (a-rithist tha guin aig an nathair).⁸⁹ Gus a' bhrìgh seo a chumail, a' leantail air modail "dilseachd mhillteach", roghnaicheadh a bhith a' cur an cuimhne an leughadair bho àm gu àm gu dè as ciall dha ainm, m.e. nuair a bhruidhneas e ri Almansur a' chiad uair aig toiseach an t-seachdaimh chaibideil, far an do dh'atharraicheadh an t-Suainis thùsail "Orm sade vad han hette och vad det betydde" (Thuirt Odhrm ainm-san agus mhìnich e na bu chiall dha) gu "Thuirt Odhrm ainm-san agus gum b' e Nathair a bu chiall dha."⁹⁰

Nochdaidh cuideachd seann diathan nan Lochlannach gu reusanta tric anns an teacsa, agus tha ceist ann a thaobh eadar-theangachadh an seo a tha rud beag eadar-dhealaichte bho na h-ainmean pearsanta eile, a chionn 's gur iad seo diathan. Tha corra eisimpleir againn air Dia Lochlannach anns a' Ghàidhlig gu tradiseanta, nuair a thàinig iad a-steach gu ainmean pearsanta agus ainmean àite - is e sin, an t-ainm "Tor", neo Thor anns a' Bheurla, a tha againn ann an corra ainm leithid Torcail is Tormod.⁹¹ Nan robh ainmean Gàidhlig againn stèidhichte air diathan eile, cha do mhair iad tro na linntean gu h-eachdraidheil. Ach tha, bhon a stèidhicheadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig is cùrsaichean-eachdraidh a bhith air an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig anns na sgoiltean, le iomraidhean air an dèanamh air seann diathan nan Lochlannach anns a' Ghàidhlig a-rithist, agus chaidh tionndaidhean Gàidhealach a chruthachadh dhan fheadhainn as cudromaiche dhiubh sin airson a bhith air an cleachdadh anns na sgoiltean, co-dhiù cuid dhiubh - cleachdaidh aon ghoireas bhon Stòrlann, 'na Lochlannaich', na h-ainmean Beurla - Thor, Odin, Freya is msaa - a-mhàin, ach goireas eile bho Twinkl, 'Diathan nan Lochlannach', tionndaidhean Gàidhealach.⁹² Lorgar an sin cruth a tha gu h-ìre air choreigin stèidhichte ann an Gàidhlig a gheibh sgoilearan an là an-diugh agus daoine a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig gu proifeiseanta airson Òdain, Tòrr, Frèidha, agus msaa. Chan eil adhbhar ann tuilleadh trioblaid adhbharachadh do leughadair a tha air am fiosrachadh seo fhaighinn le bhith a' cruthachadh ainmean ùra dha na diathan seo nuair a tha feadhainn fhreagarrach ann mar-thà, is mar sin chleachdadh na tionndaidhean seo tron leabhar air fad. Cha do nochd de dhiathan aig nach robh tionndadh Gàidhlig airson na sgoiltean anns a' bhloigh a chaidh eadar-theangachadh ach Ran, ban-dia olc nan stoirm, agus gu fortanach cha nochd fuaim no litir sam bith na h-ainm-se a tha mì-fhreagarrach dhan Ghàidhlig, is dh'fhaodadh fhàgail mar a

⁸⁹ Bengtsson, *Röde Orm*, td. 93

⁹⁰ Bengtsson, *Röde Orm*, td. 127

⁹¹ Jesch, td. 176

⁹² Faic Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, 'Na Lochlannaich', *Pasgan-Obrach air na Lochlannaich* <<https://www.storlann.co.uk/na-lochlannaich/downloads/Storlann-Vikings-2013.pdf>> [air a thogail 20/10/2024] agus Twinkl Gàidhlig, 'Diathan nan Lochlannach' *Diathan nan Lochlannach – Postair Taisbeanaidh* <<https://www.twinkl.co.uk/resource/diathan-nan-lochlannach-postairean-taisbeanaidh-cfe-lg-1627640078>> [air a thogail 20/10/2024]

tha e, seach leantainn air an eisimpleir a stèidhich Twinkl nuair a chuir iad goireasan Gàidhlig còmhla airson nan diathan seo, Gàidhealachadh air na h-ainmean ann an Seann-Lochlannais.

A thuilleadh air cruth nan ainmean fhèin, tha ceist ann a thaobh fiosrachaidh orra – bidh an leughadair Suaineach air clasaichean a dhèanamh ann an eachdraidh agus ann an litreachas nan Lochlannach ro-Chrìosdail mar phàirt riatanach de dh'fhoghlam na sgoile, agus mar sin bidh bun-stèidh de dh'eòlas aig gach Suaineach air na diathan is na sgeulachdan seo, gun luaidh air barrachd eòlais a fhuair iad nan ùine fhèin mar leughadair le ùidh ann an cùisean meadhan-aoiseil.⁹³ Chan eil leithid de dh'eòlas bunasach aig gach Gàidheal air a' chuspair seo, is chan urrainn a bhith an dùil gum bi fios aig an leughadair ann an cànan an amais, mar eisimpleir, cò a bh' ann an Ran agus mar sin carson a tha na Lochlannaich iomagaineach air dhaibh "nigheanan Rain" a chluinntinn anns an deicheamh caibideil. Mar sin, chuireadh bun-nota bhon eadar-theangair ris na h-ainmean seo a' chiad uair a nochdadh iad uile, le bun-fhiosrachadh gu math goirid man deidhinn, gus an leughadair Gàidhealach a thoirt dhan aon ìre a bhiodh aig an leughadair air an robh an t-ùghdar ag amas. Chithear gun do thaghadh seo a dhèanamh ann an corra àite eile, an-còmhnaidh leis an amas gus co-ionannachd a thoirt dhan leughadair Ghàidhealach gun a bhith a' toirt orra an sgeulachd fhàgail gus a' cheist a rannsachadh.

⁹³ Faic, m.e. Cuirricealam na Suaine, Eachdraidh 4-6, ann an Skolverket, *Kommentarsmaterial till Historia* <<https://www.skolverket.se/download/18.6bfaca41169863e6a6574c4/>> [air a thogail 21/10/2024]

Na h-ainmean-àite

Nochdaidh anns an leabhar ainmean-àite stèidhichte air a' Ghàidhlig, an t-Suainis, a' Bheurla agus an Spàinntis. Is e adhbhar-trioblaid gu h-ìre a tha seo do dh'eadar-theangair Gàidhlig, oir tha e gu math stèidhichte anns na cànanan Ghàidhealach gu bheil diofar ainmean aig diofar bhailtean ann an diofar chànanan, gu seachd àraid eadar Gàidhlig agus Beurla air adhbharan eachdraidheil – smaoinich m.e. air prìomh-bhailtean na h-Èireann is na h-Alba, ris an canar “Dublin” agus “Edinburgh” anns a’ Bheurla, ach Baile Àtha Cliath is Dùn Èideann anns a’ Ghàidhlig. Ach chan eil modh stèidhichte ann, no gu dearbh ainm traidiseanta Gàidhlig ann, airson a’ chuid as motha de na h-ainmean-àite a tha anns an leabhar is tha sin gu seachd àraid fìor mu na h-ainmean-àite a tha air an tarraing bho chànan eile seach a' Bheurla a-mhàin - gu sònraichte, Suainis thùsail an leabhair. Leis gur ann às an t-Suainis a thàinig a’ mhòr-chuid de na h-ainmean àite cèin a nochdas anns an leabhar, b’ fheudar coimhead air mar a chaidh an cur gu Gàidhlig mar bhun-stèidh air mar a chaidh an còrr.

A thaobh nan ainmean-àite Lochlannach agus Spàinnteach – seach na h-ainmean Gàidhealach no Sasannach, mum bheil poileasaidh gu math stèidhichte ann – cha robh freagairt shìmplidh ann air mar a chuirear iad seo gu Gàidhlig, ma chuirear idir. Air na h-adhbharan a mhìnichadh shuas air ainmean nan daoine, b’ fhèarr Gàidhealachadh far an robh seo na roghainn, ach bha ceist ann a thaobh dè cho fada is a rachadh seo a dhèanamh, agus cò am facal às an dèanainn Gàidhealachadh, mura robh tionndadh Gàidhlig stèidhichte ann - an t-Seann Lochlannais thùsail, no Suainis an leabhair? An coimeas ri ainmean pearsanta, an seo chan eil dòigh ann na h-ainmean tùsail a chumail far a bheil tionndadh Gàidhlig doirbh ri chruthachadh air diofar adhbharan, chan ann air sgàth rudeigin a tha anns an earrainn air sgàth rudeigin a nochdas na bu tràithe anns an sgeulachd – tha na Lochlannaich troimh-chèile mu dheidhinn cuideigin a tha iad air togail às a’ mhuir – Solamh. Chan eil Lochlannais fhileanta aige agus mar sin nì iad mearachd air an fhuaimneachadh aige, a’ saoil sinn gur e 'Jute' - cuideigin bhon sgìre ris an canar Jutland, eadar an Nirribhidh is an t-Suain anns an là an-diugh - a th’ ann, ged as e ‘Jude’, Iùdhach, a th’ ann ann an dà-rìribh. Tha mòran ga dhèanamh às a’ mhì-thuigse seo, an dà chuid fealla-dhà agus susbaint dhan sgeulachd, agus mar sin feumaidh an dà ainm sin – Jute, Jude – a bhith cho coltach ri chèile gu bheil am mì-thuigse aca ciallach, agus air an adhbhar sin is e an roghainn as fheàrr ‘Iùtach’ a chantainn ris na daoine às an sgìre sin ann an Lochlann, rudeigin a bhiodh ciallach gu leòr anns a’ Ghàidhlig (anns an t-seagh gu bheil gach seans gur e sin a chanadh Gàidheil ris na daoine às an sgìre sin nuair a bha Lochlannaich gu math pailt air a’ Ghàidhealtachd) agus a tha gu math coltach ris an fhacal Iùdhach a thaobh an fhuaimneachaidh dheth. Agus chan urrainn do Iùtach ach a bhith à Iùtlann, seach Jutland. Air adhbharan seasmhachd, mar sin, chan urrainn na h-ainmean a chumail ann an Suainis thùsail ann an àiteachan eile. Ach tha fhathast taghadh a dhìth eadar dà roghainn a tha air fhàgail dhuinn anns na h-àiteachan far nach eil ainm dùthchasach Gàidhealach air an àite - ag eadar-theangachadh brìgh an ainm gu Gàidhlig, air neo Gàidhealachadh a dhèanamh air an litreachadh gus faighinn cho faisg agus as urrainn dhan fhuaimneachadh thùsail. Gus corra eisimpleir de seo a nochdadh, chithear talla rìgh na Danmhairge, Jellinge, a’ nochdadh mar Ìeillinge; Småland a’ dol gu Smàlann; Skåne a’ nochdadh fo chruth an ainm Laidinnich, Scania, bhon as e sin a tha ann an cleachdadh làitheil anns a’ Bheurla, is i a’ nochdadh mar Sgàinia.

An toiseach, ge-tà, tha aon àite ann an Lochlann a thogas ceann anns an sgeulachd far a bheil tionndadh Gàidhealach air ainm a’ bhaile air mairsinn cho fada is gu bheil e clàraichte againn anns

an là an-diugh – is e sin àite-suidhe nan rìghrean meadhan-aoiseil, Uppsala mar a chanar ris ann an Lochlann no Spaoilidh, mar a tha an t-ainm a’ nochdadh aig Iain Òg Ìle anns an tionndadh aige air Duan na Ceàrdaich a chruinnich e aig fear Dùghall MacPhàil ann am Breubhaig, Barraigh agus a chuir e ann an clò anns na Sgeulachdan Gàidhealach aige.⁹⁴ Tha e fìor gun teagamh nach eil an tionndadh seo air an ainm air marsainn ann an Gàidhlig - is gu dearbh, nach ann tric a bhruidhnear air baile Spaoilidh fo ainm sam bith ann an Gàidhlig. Ach gus an tionndadh sin, agus an ceangal cultarail a tha air a chur am follais leis, a chumail agus a bheothachadh tha an tionndadh Gàidhlig seo air a chleachdadh, ach le bun-nòta a’ chiad uair a nochd e gus am faodadh daoine am baile a lorg air mapa no air loidhne, nan iarradh iad am fiosrachadh eachdraidheil fhaighinn. Ach cha b’ urrainnear am fuasgladh sìmplidh seo a chleachdadh le ainmean eile, gu sìmplidh leis nach eil tionndadh Gàidhlig a mhair chun an là an-diugh ach air Spaoilidh (Uppsala) agus Beirbhe (Bergen, ann an Nirribhidh), agus cha nochd Beirbhe idir anns an sgeulachd.⁹⁵

Tha cuideachd àite eile ann mun b’ fhiach beagan a bharrachd bruidhne a dhèanamh. Aig fìor-dheireadh an t-seachdaimh caibideil, ruigidh na Lochlannaich manaich Ghàidhealach a tha a’ fuireach air sgeir bheag far a’ chosta ris an canar “Sankte Finians Ö” - is e sin, Eilean an Naoimh Fionnan. A rèir an ùghdair, is e a th’ anns an eilean seo ach Sgeillig Mhìcheil, an t-eilean cliùiteach siud, mus d’ fhuair an t-eilean an t-ainm a th’ air an-dràsta le manaich eile a thàinig le ainm an àrd-aingil Mhìcheil, ach tha iomadh eilean agus sgeir den t-seòrsa seo air feadh na Gàidhealtachd bhon linn sin, nuair a thàinig manaich Ghàidhealach a stèidheachadh manachainnean ùra ann an eileanan beaga creagach fo bhuaidh Athraichean an Fhàsaich.⁹⁶ Mar as trice, ged-tà, cha bhi na h-ainmean aca stèidhichte anns a’ Ghàidhlig mar a tha aig an t-Suanis thùsail, leis an fhacal Innis tòrr nas cumanta na Eilean ann an ainmean a thàinig bhon linn seo, an dà chuid ann an Èirinn agus ann an Alba, agus chan eil “an Naoimh” idir cumanta nas motha, gu h-àraid aig na naoimh Ghàidhealach a thàinig a dh’Alba à Èirinn is a thug leotha an creideamh is – aig amannan - an cànan, far a bheil an ro-leasachan ”Mo” nas cumanta - faic m.e. Baile MoThatha air bruach Loch Laomainn, Crois MoLugha ann an Glaschu, is eile.⁹⁷ Mar sin, nuair a thathar a’ cleachdadh “Sankte Finians Ö” mar ainm seach mar mhìneachadh, chleachdadh “Innis MoFhionnan” seach “Eilean an Naoimh Fionnan”, gus linn an leabhair a chur am follais a bharrachd.

Giorrad

⁹⁴ Iain Frangan Caimbeul *Sgeulachdan Gàidhealach air an co-chruinneachadh le Iain Òg Ìle, leabh. III* (Glaschu; Comunn Ìleach Ghlaschu, 1932) td. 397

⁹⁵ Faic, m.e., Caimbeul, td. 299, 302, agus Pía M. Coira, *By poetic authority: The rhetoric of panegyric in Gaelic poetry of Scotland to c. 1700* (Dùn Èideann: John Donald, 2012), td. 160

⁹⁶ Alastair Moffat, *Islands of the Evening; Journeys to the End of the World* (Dùn Èideann; Birlinn, 2022), td. 15

⁹⁷ Alasdair C. MacIlleBhàin, Kathryn Forsyth, Simon Taylor *Glasgow's Gaelic Place-Names* (Dùn Èideann; Birlinn, 2023), td. 164

Mu dheireadh, gus sùil nas mionaidiche a thoirt air dà sheantans às an eadar-theangachadh agus na seòrsachan cheistean mionaideach a dh'èirich, coimheadar ri eisimpleirean de dh'àiteachan far a bheil e cudromach a bhith gu math geàrr, mar a mhinich an t-ùghdar anns na beachdan aige air sgeulachdan gaisgeil nan Lochlannach, agus far a bheil am modh litreachasail seo a' tighinn troimhe gu soilleir.⁹⁸ B' fhiach gu sònraichte coimhead air dà eisimpleir air seo anns an earrainn a chaidh eadar-theangachadh, a' tighinn bhon dithis phrìomh-character, ged a tha barrachd na iad seo ann. Is e a' chiad eisimpleir an fhreagairt a tha aig Odhrm an dèidh dha cluinntinn gu bheil na fir a mharbh a cheannard faisg air làimh, air td. 11 den tràchdas seo. Is e a chanas e ann an Suainis “Då har de levat länge nog”, air neo, air a chur gu Gàidhlig ann an dòigh dhìreach, “Mar sin, tha iad air a bhith beò airson ùine fada gu leòr”.⁹⁹ Mar a chithear, tha an earrann a' call a h-uile càil den gheurad a tha aige anns a' chànan tùsail, agus le sin tha e cuideachd a' call pàirt mhòr de chridhe an leabhair mar a chunnaic an t-ùghdar fhèin e – cha b' urrainnear gabhail ris mar sin. Bha caochladh diofar dhòighean gus seo a gheurachadh - “Bha gu leòr de bheatha aca”, “Bha iad ro fhada beò”, “Mar sin, fhuair iad beatha gu leòr” - ach thaghadh “Mar sin, fhuair iad an leòr de bheatha” aig a' cheann thall. B' e as adhbhar airson seo a thaghadh seach aon de na roghainnean eile cho cudromach is a bha dàn agus na thig orra mar thoradh air dàn neo-sheachanta do ghaisgich an t-seann saoghail a chur an cèill, is mar sin b' fhèarr “fhuair” a chumail ann gus sealltainn gu bheil iad air beatha fhaighinn bho dhàn, mar chumhachd a tha fa-leth bhuapa fhèin.¹⁰⁰

Gus an dàrna eisimpleir den t-seòrsa rud seo, far a bheil geurad na thathar ag ràdh cudromach airson brìgh an leabhair a chur am follais, faic na chanas Torchair an dèidh dha còmhrag a' chlàidheimh a bhuannachadh air td. 53 is e a' coiseachd a-steach dhan talla le fuil na deann-ruith air an taobh. Tha caraid dha a' faighneachd mar a chaidh do Dhyre - fear leis an do dh'fhalbh e gus còmhrag a chumail taobh a-muigh an talla, leis an leisgeul gun robh iad dol a leigeil am mùin còmhla - agus freagraidh Torchair ann an Suainis “Det tog ett tag, men nu har han pissat färdigt”. Gus a' bhrìgh litireil a thoirt seachad gu nàdarra, is e “Thug e greis, ach tha e a-nis deiseil le bhith a' leigeil a mhùin” as fhaighe. A chionn 's gu bheil am facal seo, “pissa”, a' nochdadh anns a' Ghàidhlig mar “a' leigeil a mhùin”, tha an geurad a tha cho cudromach dhan mhodh Lochlannach air gaisgeachd, mar a thuig an t-ùghdair am modal sin, air falbh - dh'fheumte a ghearradh sìos, ach ann an dòigh a chumadh an dà bhrìgh a bh' air an t-seantans seo bho thùs agus an salchair a tha an lùib an fhacail “piss” ann an Suainis.¹⁰¹ Chleachdar aig a' cheann thall “Thug e ùine, ach tha a mhùin seachad”, ga chumail cho geàrr agus a ghabhadh fhad 's a bha am facal “mùn”, am facal a tha cho salach ris an fhacal “piss” ann an Suainis, fhathast ga chleachdadh ann. Bheachdaicheadh air 'deiseil' seach 'seachad', ach shaoileadh gun robh mì-thuigse nas dlùithe dhan inntinn le “tha a mhùin deiseil” - cò dha a tha e deiseil? Dè nithear leis? - na tha e le 'seachad'.

Co-dhùnadh

Ged as e an ìre mhòr briseadh a-steach gu talamh ùr a thaobh nuadh-litreachas na Gàidhlig a th'

⁹⁸ Frans G. Bengtsson, 'Hur Röde Orm blev till', ann am *Folk som sjöng* (Stockholm; Nordstedts, 2020), td. 11-24 (td. 21-22)

⁹⁹ Bengtsson, *Röde Orm*, td. 109

¹⁰⁰ Bengtsson, *Hur Röde Orm blev till*, td. 11

¹⁰¹ Bengtsson, *Hur Röde Orm blev till*, td. 12

anns an eadar-theangachadh seo, le nobhail mhòr do dh'inbhich air a thoirt gu dìreach bho chànan seach a' Bheurla, chan eil e buileach leis fhèin a thaobh eadar-theangachaidhean bho na cànan Lochlannach no a thaobh leabhraichean ficsein a chuirear rèim-chainnt àrd gu feum, agus bha rudan feumail rin ionnsachadh rin lorg anns na teacsaichean eile a tha coltach ris anns na dòighean sin. A bharrachd air sin, thug an rèim-chainnt shònraichte de Shuainis a chleachdadh le Bengtsson dùbhlach cuideachd cothrom sònraichte dhan eadar-theangair, gu h-àraid a thaobh a bhith a' cumail na faireachdainn àraid a chruthaich e agus a bhith a' cur ris na th' ann de stòras de leabhraichean a chuireas rèim àrd gu feum ann an nuadh-litreachas na Gàidhlig. Cuideachd, cuiridh am pròiseact seo ann an dòigh bheag air choreigin ris an stòras de dh'eadar-theangachadh a chleachdas cainnt a tha, le rùn, seann-fhasanta agus stèidhichte air modh-litreachais nach eil ann tuilleadh, agus na nithean a dh'fheumar a dhèanamh gus an fhaireachdainn aosmhor a tha air a cruthachadh a ghlèidheadh. Mar cho-dhùnadh, ged nach iomchaidh leantainn air mì-mhacantas Bengtsson fhèin is a ràdh gu bheil dùil ri rudeigin cho taitneach dhan leughadair no cho cudromach do litreachas na Gàidhlig is a bha eadar-theangachadh Gàidhlig Eòghainn MhicLachlainn air an *Odyssey*, faodar a ràdh gu bheil co-dhiù dòchas ann gun còrd an obair ris an leughadair agus gun cuir e ri corpas eadar-theangachaidh na Gàidhlig agus gu dearbh ri nuadh-litreachas na Gàidhlig ann an dòigh bheag air choreigin.

Faclan: 44,896

Liosta-Leughaidh

Tràchdasan:

af Åminne, Adam Horn *Från person till person: Avvecklingen av nordisk personkongruens ur ett diakront typologiskt perspektiv* (Uppsala: Acta Universitatis Upsaliensis, 2022)

Leferve, André, 'Prolegomena to a grammar of literary translation: An investigation into the process of literary translation based on an analysis of various translations of Catullus' 64th poem' (tràchdas PHD neo-fhoillsichte, Oilthigh Essex, 1972)

Nilsson, Emma agus Radanovic Kennander, Elena, ”’I hela världen finns det ingen polis, som är så stark som hon’’: Om Astrid Lindgrens böcker ur ett klass- och genusperspektiv’ (tràchdas maighistireil neo-fhoillsichte, Malmö Universitet, 2024)

Artaigilean:

Agus Suriandi, Muhammad is Ihsani, Ni’ mah Nurul, ‘Translation Strategy of Proper Names’, *Insanyat Journal of Islam and Humanities* 3. 2. (2019), 151-164

Attaig, Remy ‘Translation, Equity, and Solidarity’, *PMLA/Publications of the Modern Language Association of America*, 138, 3 (2023), 741-747

Bengtsson, Frans G. ‘Hur Röde Orm blev till’, ann am *Folk som sjöng* (Stockholm; Nordstedts, 2020), td. 9-16

Burns, Tormod ‘Orkneyenga saga’, *Gairm* 72, 1 (1970), 16-19

Cussel, Matea, ‘Methodological nationalism in translation studies: A critique’, *Translation and interpreting studies*, 16 1 (2021), 1-18

Dunbar, Rob ‘Nova Scotian Gaelic: More than a fossil’ ann an *The languages of Scotland and Ulster in a global context, past and present. Selected papers from the 13th triennial Forum for Research on the Languages of Scotland and Ulster Munich 2021*, deas. le Christine Elswailer (Obar Dheathain; Aberdeen University Press, 2024)

El-Zawavy, Amr M. ‘Rhyming prose and archaizing: Translating the Arabic Badí‘ Al-Zamán Al-Hamadhání’s Maqāmāt’ *Babel* 69, 1 (2023), 129-146

Kidd, Sheila M. ‘The Forgotten First: John MacCormaick’s ‘Dùn-Àluinn’ *Scottish Gaelic Studies* 22, 197-219

MacFhionghain, Iain ‘Colonialism and the Highland Clearances’ ann an *Northern Scotland* 8, 1, (Dùn Èideann; Edinburgh University Press, 2017), 22-48

Nordin, Svante ‘Antinazisten Frans G. Bengtsson’ ann am *Frans G. Bengtsson-studier* 12 (Frans G. Bengtsson-Sällskapet, Lund, 2009), 30-37

Sneddon, Duncan ‘The Celts far vision of weird and hidden things’? H.P. Lovecraft, William Sharp and the Celts’, *Horror Studies*, 15. (2024) 1. 171-192

Leabhraichean agus Caibideilean ann an Leabhraichean Deasaichte:

Alalehto, Tage *Assimilationspolitik av minoritetsgrupper – en jämförande studie* (Koijukylä; Lumio, 2024)

Alston, David *Slaves and Highlanders; Silenced Histories of Scotland and the Caribbean* (Dùn Èideann; Edinburgh University Press, 2021)

Bauer, Micheal agus MacIlleMhaoil, Gillebride *Tha Pippi Fhad-Stocainneach a’ dol air bòrd* (Glaschu; Akerbelz, 2024)

Bengtsson, Frans G., *Silversköldarna* (Stockholm: Nordstedts, 1929)

Bengtsson, Frans G. *Röde Orm: Sjöfarare i Västerled och Hemma och i Österled* (Stockholm: Nordsteds, 2012)

Bengtsson, Frans G. *Litteratörer och Militärer*, (Stockholm, Nordsteds, 2019)

Black, Ronald, *Eilein na h-Òige - The Poems of Fr. Allan MacDonald*, (Glaschu; Mungo Books, 2002)

Blakesly, Jacob, 'Translating the Classics' ann an *The Routledge Handbook of Translation History* (Lunainn; Routledge, 2021)

Caimbeul, Aonghas Pàdraig, *An Oidhche Mus do Sheòl Sinn* (Inbhir Nis: CLÀR, 2003)

Cheyfitz, Eric agus Harmon, Alex 'Translation and Colonialism', ann an *The Routledge Handbook of Translation and Politics*, deas. le Jonathan Evans agus Fruela Fernandez (Lunainn; Routledge, 2019), 270-285.

Coira, Pía M. *By poetic authority: The rhetoric of panegyric in Gaelic poetry of Scotland to c. 1700* (Dùn Èideann; John Donald Press, 2012)

Caimbeul, Iain Frangan *Sgeulachdan Gàidhealach air an co-chruinneachadh le Iain Òg Ìle, leabh. III* (Glaschu; Comunn Ìleach Ghlaschu, 1932)

Durkacz, Victor Edward, *The Decline of the Celtic Languages* (Dùn Èideann; John Donald Publishers, 2001)

Gibson, John, 'The Bible in Scotland Today: A Review and Prospect' ann an *The Bible in Scottish Life and Literature*, deas. le David F. Wright (Dùn Èideann; St. Andrews Press, 1988), 208-220.

Håkansson, Nils, *Dolda Gudar: en bok om allt som inte går förlorat i översättning* (Stockholm, Nirsteds, 2021)

Jesch, Judith, *The Viking Diaspora* (Oxford: Routledge, 2015)

Kuhn, Gabriel *Liberating Sápmi: Indigenous Resistance in Europe's Far North* (Binghamton; PM Press, 2020)

Lindgren, Astrid *Pippi Långstrump går ombord* (Stocholm; Rabén och Sjögren, 1946)

MacAilpein, Tòmas agus Ó Maolalaigh, Roibeard *Gairm: Ùghdair is Dealbh, Rosg is Rann* (Glaschu; Oilthigh Ghlaschu, 2022)

MacIlleBhàin, Alasdair C, Forsyth, Kathryn agus Taylor, Simon *The Gaelic Place-Names of Glasgow* (Dùn Èideann; Birlinn, 2023)

MacLeòid, Fionnlagh, *Gormshùil an Rìgh* (Inbhir Nis; CLÀR, 2010)

MacNeacail, Alasdair, *Gaelic Proverbs* (Dùn Èideann; Birlinn, 2018)

Meek, Donald E. 'The Gaelic Bible', ann an *The Bible in Scottish Life and Literature*, deas. le David F. Wright (Dùn Èideann; The St. Andrew Press, 1988), 9-23

Michanek, Germund, *Frans G. Bengtsson: En Minnesbok* (Stockholm, Lindblads, 1955)

Stewart, John, *Shetland Place-Names* (Lerwick: Shetland Library and Museum, 1987)

Ó Giollagáin, Conchúr, Camshron, Gòrdan, agus Moireach, Pàdruig et al *The Gaelic Crisis in the Vernacular Community: A comprehensive sociolinguistic survey of Scottish Gaelic* (Obar Dheathain: Aberdeen University Press, 2020)

Riach, Alan, *Scottish Literature: an introduction* (Dùn Èideann, Clò Luath, 2022)

Rothach, Gillian, Currie Armstrong, Timothy, Mac an Tàilleir, Iain, *Cor na Gàidhlig ann an Siabost: Barail agus Comas Cànanain ann an Siabost* (Inbhir Nis: Bòrd na Gàidhlig, 2011)

Shippey, Tom, 'Foreword', ann an *The Shadow-Walkers: Jacob Grimms Mythology of the Monstrous* (Binghamton, State University of New York at Binghamton, 2005)

Sneddon, Duncan agus Coira, Maria 'Literature in Gaelic 1' ann an *A Companion to Scottish Literature*, deas. le Alan Riach (Oxford; Blackwell, 2024), 77-90

Thomson, Derick, *The Companion to Gaelic Scotland* (Oxford: Blackwell, 1983)

Tihanov, Galin, *The Master and the Slave: Lukasz, Bakhtin, and the Ideas of their Time* (Oxford; Oxford University Press, 2000)

Tolkien, Christopher is Tolkien, John Ronald Reuel *The Letters of JRR Tolkien: A Selection*, (Lunainn, Allen&Unwin, 1981)

Tulyanev, Sergey 'Culture' ann an *The Routledge Handbook of Translation and Philosophy* (Lunainn; Routledge, 2019)

Làraich-lìn:

Axel Brantemo, 'E-type läser högt ur Röde Orm: 'Det är min Bibel' *Sveriges Television*, 07/01/2024 <<https://www.svt.se/nyheter/lokalt/ost/e-type-laser-hogt-ur-rode-orm-det-ar-min-bibel>>[air a thogail 12/09/24]

Cuirricealam na Suaine, Eachdraidh 4-6, 'Skolverket', *Kommentarsmaterial till Historia* <<https://www.skolverket.se/download/18.6bfaca41169863e6a6574c4/>>[air a thogail 21/10/2024]

'Clàr BBC Alba' *BBC Alba* <https://www.bbc.co.uk/iplayer/guide/bbcalba> [air a thogail 20/10/24]

Darren McGettigan, 'Amlaíb (Óláfr) Cuarán' *Dictionary of Irish Biography* <https://www.dib.ie/index.php/biography/amlaib-olafr-cuaran-a0174> [Air a thogail 14/09/2024]

Erik Helmersson, 'En konservativ som Frans G Bengtsson hade skrattat ut Åkesson', *Dagens Nyheter*, 25/6/2024 <https://arkivet.dn.se/sok?q=Frans+G.+Bengtsson&from=1864-12-23&to=2024-10-21>

Jens Liljestrand 'Nationalklenoden mitt på kulturkrigets slagfält', *Expressen*, 24/5/2023 <<https://www.expressen.se/kultur/scen/nationalklenoden-mitt-pa-kulturkrigets-slagfalt/>> [air a thogail 15/10/2024]

Johan Hilton, 'Röde Orm på Dramaten kör stenhårt på att underhålla' *Dagens Nyheter*, 10/05/2020 <<https://www.dn.se/kultur/rode-orm-pa-dramaten-kor-stenhart-pa-att-underhalla/>> air a thogail 15/10/2024]

Jonas Ellerström, 'Frans G Bengtsson 1894-1954' *Svenskt Översättarlexikon*

<https://litteraturbanken.se/%C3%B6vers%C3%A4ttarlexikon/artiklar/Frans_G_Bengtsson> [air a thogail 13/09-24]

Lars Lönnroth 'Frans G Bengtssons Röde Orm: Arne Anka som viking' *Svenska Dagbladet*,

28/08/2001, <https://www.svd.se/a/c19d97c0-8154-3014-87cb-0856e015f256/arne-anka-som-viking> [air a thogail 18/10/2024]

Libris

<<https://libris.kb.se/hitlist?q=R%C3%B6de+Orm&r=;pers:%28Bengtsson%20Frans%20G.%201894%201954%29;mat:%28bok%29&f=simp&g=category2&m=5&p=1&d=libris&s=r&t=v>> [air a thogail aig 2/10/24]

Luchd-Deasachaidh Encyclopedia Britannica 'Skaldic Poetry' *Skaldic Poetry*

<<https://www.britannica.com/art/skaldic-poetry>> [air a thogail 23/10/2024]

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, 'Na Lochlannaich', *Pasgan-Obrach air na Lochlannaich*

<<https://www.storlann.co.uk/na-lochlannaich/downloads/Storlann-Vikings-2013.pdf>> [air a thogail 20/10/2024]

Marcus Cederström 'Vikings, Verbs, and Very Old Swedish' *Swedish Language Blog*

<<https://blogs.transparent.com/swedish/vikings-verbs-and-very-old-swedish/>> [air a thogail 2/10/24]

Nordstedts <https://www.norstedts.se/bok/9789113043111/rode-orm> [air a thogail 12/10/2024]

Nordstedts <<https://www.norstedts.se/bok/9789113040653/rode-orm>> [air a thogail 12/10/2024]

Nordstedts <<https://www.norstedts.se/bok/9789113014272/rode-orm>> [air a thogail 12/10/2024]

'Svensk Mediadatabas' *Röde Orm* <<https://smdb.kb.se/catalog/id/001824407>> [air a thogail 24/10/2024]

Tom Shippey, 'Tolkien, John Ronald Reuel' *The Oxford Dictionary of National Biography*,

<https://www.oxforddnb.com/display/10.1093/ref:odnb/9780198614128.001.0001/odnb-9780198614128-e-31766?docPos=1> [air a thogail air 13/09/24]

Twinkl, 'Diathan nan Lochlannach' *Diathan nan Lochlannach – Postair Taisbeanaidh*

<<https://www.twinkl.co.uk/resource/diathan-nan-lochlannach-postairean-taisbeanaidh-cfe-lg-1627640078>> [air a thogail 20/10/2024]

W. G. Blaikie 'Fraser, James' *The Oxford Dictionary of National Biography*

<https://www.oxforddnb.com/display/10.1093/ref:odnb/9780198614128.001.0001/odnb-9780198614128-e-10108> [air a thogail 19/10/2024]